H.M. 218.

Charles MacKenzie, Esq.re

OF KILCOY

25 4

3/4 — I. 4. 2.

ORAIN

GHAIDHEALACH,

AGUS

BHEARLA AIR AN EADAR-THEANGACHA.

ENTERED IN

Stationer's-Hall.

O R A I N

GHAIDHEALACH,

AGUS

BEARLA AIR AN EADAR-THEANGACHA

LE

COINNEACH MAC'COINNICH,

ANN AN CAISTEAL-AN-LEA'UIR FAISG AIR INERNIS.

CLO-BHUAILT' ANN

DUNEADAINN.

AIR SON AN UGHDAIR.

1792.

[PRICE, THREE SHILLINGS]

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND
B
26 MR
1935

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

128

TO

THE RIGHT HONOURABLE

DAVID STEWART ERSKINE,

EARL OF BUCHAN.

MY LORD,

Your well-known regard for the Antiquities of your Country, and the encouragement you have always ſhown to any attempt for reviving the ancient Gaelic Language, have induced me to prefix your Lordſhip's name to the following Gaelic Songs, aſſuring myſelf, that very many will be ſtimulated to peruſe any thing that meets with The Earl of Buchan's appropation.

I will not attempt a panegyric on your Lordſhip's character, for the many virtues that are ſo conſpicuous to all who are ſo hap-

py as to participate your friendſhip, knowing that any thing I could ſay on that ſubject would come far ſhort of the truth.

That your Lordſhip may live long an Ornament to your Country, and the Friend of every Bard, who may ſtrive to do any thing that ſhall attract the notice of men of worth, for reviving the Scots Gaelic, is the preſent wiſh of,

My Lord,

Your Lordſhip's

Moſt devoted,

Moſt obliged

AND

Moſt humble Servant,

KENNETH MACKENZIE.

AN CLAR INNSEACHD.

TAOBH.

MOLADH na Gailic, - - - 1
Tuire na Gailic, - - - - 4
Ath-leasacha na Gailic, - - - 6
Oran do na Chath-bhuithinn Rioghail Ghai'leach, 10
Oran do na Chath bhuithinn cheudna, - - 15
Oran don Nighean Dubh, - - - 18
Cumha' do dh' Aongus Mac'Illebraigh, - 22
Comhairle do na Caileagan, - - - 25
Oran don Taileir, - - - - 26
Oran do dh'fhear-Chuldaothall, - - 30
Oran don Fhreiceadad dubh, - - - 34
Oran do Choirneal Mac'Phearson, - - 37
Oran Gaoil, - - - - - 43
Durachd a Bhaird do dh'og Nighinn uasail, - 46
Oran do Phaidric Urachatan, - - 47
Oran Mhic'Cullach, - - - - 51
Oran don Iarla Thuathach, - - 59
Oran do Duic Earr-Ghae'al, - - - 66
Mairearad Mholach mhin, - - - 69
Oran do dh'fhearr nan Earrachd, - - 73
Rann o chainnt Chaiptein Mhic-Gui'ne - 77

TAOBH

Oran do dh'Uilleam Mac'Illebraigh, - - 79
Beannacha Baird do dh'fhear Choire-mhonai', - 82
Rann do chru, - - - - 83
Moladh Caileagan an taobh tuath, - - - 84
Oran do na Caoraich mhoire, - - - 88
Luinneag do'n eididh Ghae'leach, - - 93
Beannacha Baird do dh'fhear Cheluaini, - - 97
Oran do Chaiptein Shau, - - - 98
Cumh'n Toobh Tuath, - - - - 103
Mar bu mhath leam bean mhath, - - 110
Oran Comh-ſtri, - - - - 112
A Mhiſg, - - - - 111
Ioram Sugraidh, - - - - 117
Muiler maſach, - - - - 121
Oran do'n Taileir's do na h-oſanan, - - 122
Oran do'n Luing's da dh'fear obair chuain, - 125
Oran do Ghillean Mhaoi'linn, - - 141
Oran do dh'Uilleam Loban's do na Chrith, - 144
Oran do Theaglach Choire-mhonai', - 149
Oran do Mhac-Cullach 's don Aiſling, - - 155
Rann air Tiom, - - - - 161
Comhairl' araidh, - - - - 164
Oran do na bhas, - - - - 166
Luinneag don Luing, - - - 170
Aoire do dh'Alaſtar Mac-Antoiſich, - - 174
Comhairle do ghill og, - - - 182
Oran do MhacLeoid na h Earadh, - - 186

TAOBH

Oran don Trubhais, is do na Caileagan, - 191
Oran do dh'ogradh neo-Dhleaſnach, - - 196
Comhairle mhath, - - - 203
Oran air Turas don Taobh, tuabh - - 204
Oran do Sgian, - - - - 208
Oran do Bhrogan, - - - - 212
Oran Gearan air Cairdean, - - 218

The Banks of the Dee, - - - 222
Karharine Ogie, - - - - 230
Bonny Peggy, - - - - 236
My Wiſh, - - - - - 240

Bidh ſinn ar 'n armachd gu ſiubhal garbh bheinn,
Le *eididh Albanach*, *fhèileadh* cruinn
Bonaid balla-bhreac is cruinne faircheal
'*S cota* meanbh-bhas, thig dealbhach dhuinn
Oſan gearra-bhac, *brog* iallach bharra-fhraoich
Ochd Shlioſach calbhar on tarbhuich ſuim
Beodag bharra-gheur, gu claiſeaoh geala-ſhlios
Cul-tiubh, ceanna-chnu, cas charuichte ghrinn.

O R A I N

GHAIDHEALACH.

Moladh na Gailic.

Mo rùn a Ghàilic tha i làider dìàn,
Glan ma h-àirn'ean càirdeil ann na triall,
Meangach àilte 's i nach araich fiamh,
'S uaill na'n Gàidheal ann sa Ghâilic riamh.

Stric a dhearbh i mo's fearbh 'na gnìomh,
'Nuair bha i fàs 's blà a teachd o freamh,
A nis o 'n thà i faigheinn àrd 'a miagh.
Sean a Ghàilic ge 'r an d'f hàs i liath.

Tha i làn do gibhtean nàduir pailt
'S tha feartan gràidh cuir àilteachd air a pears,
Tha cruadal dlùth dhi ann fgach cuis is neart,
'S ga tearc a càirdean 's i nach fàillnich beachd.

'Nuair ghabh iad am gu ceann a chuir fa phochd,
'S leointe a dh'fhàg iad i mar thràill gun toirt,
'Struagh nach tàrainn plàfta chuir ri lot,
'S fuath le càch i o'n a dh'fhàs i bochd ;

'S mairg a dh' fhàgadh i mar thraill gun luaigh,
Sa liuthad treun-fhear agus laoch thug buaigh,
Le neart na Gàilic chuireadh càch fan ruaig,
An am dhi èiridh 's i fo' èileadh cuaich.

'S i labhair *Brènus* gaifgeach treun le fmachd
A bhuail an *Roimh* 'sa phill a fròin a fteach,
Mac' *Mhars* mòr an dia bu deoin le feachd,
'S bha buaigh na Gàilic fuaighte ghna na bheachd.

'S i bh' aig na *Fianna* 's lion i iad le h-eud,
'S thug *Oifian* fian'ais òrr le ghniomhra' fèin,
Bu mheadhrach Gailic o bheul na'n sàr fhear treun,
Saoidh d'am b'àrraidh Gailic chuir a'n geill.

B'ùr glan neo-thruaillidh i na dual a'fàs,
O Shean gur cìnnteach finn gur i a b' fhearr,

San Airc aig *Nòah* 's i bu chòmhradh dha,
'S i air a caomhnadh 'nuair bha 'n ſaoghal bàit.

Bu teuma Gailic o bheul *Abel* pailt,
Eubh is *Adhamh* bu phailt Gailic achd,
O nach lèir dhomh fèin a dhol ni 's faiſg,
Air aois na Gàilic dh'fhaillnich air mo bheachd.

Spainiſh, *Fraingeis*, 's *Eideilt* chàinnt a thriall,
O 'n *Laideinn* dh'fàs iad, 's gheibh iad bás gun bhiadh,
Ach ſtoc na Gàilic mathair chàich gu leir,
Cha toir i táing do chàinnt tha fo' na ghrein.

Am *Parnaſas* b'fhearr gu 'n deanta m' fhàgail ann
'S cumhachd bardachd cèangailte mu 'm cheann,
'S naoi'ner ghruagach leis nach b'fhuath mo chàinnt.
'S na maireadh Gàilic 's mi gu 'n caireadh ránn.

Tuirie na Gàilic.

'NAN deanadh ſibh niſe rium èiſdeachd,
Dh' innſinn Sgeulachd air a Ghàilic,
Mar fhuair i cuaradh ſa milleadh,
Sa gluaſad o ionad àrda:
Bha i ri linn *Righ Seumas*,
Gu miſneachail treubhach càilear,
Ach fhuair an *Donas* a thoil fhèin di,
'Nuair a dh'èirich i le *T——h*.

Chaidh a geugan a ghearradh 'sa bhriſeadh,
'S chaidh 'n ſtoc a ſhliſeadh le tàluibh,
A chàirt 's an ſnomhach chuir iad ſguab orr',
'S chaidh fagail mar uan gun mhàthair,
Sa dh' aindeoin na rinn luchd fuath orr',
Lean i re buaghan gràdhach,
Cha robh fèith na corp gun ghluaſad,
'S lìon'ar builie fhuair a Ghàilic.

Bha i gu muladach gruamach,
Sa cnamhan co' cruaigh re ſcàirnich,
'S gach aon neach a reachadh ſeachad,
Bhiodh e ſeach'nadh na Gàil.ic,
Bha naimhdean gu pailt mun cuairt di,
Ga creacha 's ga ruagadh gu 'n àilghios,
'S dh' fhàg iad i gu cruaidh na h-èigein,
Mar dhiol-deirc nach faigheadh fardach.

Rinn iad a lot ſa crèachdadh,
'S bha coſlas a 'n èig a ſas orr',
'S threig a beoghalas ſa ſùnnt i,
'S tric a g' iuntrain na dh' fhag i,
Thug iad dhi a h-èideadh chruaghach,
'S clogaid na 'm buagh cha d'fhag iad;
Sa ſgiath bhreac-bhallach dhìonach,
'S tric a dhìon i o namhaid:

Thug iad a gearr èile' cuaich dhi,
Eideadh ghuanach na'm fuar ard-bheann,
Thug iad a h-armachd gu lèir dhi,
'S b' aobhar truais gun bhreug a Ghailic,
'S i gun neach e bheireadh ſùil orr',
Mar chloſaich air chùl-thaobh gàraidh,
Tèas an la toirt a lùth's uaip',
'S i fad as air chùl a cairdean.

Chaidh 'n cadal air falbh o ſùilean
'S dealt na h-òi'che thùch è bragad,
Greis air ocras 's greis air phathadh,
'S i aitheiſeach mar nach b'àbhaiſt.

Ath-Leaſachadh na Gàilic.

SLAN iomradh le failt is furan,
Do 'n chuideachd urramach dhàicheil,
A tha 'n *Lunnuin* ſa 'n *Dun'eidean*,
Toirt faſgaidh fo'n ſgèith don Ghàilic.
Agus maroan ann a *Glaſgho*',
Tha daoine ghabh tlachd don Gàilic,
A tha le braon agus dealta
Ga h-urachadh air alt 's gu 'm fàs i.

Fhuair iad leoint i gun èadach,
'S dh'fhag a naimhdean maol gun bhàrr i:
Fhuair iad aineolach gun chaoin i
'S iomadh car claon ſa Ghàilic,

Le ceannardachd agus ſèoltachd,
'S ullamh dèonach a bha 'n càirdeas,
Ghlan iad a h-uile chrèachdan,
Ciuin foighidneach gun bheud don Ghàilic.

Bha i iomadh la 'an cunnart,
Nach tigeadh i t lle gu ſlàinte,
Ach bha 'm freaſdal caomh mun cuairt,
Don chuideachd uaſail a ghabh bàigh dhi,
Chraobh-ſgaoil iad èolas a 'n t ſoiſgeil
Le foghlum ſoirfe ſan fhoirm Ghailic,
Le muinghin òirdheirc 's le deoin ſhoc'rach
Trèibh-dhireach ùr le rùn pàirteach.

Toirbheartas a chomuinn dhìleas,
'S do-ìnnſe le fior nàduir,
Slionar beannachd a tha sìnte,
Re cuideachd dhìleas na Gàilic:
Cridheachan tlà na 'n daoin' uaiſle,
Chum faſtalach fuas a Ghàilic,
'S cinnteach nach uireaſbhuidh duais dhoibh,
Far a 'm buan a 'm bi iad Sàbhailt.

Ach a nis on tha i ceudach,
'S math leam fèin gu 'n d'fhuair i ſlàinte,
A ſtoc ſa meanganan le chèile,
'S iad a g'èiridh mar a b' àbhaiſt,

Gach duilleag a thuiteas o geuguibh,
'Naite gach tè èiridh dhà ann
'S fàsaidh i gu dòsrach leathain,
Mar chraobh na beatha' sa ghàradh.

Slìonar focal a tha muiteil,
'S fear eile gun uchdach lamh ris,
Tuitidh fear tha n aird a chirein,
'S èiridh 'm fear tha crion a 'n àirde :
Tha i criosluight mun cuairt d'a muineal,
Le feartuibh bunaiteach lànmhor,
'S a neul ceothaich bheir a h-uachdar,
Chaidh fhuadachadh gu bràth uaip,

'S i 'na cùspair do dheagh bheusuibh,
Air a sgeadachadh le fàilte,
'Na ceann uighe do dheagh ghiulan,
'S i na cruit chiuil do nàdair,
Tha i domhainn gun ghrunnd 's i farsaing,
'S meagh'rach cais'meachd na Gàilic,
Dàingnicht tòinnte le deagh chàitein,
'S air son dòrn cha 'n fhaighte pàg uaip.

'S fios'rach 'na gibhtean 's geur i,
Tha sgollta-beart le cèill sa Ghàilic,
Eanchiunneach, gruuntar gun èacoir,
Am fàd sa 'n goirid 's leur do 'n Ghàilic,

An èiſeamail cainnt cha d' thèid i
'S gach cainnt eile feumaidh pàirt dhi,
Slionar canmhain uaip a dh'èirich,
'S teangaidh ghleuſt o ſgeith na Gàilic.

Cha ghabh i 'n iaſad o h-aon diu,
'S i bar-ſgaoilteach, maraon pàirteach,
'S air a mheud 's gu 'n toir i ſeachad,
Bithidh a h-ionmhus co pailt ſa bhà è,
Seanachas gun chrioch a dhol geur,
Air eachdraidheach èiridh na Gàilic,
Mun d'fhuair Adhamh lamh ris cèile,
Bu ſhìubhlach o bheul a Ghàilic.

Gabh tlachd ann ſa Ghàilic, 's tha buaidhen na nàduir
A dh'innſeas do chàil ann ſa 'n dàn nach bu leur dhuit;
'Nuair bhios i na ſlainte, cha 'n fhulaing i tàimailt,
Oir bhuinnig a dànachd air càn'ain na *h-Eirinn*.

Oran do 'n Chath-Bhuithinn Rioghail Ghai'leach air dhoibh teachd dhachaidh a America 42nd Regt. Royal Highlanders.

Air fonn, Deoch ſlaint a'n Earla-Thuathaich ſin,
A thriall an de air chuantuibh uainn.

I.

DEOCH ſlaint na gillean b'aite leam,
D'a 'math thig bonaid bhreachd-bhallach,
'S ibht an eoin cuir lea-trom orr',
'S oſan gearr fo'm breachdanan,
Fir chuannta chruaidh neo-airtealach,
Thàir chuaintean fhuair, iad ceartacha,
Si fèileadh cuaich bu chleachdach
Lèis na fir nach tais 'an tòir,
Si fèileadh cuaich, &c.

II.

A chath-bhuithinn Rioghail threun-theaſach,
'N da-dh'ſhichead ſa dhà dh' èighte dhiu,
Fir cholgail bharra-ghaſt èatrom
Theid garbh fo'n airm neo-èiſleineach ;
Cha b' aithne dhomh co dheireadh riu,
Na thairneadh ſtràbh roimh 'm feuſagan,
'S nach beo an deicheamh *Legion*,
A bh'aig *Seſear* an ſa 'n *Roimh*.

III.

Mo run na fiurain acuinneach,
Da 'n iul na ſtuic-bheann ſlachdanach,
Cha chuar a 'm fuachd na t ocras iad,
'S bu dual doibh cruadal baitealach,
Tha'n uaill ſa 'n eididh las-bheanach,
Tha 'n ſaorſainn mar chrànn-brataich dhoibh
'S tha Ghàilic achd mar ſtrol.

IV.

Na Gaidheil rioghail Albannach,
Gur cliu do 'n tìr a dhearbainn aſt,
A 'm *Fontanoi* 's dearbhta dhuinn,
Gun ſheas iad dìl as ainmeineach,
Gu ſgairteil, ſgaiteach, feara-bhuilleach,
Cuir as doibh pailt gun leanabaidheachd,
Le lanna glaſa ceanna-bheartach,
'S bha cuirp gun uchdach ſeanachais !
Le garbh neart a mhàrbh na ſeoid.

V.

Co fad ſa mhaireas Breatanach,
Bi' dh clìu orr ann a 'n èachraidheachd,
O lìnn gu lìnn le taitneachas,
A' cuir 'an geill a 'n tapachais,
A 'n *Tiganderoga* b' acuinneach ;
A gearradh chìnn o chraitichean.
'S cuir *Fraingich* as a 'm batraidhean :
'S ga cuir nan teann ruidh ſtaipleumach,
Mar ghaoth a' ſgapadh ceò.

VI.

Ann a *Gadalup* bu chruadalach,
Na fir thug dhachaidh 'n dualachas,
Gu beachdail, reachdail ſuaicheantach,
Gu dileas fìor-ghlan uaſalach ;
Nach d' theid a 'mach neo-chruadalach,
'An comhrag cath nuair ghluaiſeadh iad,
Gu duineil, guineach, luath-bhuilleach,
Bhiodh cinn ga'n cuir bharr ghuaillibh,
Aig fìr ghaſt ga'n ſguabadh leo.

VII.

'S *Havannadh* 's treun a chuireadh iad,
Gu feumail, eatrom, fulaſgach ;
Culbhair reidh is cunnarach,
Le crios air ſge na h-uile fir,
Gun ſgà 'an gàbhadh cunnartach ;
Deagh chàil air làrach chumaſgaich,

'S bhiodh nàimhdean fànn ſa'n d'onnaluich,
'S iad ann am fàng le builleachas,
Nach racha' don *Spàinn* air turaſachd,
Le'n cuir a dh'innſe ſgeoil.

VIII.

'N *America* gu 'm b' àraidh iad,
Gun dealachadh ri 'n àbhaiſteachd,
Bha eireachdas 's buaigh làrach orr',
Gu guineach, teineach, ſàr-bhuilleach,
Gu laſrach, ſradach, tàirneineach.
Le luaigh is ſùdar gràineanach
Cuir Innſeinich air àireachas.
Màr chùire' grian le làthaireachd,
An dealt do bharr a'n fheoir.

IX.

Nam dol a mach air reidh-leineachd,
Gu lannach, gunnach. beigneideach,
Cha philleadh cunnart, ſtreupanach,
'An iomairteas 'n uair, dh'eireadh iad,
Bhiodh Strachdaireachd air reubalaich.
Do thruir mu'n fhear cha gheilleadh iad,
'Nuair theannadh iad ri ſteiceireachd,
Fo'n àirm gu càlma dearrſanach,
Mar ghrein a tionnta neoil.

X.

Nan d'thugta còmhrag *Fèinne* dhoibh,
Lann thana 's targaid ſgeith-bhallach,

Bhiodh farum aig na ſleibhtean,
Do chruaigh bhuillean na ſpeal-geur-roinneach,
'S mac' talla nam beann èiteanach,
Toirt 'èaral doibh gu h-eudmhorachd,
'S cha dìobradh iad an *Greumach*,
Fhad ſa mhaireadh fèith dhiu bèo ;

XI.

Tha'm freaſdal buan mar thaice dhoibh,
Ga'n cumail ſuas gu fàſtalach,
Thug *Mars* cluais do'n àth-chuinge,
'S tha 'n èididh fèin mar bhata dhoibh,
'S tha 'n ſaorſainn mar ſgiath àchlais,
'S thug nàduir dànachd fharſuing doibh,
'S tha Ghàilic mar bu chleachda dhi,
Cuir feartan ann nam feoil.

XII.

Slan iomradh do na diùlannuich,
On thainig iad gu'n dùchaſachd,
'S gu'n d'fhuair iad ceannard cùramach,
Sir Eachinn mòr na ſiùghantachd,
O thriath na falla Fùlaiſich,
O ſloc na meangan ùr-mhaiſeach,
'S ceann uigh na'm fear luaigheinteach,
Tigh Nua'mhar 'ſam biodh ceoil.

Oran do na Chath-Bhuithinn Cheudna.

Air fonn, " I'll follow the lad with the white cockade."

1.

Mo rùn do na gillean, a philleadh an tòir, [leoir,
Gun churam 'an cunnart, cruaidh curannt gu
Tha 'n aigne'ein dìleas 's iad rìoghail gun leoin,
'S cha biodh iad air dèireadh 'an aireachdas flòigh
Tha cridheachan èatrom fo' fgè nam fear òg,
Mar eoin o na flèibhtean a g-èiridh 's na neoil,
Tha mifneach a g-èiridh, o na dh'eug 's tha bèo,
Gun di-chuimhn air *Brènnus** chuir fèid ris a'n *Ròimh ;*

* Brennus, General of the Gauls, who burned Rome 300 years after it was built.

II.

Fhuair iad mar dhìleab, o 'n sìnnfir 's cha ghànn,
Bhi grad-charach èalamh nam tarraing na'n lànn'
An onair ſa'n eididh le cleile ſan cainnt,
Co dìleas da'm pòr ſa tha'n cròc re mo chèann;
Thug nàduir mar gibht doibh cruaidh mhiſneach nach fann
Fo' bhreachdan a'n èilidh gearr èididh na'm beann,
Reidh chulbhair gun bhriſeadh ochd-ſhliſneach gun [ſheall,
Dan geille le farum mac' talla na'n càrn.

III.

Na fir a tha tàpaidh, 's na gaiſgich tha treun,
Ann an ònair an dùcha' cha diulta iad feum,
Bithidh pioban ga'n ſpealadh le calanail rèidh,
'S bith meoiren ri gearradh cruaidh charan nan leum
'Nuair ſhìneadh iad cùmannt air builleachas ſtreup,
Cruaidh-bheumnach deagh mhùlad gach buille gu feum.
Bithidh naimhdean nan càiteis gan ſtrachdadh gu [feur,
'S gur còimeas dhoibh niſe fir-chlis ann ſan ſpeur.

IV.

Gur coimeas dhoibh 'n darach cruaidh fàllain gun
Na ſeoid tha co tàiris ri dealra don grèin, [bheud,
'Nuair thèid iad nan cabhaig bidh 'n anail co rè,
Ri fiagh ann ſa bhealach 's cuth ſgalach na dhèigh;

'Nuair theid iad an òrdudh, gu comhrag nan ſpèic,
Mar ònfhadh na mara nam ſpealadh nan ceud,
An àicheadh gu cruadal cha chuala mi fèin,
'S cha 'neil air an talamh 's nach mairainn á'n *Fhèinn.*

v.

Sann an *Glaſghu* nan aoigh, tha na ſuinn nach 'eil
Og ghallanan fìonalt o 'n ìreadh gun tàir [ba',
Cha chraobhan a chrìon air a'n ſpìona o chàch,
Ach meanganan ùra 's iad ſugh'ar gu'm barr;
Na geugan is coltuich ùr doſrach fo' bhla',
O 'n ſtoc a tha uaſal lan buaghana gràidh,
Gaidheil nam fhuar bheann, nach ſuarach ri ràdh,
An onair ſa'n èididh, cha treig iad gu bràth.

An Nighhean dubh.

AN LUINNEAG.

Thorann o èile, 's na h-iriri èile.
Thorann ò 's na h ò eile
Gur mor mo ſpèis don nighean dubh.

I.

STRUAGH nach 'eil mi air m' fhàgail,
'S mo leannan 'ſa 'n fhàſach,
Far nach fhaicinn mo chàirdean,
Tha toir tàrr don nighean dubh.
Thorrann ò éile, &c.

II.

An ſleibh ghleannach gun chònlach,
'S air mùllach nam bèanntan,
Ghleidhinn aran do m'ànnſachd,
Gè'd tha'n ceann orra dùbh.
Thorrann ò èile, &c.

III.

Dheanainn cur agus buain dhi,
'S bheirinn tùras air chuantan ;
'S cha bhiodh uireaſbhuidh uair orr',
Ge'd tha cuailean co dubh ;

IV.

Dheanainn treabhadh ri òidhre,
'S dheanainn cur an ſa 'n òi'che,
'S dheannainn mire ri màighdinn,
'S chuirinn dàimein air tnumph ;

V.

Tha mo chàirdean mi-rianail,
Ag radh gu 'm bheil sìan orm,
Na can bìd ris an ìan
Gus an d'thig an t-ìan as an ubh.

VI.

Ga ſuarach aig càch i.
Tha uaiſle 'na nàduir:
Tha ſuairceas na gàra,
Ge'd tha'm bàrr orra dubh.

VII.

Thug nàduir dhi gliocas,
Mar gheàrd air a tuigſe,
'S i làn do dheagh ghibhtean,
'Sa cheànn nach miſt a bhi dubh.

VIII.

Caol mhaladh is bòi'che,
Suil chorrach is mòthair,
Gruaidh dhearg mar na ròſan,
Falt gun lèon is e dubh.

IX.

Ciochan corrach is mìne,
Air uchd ſolais na rìbhinn
Deud gheal mar an ìobhraidh,
Sa bheul o an bìnn o'n d'thig guth,

X.

O gualain gu h-òrdaig,
Fhuair urram bhan òga,
Glac thana caol meoirean,
Sa gàirdean fèola co tuigh.

XI.

'S math thig ſtàigheis le faomadh,
Air a bhòthaig is gaolaich,
'S gur gil i fo' h-àodach,
Na chuid is caoine do'n ghruth.

XII.

Cruinn càlpa na gruagaich,
Gun dochair mu'n cuairt di,
Tròidh chuimeìr 's i cuannta,
Nach cuir cuagach brog dhubh.

XIII.

Gnuis is áillidh ri ſhireadh,
Ciùin tlà ann 'na h-iomairt,
'S le ſnathaid ni i grinneis,
Nach dèanadh iomadh tè dhubh.

XIV.

Ge'd a tha i gun ſtòras
Tha tàitneas 'na comhradh,
Bànnſa furan a pòige,
Nan te gan leoim a cuid cruigh :

XV.

Ach na biodh i rìarach,
Air fuireach ſeachd blìadhna,
Cheannuichean brèid di gun iarraidh
Mam biodh a ſèath dhiu air ruidh :

XVI.

Dheanainn ſud 's cha bu nèonach,
Do dhuiſge phuill mhòine,
Air a ſlainte gu dèonach,
Gur miſe dh'òla don t-ſtruth.

* Mar ſheud òir ann an ſròin muice,
Tha bean bhòidheach, gun leòir tuigſe.

* *Prov. ch.* 11. *v.* 22.

Cumhadh do dh' Aonghus Mac' Ille'braigh a bha na Bhroc-ſhear ann a Srath-Eirean.

Air ſonn, Coir Iaraidh.

1,

Se leon mo mhàrran 'ſa lughdaich m'àilleas,
Mo ſmuaintein bà' ort a ghnà co tric,
A Sior dam phìanadh, a dol na 's lionar,
Sgur tric 'nam fhìanais, do ghniomhradh glic :
Tha 'n cadal faoin domh, gun fhuraſt fhaotainn,
'S ge'd fhaic mi daoine, cha 'n fhailltich mis,
Thuit ſtoc mo dhòchais, 's nach maireann beo thu,
Tha fath mo bhròin ann an crò fo' lic.

I.

Be ſgeula chruadail, ſa d'fhàg fo' ghruaim mi,
Nuair thog iad ſuas thu, air guaillean ſheoid,
Gur lìonar gruagach a bha 'ſa 'n uair ſin,
Gu galach trom-chriodhach 's iad fo' bhròn;
Bu lionar deurach iad fèadh ſhrath-Eirean,
'S iad cumhach, àiſlineach, air gach sèol,
A' caoidh na thrèig iad, 's nach dean è feum dhoibh,
'S gun ſpùinn an t-eug iad do dh' Aonghus òg.

III.

Tha do phearuichean leointe brònach,
'S do mhàthair 's mòr orr', gu bheil i ceart,
Do bhràthair gearanach, 's è gun fòlas,
As Aonghus òg gun bhi bèo na thaic;
Gallan fìor ghaſt, o'n fhìor-fhuil ſtoilte,
Bràighich mhòralach Dhun-macglais,
Se mhuch mo chòmhradh ſa mheudaich bròn domh,
Aonghus òg bhi fo' fhòdaibh glas.

IV.

'An Dail-fhearguis dh'fhàg' ſinn ann beul a mhàn-
Geug ùr nach d'fhas air chul gàradh lios [rain
Gallan àraidh, o mheadhon fàs-choil,
O bhun gu bàrr, a bha lan do mheas,
Gur e do chàramh ſa chiſte chlàruidh,
A chlaoidh do chàirdean, 'ſa ſhàruich mis,
Gach neach sè 's càil doibh, nach fuigh iad taich-
'S gur mòr a bhearn tha ri chàramh nis. [eadh,

V.

'Slionar cùis, ann 's a'n dean iad t-iuntrain,
Bu tla do ſhùgradh, 's tu ciuin gun lochd,
Cruaidh fearail làidir, gu ſeaſamh làraich,
'S bu mhòr do chàirdeas ri daone bochd :
'S bu chinnteach paighte, na bheireadh tair dhuit,
'S cha be tàbhaiſteachd bhi gun toirt,
Fiuran càlma nam ſhiubhal ghàrbh-ghlaichd,
Fo' bhreachdan bàlla-bhreachd is t-àrmachd ort.

VI.

Gur lionar ruagh-bhiaſt, a rinn thu ruagadh,
Sè ni nach b'fhuath leat an cuir gu bàs ;
Bu tric a ghluais thu le loghainn chuannta',
'S do ghillean uaimhreach a'm bun do ſhail,
'S on rinn an t-eug do thoirt uainn air chèili
Co fad 'ſa 's lèir dhomh ſe ſgeula b'fhearr :
Am freaſtal chòmhnacha' leinn 's gar sèoladh,
'S do bràthair Dòmhnall a bhi a' t-àit.

VII.

Meaſg ceathairnn dùcha, bha meas a's clìu dhuit,
'S bha teànchain tùrail gu ſgolta-beairt,
'S bu tearc ri àireamh aon neach thug bàrr ort,
Ba gibhtean nàduir gle làn a d' bheachd :
Bha màis is àilteachd gun chiurram fâs ort
Am frì nan àrd-bheann gu'm b'àraidh leat,
Gunna gleuſt agus coin air èill,
'S gu 'm biodh ùdlaich cèir-gheal as éilid glàcd'.

VIII.

Cha'n faic'eir faoilte, 's be'n t-aobhar faoineis,
T-aitreamh aonranach, faoin 'nar beachd,
Tha'n Tulaich bhòidheach, a nise brònach,
Sa neart air fogradh, fa cridhe fracht,
Do bhàile ceutach, bha lan do dh' èibhneas,
Gu cumhach, àisleimeach, slèir gur ceart,
Mar bhàntraich 's faoin è an diugh as t-eug'ais,
'S thug nial an aoig è gu caochladh dreach.

Comhairle do na Caileagan,

A CHAILEAGAN na tire,
Bithidh cinnteach gu brath,
'S na d'thugaidh speis le goraich,
Do dh'ogaireach Baird.
Ged' dheanadh è dhuibh oran,
Is rann a chuir an ordudh,
Cha bhi bonn na phoca',
Nach ol è 's tigh thairnn.

ORAN don Tailleir air bhi dha dol a mach, fa mhoch mhàidin ris a bhèinn a fhealg air na fèigh, 'se fhuair è lorg na moidhich, agus fhaoil lèis gur è lorg an t-fionnaich a bh'ann agus a'nuair a thàinig è dhachaidh chaidh faothaid a mach.

Air fonn, Tha mi fo' liunn dubh 's fo' bhròn,
Sa chaoi' rìm bhèo bi'dh mife mar fin.

1.

MOCH fa mhaidin dol nar 'n èididh,
Fhuair finn fgeula cabhagach,
'S chuir fud uile finn air sèol,
Gu dhol a choir nam bealuichean,
Thuirt am Brochdair is è g-èiridh,
'S mi-chèillidh am balaoch è,
Lorg a chait a'm bun na grìofaich,
Se bu mhìann le Alaftair.

II.

'Nuair thàinig ſinn air ar n' ais gu lèir,
A nunn th'air Eire rachamaid,
Dh'èigh ſinn botal chum ar feum,
Mu'n gèilleamaid ſan aſtar ùd,
'Nuair chùnnaic ſinn an àbhuinn uainn,
Cha robh 's taobh tuath na rachadh i,
'S dìombach a bha ſinn ſa 'n àm,
Air taileir ſann na ſpadaireachd.

III.

Chualas man ghiomanach threun,
Chàidh ris a bhèinn 'sa chamhanuich,
Shiubhail è mullach lèis fhein,
'S cha d'thug na Fèigh an aire dha,
Cha ro còileach na cearc fhraoich,
A dh' fhaodadh tighinn air bearradh ris,
'S ghabh na gèarran an ra-treat,
San *Donas* tè a dh'fhanadh dhiu.

IV.

B'fhearr dha ſuireach am bun na luatha,
A ſuaitheal mar bu chùidhe dha,
Na dol a 'mach ri aonach buan,
'S nach d'thug e nuas a t-ſiothann leis,
Ach on a bha fàile dàit ;
Do'n tàil'eir rinn è mhi-ſhealbh,
B' fhearr leo uile bhi bàit,
Na tàmh ris 's nach bu dlighe dhoibh.

V.

'Nuair thàinig am fleafgach le ftàirn,
Le neart na fpàirn bha fàllas air,
'S dh'innis è fa bhail ud fhuas.
A 'madadh ruagh gu'n d'fhairich è,
Gu'n ro e ann ' na fheagan àrd,
'S gur ann a dh'fhag e'm falach è,
Se fuilean muic a bh' ann an cèann,
An àmhlair thug an car afainn.

VI.

Sud mar thuirt an coileach fraoich,
A dhaoine b'olc an araidh fud,
An taileir a dhol dachaidh faoin,
'S na rinn è fhaothair àllabail.
Shiubhail è le ghunna gleuft.
'S bha eoin a'n t-fhlèibh fànoid air,
'S aig fheobhas fa thogas è lòrg,
'S mor tha chòlg na dallaig air.

VII.

Sud mar thuirt a madadh ruagh,
Gun bhuaigh air fear na gùnnaireachd,
Ma bhios mife ann am fhlàint,
Gu 'm pàidh mi an na thuras è,
Cha bhi coileach air an fpàrr,
Nach faigh am bàs m'as urrainn mi,
Gròigein òdhar an droch caoin,
Thèid naoi'near gu h-aon duine dheth ;

VIII.

Cha dean an taileir fhad ſa's beo è,
Feum a choir nam firichean,
'S on a dh' aoire mada ruagh è,
'S duallach dha nach cìnnich è,
'S on a dh'inn's è ſgeula fuadain,
Chuir è fuath a chinnidh ris,
'S b'fhearr dha'n t-ſnàthad a bhi 'na thòin,
Na'n dochas lèis a'n d'imich è.

ORAN do Chaptain Seumas Frioſal Chuldaothall.

Air fonn, Gillean a'n fhèilidh.

(Compoſed in the year 1791.)

AN LUINNEAG.

Togamaid fònn 's neo thròm gu 'n togainn,
Togamaid fònn le furan gun èiſlean,
Togamaid fònn 's neo-thròm gun togainn.

I.

Mo rùn air a Chàibtein, a thàinig air àſtar, [neis,
Gu tigh mòr a phàilteis, lan tlàchd agus èibh-
Slàn ìomradh gu bràth, do'n duin' uaſal's àilte,
Nach d'fhuirich ach gèarr. a cuir fàilt air Duneadainn.
Togamaid fònn, &c.

II.

Gur tlachd dhuit 's cha mhì-mheas, bhi ſiubhail na mìltean, [gleuſta,
Ad chuideachd co dìleas, don t-Sìobhardach
'S neo-ſhuarach da thàice, Mac'Coinnich nam brà-tach;
'S on thàinig ſibh dhàchaidh, bith focail gan teumadh.

III.

Tha do bhain-Tighearna cliùteach, 's i teo-chriodh-ach tùrail,
'S i carthannach iùlar, 's bu dùchas di fhèin è,
'S mo ghèibh i mo dhùrachd, gur lughaid a cùram,
'S gu'n òlain gu sùnntach, air ìontrain do chèili'.

IV.

Thug nàduir duit gliocas, mar ghèard air do thuigſe,
'S tu làn do dheagh ghibhtean, cruaidh mìſneach-ail treubhach;
Tha ſurd ann do bhàile 's mor muirneach do thalla.
Culdaothall nan ſeang-each, is eangar a leumas.

V.

'S geur-bheachdal gach taobh thu, ciuin reachdal gun dìomba', [ſpèiſeil,
Mì thlachd cha bu dìu leat, 's tu fiùghantach
Se dh'iarrainn nam b'fhìu leat, do nàimhdean a ſgìurſadh. [duìt.
'San cat a theirt sùil as na dhuraigeadh beud

Thug nàduir mar dhìoleab, dhuit buaidhean do
ſhìnnſir
An gàradh is ilſe, gu miothur cha leum thu ;
Cha 'n fhiach leat mar ſtatain. gun dìobradh tu t-
fhocal, [rè' bheirt.
Tha t-uaill ann an cèartas, 's do thlachd ann an

VII.

Tha cruadal co dlù ruit, 'an uaiſle ſan giùlan,
San onair do dhùcha cha dìulta tu èiridh ;
Sannſa leat daoine, na muilt agus caoruich,
'S cha'n fhaic'eir do raointean, gan caomhna fo'-
threudan.

VIII.

'S tu ſhliochd nam fear, cliutach, o reachd chàiſteil
Dùnaidh,
'N America b'ur iad gu ſgìurſadh nan reubal :
Na Frioſalaich ghrèannair, nach obadh roimh ain-
neart, [reubadh ;
Nam tarraing nan lânnta, bhiodh frangaich fo'

IX.

A Sheumais Chuldaothall, gu'm b'ait leam 's cha
b' ìonadh,
Bhi faicinn do dhaoine, fo'n èadach air rèithlean,
Gillean co tapaidh, ſa ſheaſadh fo' bhrataich,
Nam gluaſad o d-aitreamh, fo' bhreachdan a'n
fhèilidh.

x.

B'e m-aidheir is b'àill leam do mhac' a bhi d'àite,
'S gu diongadh è gàradh, d'a chairdean nam b'fheudar,
'S bu bhinni leam Oran, air clìu a'n fhir oig,
Na ge d' ghèibhinn air bòrd, na tha chèol ann an Eirinn.

xi.

Air a mheud da'm bi ghrùid, ann a d'aitreamh ga ſtìuradh,
A Saſgan thig cùinne, na chrunas gu lèir è,
'S mar ſud do Chuldaothall, làn phàilteis gun ſaothair,
Co fad ſa bhios gaoth agus fraoch air na ſlèibhtean.

ORAN don Fhreiceadan dubh.

Addreſſed to DONALD FRASER, *recruiting Serjeant at Inverneſs, in the year* 1790.

Air fonn, Thogainn fònn gun bhi tròm,
Air leataobh Moir a chaideil.

LUINNEAG.

Tha mo rùn, le deagh iùl,
Do luchd gìulan nam breachdan,
Bonaid bhreac is cruinne cuairt,
'S fheileadh cuaich nan dlù phleatan.

I.

A DHÒMHNUIL bi gu fearail ſuairc,
'S na biodh gruaim ort ri m-áiteas,

Gar am bhèil mi fada uait,
'S math leam ſuas thu gun airce ;
Tha mo rùn, &c.

II.

Ach nam bithinn ſan tigh òſt,
'S mi gun òladh i 'n ceart-uair,
Do dheoch ſlàinte le deagh chàil,
Ge do phàigheinn le bat i.

III.

Is gar am bheil mi pa'lt do ſtor,
Dh'èighinn ſtòpa le taitneas,
Agus dh'òlainn è le h-aoigh,
Air na ſùinn a tha 'n Glaſghu.

IV.

'An *America* gu tuath,
Stric a fhuaradh iad gàiſgeil,
Le lann thana ghearradh beum,
'S culbhair rèidh nan ochd àiſinn

V.

Smi nach dio-chuimhnich gu faoin,
Na fir èatrom tha'm *Peairt* dhiu,
Stric a thug iad le laimh threun,
Do na reubalach caiſmeachd.

VI.

Bha na *Gaidheil* duineil rìamh
'S tha iad ſiallaidh, ro thapaidh,
'S 'nuair a theannadh ìad ri ſtri,
'S iad nach dìobradh a bhratach.

VII.

'Nuair chaidh iad air ſàil a nùnn,
Bu mhòr ìonntrain nan gaiſgeach,
Bu lionar, caileag laoghach òg,
Bha fo' bhròn ann an Glaſghu.

VIII.

Slionar bean a bha fo' bhròn,
Air a lèon air ſon macain,
Cianail muladach gu leoir,
Agus fròin do 'n *Tombac* orr'.

IX.

Nis tha'n cairdean ſubhach làn,
On a thàinig iad dhàchaidh,
Làn do dh'onair mar bu dual,
Agus buaigh mar bu chleachda';

X.

Ge d' a rinn mi obair ghèarr,
Na bi 'g radh nach èil tlachd orr',
Air na ſuinn ghearrainn ròinn,
'S chuirinn sùim air an tapachd.

ORAN *do Choirneal Donnacha' Mac' Phearſon Bhreachdachaidh ann am Bàideanach.*

Air fonn, A bhean leiſich an ſtòp dhuinn.

I.

LEAM is taitneach 's cha neònach,
Gabhail beachd air le dòchas,
Dealbh riochdail a *Chòirneal,*
'S è air ſguitſeil na ſhèomar,
Cha chuir ſud mì gu dèoradh,
Fhad ſa 's màirionn è bèo air mo chìonn.
Fhad ſa 's mairionn, &c. &c.

II.

Tha bonaid bhalla-bhreachdach bhàfach,
'S ibht an eoin air mar lea-trom,
'S cota dèarg mar bu chlèachdach,
'S cloidheamh geala-fhlios fo' achlais,
'S fir fo'n àrmachd 's iad faifg air,
Sud na dearganaich bhrais ann fan ftrì;

III.

Fhuair mi fealladh ga chèilidh,
Le mòr thlachd agus ceutamh,
Air a taraing na h-èididh,
'S fiamh na mais ann na h-aodann,
'S cuipe gaft na laimh theumaidh,
'S each caol aigeannach èatrom ri taobh.

IV.

Meangan àillidh gun truailleadh,
A dh'fhàs gu dofarach dualach,
'S nìal an t-sàmhraìdh cuir fruadh orr',
Bìleach, dùilleagach, uaine,
Sann o leafraidh fir Chluainidh,
Sud an ftoc o na bhuainnt ì le clì.

V.

Stoc nan gallana fìonalt,
Clanna *Mhuirich* nach dìobair,
Fhuair iad urram gach tìre,
Neart'ar urramach prìfeil,

Seaſmhach, barantach dìleas,
Ann ſgach car a'm bu mhìann leo 'n rùn ;

VI.

Slìon'ar cruadal air feachdan,
Fhuair Donnacha' Mac' Phearſon.
Tric air uabairt 's air sèachran,
Dh'fhàg ſud cruaìdh ann am pèars è,
Tèas a's fuachd ma ri gàiſgìch,
Sè bu dual da o ghlachd è lann lì.

VII.

Don aird an ear chaidh è òg ann,
'S Ghàidheil ghaſta gun lèonadh,
Cliu don tìr ſe bu dèonach,
Leis nà fir a bha sònruicht,
Nach robh tais ann an còmhrag,
Ris na fir nach robh dèonach air sìth.

VIII.

A 'nam dhoibh ſineadh air rèidh-lonn,
Bu lion'ar *Innſeneach*, breun dubh.
Sa cheann clì as a chèile,
Chluinnte caonnag aig bèiſtein,
'S cuirp gan gearradh le treun-neart,
Aig nà gillean nach gèilleadh fo' chùing.

IX.

Cliu as onair don Chòirneal,
Stric a dh'iomain è mòr ſhluagh,

'S *Hyder Ally* ſa ghèocaich,
'S iad bu ghile nan ròcas,
'S cruaidhe 'muineal nan cròcan,
'S nìal na mara 's na mointich nan aoidh.

X.

A ri bu lòdail air feachd è,
'S è toirt ordudh ga ghàiſgich,
Gaidheil mhòralach thapaidh,
'S iad o dhùchas nan ſtachd-bheann,
A theaſadh dlù leis gun ghaiſeadh,
'S le mòr chlìu a thighinn dachaidh le nì.

XI.

'An *America* thuathach,
'Stric a tharraing è cruaidh-lann,
'S bha na *Frioſalaich* chuannta,
'S iad fo' ſmachd mar bu duàllach,
Ealamh acuinneach ruanach,
'S ìad a leanadh an ruaig gun bhi ſgìth.

XII.

Slìonmhor cruaidh-theas is baiteal,
'S cunnart bàis ann ſan deach è,
Fuil ga dòrta ſe chleachd è,
'S tric d'a nàimhdean thug caiſmeachd,
A culbhair rèidh nan ochd aiſinn,
Luaidh as fùdar gorm caiteanach mìn.

XIII.

Sar Chomanndair is caoine,
Mùirneach, cathrannach, gaolach,
Chuireadh mìſneach 'na dhaoine,
Rachadh romh' ann ſgach baoghal;
Fhuair è lot is cha b'ann aon uair,
'Ann an onair ſan ſaothair don righ.

XIV.

Ge b'è bhuaileadh air dallag,
Bhiodh an cluaſan gan tarraing,
Bhiodh *Fear Chluaini* s'a mhalairt,
Le chuid uaiſlean nach fannaich,
'S fir Shrath'eirean 's Shrath-narran,
Dheanadh èiridh gle ealamh le ſpid.

XV.

Slìonmhor curaidh deas dealbhach,
A ſhiubhla' monadh is garbh-bheìnn,
Dh'èireadh leis gu neo-leanabaidh,
Clann-Mhuirich neo chearbach,
Smàirg a thachradh nam fearg orr',
Agus cat ri crann dèarg os an' cionn.

XVI.

Gur ceann feàdhna deas càlma è,
Do thigh *Chrùbainn* nan garbh-laoch,
A ſheaſadh dlù lèis am feara-ghleus,
Chàidh chlìu thar mo ſheanachas,

Tha gach cùis dheth le dearbhachd,
Ann an eachrai'eachd Alba le sùim.

XVII.

Saoghal fada le buaidh,
Don teaghlach aigeantach ſhuairce,
'Sa chuid a dh'ìmich air chuan diu,
Sgeula dhachaidh cha b'fhuath leam,
Tha mo chapar a gluaſad,
San deoch ſlàinte man cuairt cuirear i.

ORAN mar gum b'ànn le Sìom Frìoſal' Mac'Mhic' Uiſtein 'an Srath-ghlais, do Sharlot Nighean Lachluin an Rath-Liath a'm Bàideanach.

Air fonn, " Over the water with Charlie."

AN LUINNEAG.

Tha rùn mo chridhe dòn nighein is àilte,
Run mo chridhe gu bràth dhi,
Tha run mo chridhe don nighein is ailte,
'S i gaol mo chridhſe Shàrlot.

I.

GED bhithinn co tèom ann an Gàilic ſa'm bearla,
Cha chuir mi dhuibh 'n gèill mar a b'àill leam,
Bithidh mo theanga fo' gheaſan 's m fheoil ann an teas chrith ;
Nam ſmuainteach air teiſtein mo ghràidhſe.
Tha run mo, &c.

II.

Fhuair i tuigs agus reaſan, a's gliocas le chèile,
Tha i banail, 's i beuſach, ro ghrèannair, [teach
Tha i carthannach bàinnti, mìn ſaraſt deas-chàinn-
'S fiamh a ghair ann ſgach am air mo ghradhſa.

II.

Tha àilteachd na pearſa 'nuair thàr'as mi faiſg orr',
Gun d'thig uaipe feartan is feaird mi,
'S gur ioghantas lèinn mar dh'fhàs i co cuimeir,
'S nach mòlltair ſna chuir iad mo ghràhſda.

IV.

Rinn-nàduir dhi dleaſnais, nach fàillnich am feaſt i,
Tha i làn do dheagh theiſten, 's cha ghànn iad,
'S tha gibhtean an còmhnuidh, cuir tlachd air a' còmhradh,
'S gur aſtarach. *cèolraidh* mo ghràdhſa.

V.

Gur mòr th'ann na pearſa ghniomh nàduir ri fhàic-ſinn,
Mar d'f hàillnich mo bheachd as mo chainnt mi,
'S i dealradh co sòiller,'s gad' fheuchta le coinneal,
Nach fhaighte aon choir' ann am ghràdhſa.

VI.

Gur miſe bhiodh èibheinn na'm faighinn domh fèin i,
Tha mo ſhridhe na leum, 's è na dhèannruith ;

Gur ſamhladh do m' chaileigſe ciuin mhaidin earraich ;
Sa ghrìan tighinn o bhearradh nan ard-bheann.

VII.

Gur bachlach falt bòidheach 's è ſniomhach an òr-dudh
Be taitneas gill òg a bhi teann orr ;
Air buaidhean a pearſa cha d'theìd mi chuir beachd orr.
Mun can iad gur leatrom mo chainnt doibh.

VIII.

Fhuair i h-àrach o h-òige, n' Srath-liath nam fear mòra,
San tèaghlach tha mòralach cèannſglach,
Do'n *Pearſonaich* thapaidh, nach pilleadh le gealtach ;
Air a mheud 's do 'm bi aca do'n áin-neart.

IX.

'S mo ghèibh mi'n Srath-ghlais i aon uair ann am glac'aidh ;
Bithidh sòlas gun airceas ſa nam ſin,
Bithidh uiſge nam feadan, aig glaiſich ga leagail,
'S bithidh cèol ann ga fhreagairt le dànnſa.

X.

'S ge d' dh'èireadh dhomh fhreaſdal, gum bithinn d'a h-èaſbhui,
Aon te èile cha-leaſaich mo chlànnſa,

'S bean eile ri m' làtha 'na h-àite cha ghàbhainn,
Ge d' roth mi car gràthainn am bhantraich.

Durachd a Bhàird da dh'òg Nighinn Uàſail,

SLAN ìomradh do'n òg ghruagach,
Ceann na h-uaſle ſna 'm buaighean pailt,
Ciuin, min, tàiris, dhi beud cha chualas,
'S cha'n fhachdas rìamh mun cuairt di airc ;
Se durachd a *Bhàird* mun càill è chluaſan,
Sonas do uair bhi fuaight' na taic,
'S bhuaigh gun dìobradh bhi fèillte mu guaillnibh,
Co fad ſa bhios cuan a' bualadh ſtachd,

ORAN do Phadric Urachatan Ceannuich ann an Dail-bheart ann am Baideanach.

Air fonn, Faill ill h ò ro Thomais cha bheag orm thu.

1.

'AN Dail-bheart tha 'h t-oig'ear,
'S cha mhòr a theid thàiris air,
Gur gille ſiobhalt grèannar.
Mar mèalt ann am bharail mi,
Urchadanach cìnnteach,
Don fhior fhuil nach fànnaicheadh,
Do Dhòmhnuillich an fhraoich,
A bhiodh èatrom ſna bèalaichean.

II.

Gu m ſlàn do Phadric,
Gur càirdeach an cèannaich è,
Tha bheannachdan na dhàil,
Chumais sàbhailt ri mhaireann è.
Aig fheothais thoirt na dálach,
Gun tàladh è caileagan,
'S cha chualas rìamh ſan dùthaich,
Mi-chliu dha 'ſgur màth leam è.

III.

A chèolraidh nis nach duiſg thu,
'S cuir ſunnt agus faram orm,
'As thoir ſmuaintean as a ghaoth,
Agus caoin domh gu airis orr'.
Tog maigne ann 's na ſpeuraibh,
Is thoir geur-bheachd a mhaireas dhomh,
Is fada teine bèo ann am choir,
Chor gun làbhair mi.

IV.

Ge d' bhithinn ann am Bhàrd,
'S mi bhi chèaird air gu cùmanta,
Trian d'a bhuaidhean prìoſail,
Cha 'n ìnnſin cha b'ùrradh mi,
Thug nàduir dha o ſhinſir,
Mar's cinnteach a h-ùile neach,
Fearalas nach trèig è,
'S deagh bheuſan le duinealas.

V.

Slionmhor fruthan uaſal,
Na ghruaidhibh a' cárachadh,
Cha ſhìle dubh nam bruach,
Ach am fuaran cuir thàrais air;
Mar phreas a meàdhon gàraidh;
Fo' bhlàth air a bheannacha,
Cha chrannaìch teas na fuachd è,
Tha bhuaighean co càithreimeach.

VI.

Gur dìleas da na Gràmntaich,
An dròing a tha bàrantach,
Fir a chaiſgeadh àin-neart,
'S nach tìonnta le fèamachas;
A philleadh tòir gun tàing,
Bheireadh nàimhdean gu aithreachas,
Le lannaibh glaſa cruaidh,
Caiſmeachd luadh le puirt mheara dhoibh.

VII.

Biodh giubhas ri crann dìreach,
Strol sìoda ſa phlapairnich,
Aig fir nach caiſgeadh sìonntein,
'S cha bhlìonaich na fraſan iad,
Biodh Còirneil Uilleam Gràmnt,
Air an eèann 's cha b'e m prapair è.
O Dhun nan laſgair uaimhreach,
Nam gluaſad len ſlàchdanan;

VIII.

Nam bu mhàighdean òg mi,
'S mi ſtòraſach earraſach,
Gun ſiubhlain an roinn Eorpa,
Lèm dheoin leìs gun àithreachas,
Tha taìtneas ann na chòmhradh,
Bheir bròn gu bhi tairiſeach,
'S deagh bheuſan mar bu dualach,
Le ſuairceas na mhàluichean.

IX.

Mo run gun fhoill do Phàdraic,
On tha ſinn a' dèalacha',
Gun duraiginn da cèile,
Co gleuſt 's tha ſan tàlamhſa,
Do ſhiol nan ſar dhaoin' uai e,
Nach coiſinn fuath ach carann do,
On chaidh è dh'Iner-Dhrùthaidh,
Thoirt dùchas a ſhean-athair leis.

ORAN do Chladh Dhun-leicheidi, agus do dh'ac-fuinn Mhic' Cullach.

Air fonn, Jain Caimbeul a Bhanc.

* Gloine gun chaſan, ſtop gun chlaigean air bord,
S mor an naire Mhac-cullach, nach eil è cumail
reut coit ;

I.

SANN mu thoiſeach an earraich
A fhuair mi an caracha' cruaidh,

* 'Nuair a chaidh mi ſteach ſa thainig an dram thun a bhuird.

'S cìnnteach mise nach cuala h-uile fear,
Nuair a chaidh mi Shrath-narran,
'An aite caraid car cuairt,
Do Dhun-leicheidi fuas bu duilich leam ;
Cladh gun bhuaidh, air dhroch tuar,
Sa ghaoth thuath cùmant air,
'S nial an fhuachd, air mun cuairt,
Leam bu chruaidh fùireach ann,
Slionmhor clach tha 'na làirich,
'S mor an nàire bhi ànn,
'S è gun ghàradh mu chèann a's mulad air.

II.

'S è air leachdainn gun fhurtach,
Cas-uchdanach cruaidh,
Pailt chlachanach, uamhraidh, dubh-leachdach,
Faoin-ghlacach, cruaidh-chrapach,
Ard-cinnocach mun cuairt,
'S mi-choltach, mi-chuannt, fad ùrrad è,
Shìos a's fhuas, do mun cuairt,
Talamh cruaidh creaganach,
'S meall nan luaigheinn gu tuath,
Glìnn a's fuar fheadanan,
'S neomh-fhraodhargach gàbhaidh,
An t-ait è le greann,
'S mi-chomhnard na th-ànn Dun-leicheidi.

III.

Tha è caoin gruamach ſgreadach,
Eadar chreagaibh 'an tòll,
'S è mu leaſruichean tròm gun chinneachdainn,
Gur è mhais ann ſan t-ſhàmhradh,
Tuim do dhèanntaig 's iad dònn,
'S tha iad teith-loiſgeach lòm ſna h-iomallan
'S aobhair truais è gach uair,
'S è on t-ſhluagh iomallach,
'S bi'dh madra' ruagh ann le dhuan,
Agus tuar milleadh air,
Tha è coltach ri lùndair,
Sa lamh lùbta fo' chèann,
'S è mar ùmaidh gun chàinnt ſa bhùralaich.

IV.

Sa nam dhomh dol dachaidh,
Chaidh mi ſeachad mun cuairt,
Rathad fada 's è buan a's muladach,
'S Domhall Mac'Phadraic,
Mo nábaidh glan ſuairc,
Sanndaidh Frioſail ud ſhuas a dh'fhuirich rium;
Ann an Gaiſg, Dhun-mhacglais,
Rinn ſinn ſtad, fhuireach ann,
Struagh nach deach ſinn air ais,
Bu mhi-thlachd ùile è,
Tèine air a chagailt,

Cha ro ſrad ann ach gànn,
'S bu mhi-choltach dhuìnn tàmh na fuireach ann.

V.

'An tigh Mhic'Cullach nan ceare,
A thilg ſinn achdair air tìr,
'S beag a b'fhàirde ſinn fheìn na chunna' ſinn,
San aig a bha'n acfuinn,
Bu mhi-thlachdmhoire clì,
'S ged' a rachainn ga h-inns cha b'ùrradh mi ;
Gloine ghlas, air lea-chas,
Stop gun bhad-mhullaich air,
'S mac na brach ann a ſteach,
'S chùir an deathaich grùnnas ann,
Stuth nam feadanan lùbach,
'S blas ann t-sùthaidh air ann,
'S cha ro dèagh-thlachd an cèann na chunna ſinn.

VI.

Smor an nàire Mhac'Cullach,
Nach èil è cumail reut còir,
'S cha chan mis ach droch èlach tuile ris ;
Ge d' a chaidh mi ga fhaicinn,
Cha robh mo bheachd air dhroch ſhèol,
Cha do chleachd mi a's m òige 'n t-ſhiubhlaid-
Del a ſteach dhuinn le ſgairt, [eachd :
Bha ſinn cas, fulaſgach,
Leigheas fuachd cha robh ſhuas,

Ga bu chruaidh dulaich è,
'S fear fuadach an àcrais,
Bha è àca co gann,
'S thug ſinne nar dèann am monaidh oirn,

VII.

Rinn Mac'Cullach an eacoir,
'S mor am bèid leam a chall,
On a tha è na Bhàrd co urramach ;
'S mo bhios è ri mi-ſta,
Thig an cirien ga cheann,
'S na th'air mintinn ſa nam cha 'n innis mi,
On 's fear danachd è fèin,
Cha chuir beum mulad air,
On a b'àbhaiſt da leum,
Ann an ceum cunnartach,
'S mu'm bì è na chùpair,
Bheir è ùpag a's dèann,
'S cha chùram leis grèann na h-uile fir.

VIII.

Bha'n ſneachda gu fioraſach,
Lìath-chlòi'teach ann,
Gu h ibhteagach dèann-ruigh cuireideach ;
'S è teachd on èarra-dheas,
Thar barra-chinn nam bèann,
A's chuir è gu ſtàll Mhic'Cullach ſinn ;
A cheud chas chuir mi ſteach,

'An tigh na beairt chunnaic mi,
Da chaor ann ri ſtrì agus trì tunnagan,
Bha cat ann le ìnneach,
'S è mìonnan da chàch,
'S bha cearc a cur aird air fuimne dhoibh.

IX.

Bha cuilein gun chreideas,
Gu beag-narach ſhuas,
A's è na ſhuigh ann an cuairt a t-ſhìomalair,
Bha ſeann-bhean a' càrda,
Air a cràmpa le fuachd,
'S tha mi moladh da uair a cumaltais;
Bha i uaireigen cruadalach,
Cruaidh, fulangach,
Chuir a'n aois i gu caoile,
'S i faoin ùireaſach,
Cha n ioghna Mac'Cullach,
A bhi le mhùirichein fànn,
'S na chaidh dh'fheadaìl a chall a n uraidh air.

X.

'S iomadh àit ann ſan cual iad è,
Shuas agus thall,
'S bu mhor mi-ghian a chàirdean mùladach;
Gu deas a's gu tuath,
On a chual iad è ann,
Cha bhi mile cuir cainnt aire tuille dhoibh;

Bu mor a chreach,
Call nan cearc, bha mor-thlachd uile orr',
Coileach gaft nach ro tais,
Bha gu gleachd ùrramach,
Se Grèadhair na dunach,
A rinn le ghunn orr an càll,
Ceann gogach a dh'fhas gun duinealas.

XI.

Thoir foraidh uam gu Mac'Cullach,
O'n tha mi duilich fa n àm,
Oir 's fear cinnidh dhomh th'ànn gu mhearachd air;
'S gar 'n do dhearbh è bhi duineil,
'Nuair bha mi urrad fa ghlèann,
Ma tha'n dàn dhomh dol ann, cha n àithnich mi ;
Bu dual da tlachd
Buaidh le fmachd,
Uaill on reachd urramach :
Suairce pailt, cruaidh neo-thais,
Cairdeil ait fùranach,
Clann-Choinnich an ròfail,
An am còmhftri nach fann,
Geur-lannach neart làmh cruaidh-bhuilleachail.

XII.

Bu dual da bhi fearail,
A thaobh fean-athair mo ghràidh,
Sèann damh caparach àrd nam firichean,

Ge d' a chaidh è gu neo-ni,
Cha deach an ònair a chàll,
Oir fhuair ſinne dheth 'n cèann 's na bioranan;
'Nuair bu bheò è na chòir,
Ged' robh tòir millidh air,
Mar rachadh luaigh na fheoil,
Cha bu leòn tuillidh dha,
,Nam dìreadh na leachdain,
Mar biodh a chàſan air chàll,
Cha robh thrùp ann ſon Fhràing na philleadh è.

XIII.

Ach on a chaidh è gu dolaidh,
'S gun deach a cholainn air chàll,
'S nach eil fìos againn càit an d'imich è:
Cha chuir mi air Gàilic,
Ge d' a thàrainn ſan àm,
Mun can cach gur è m Bàrd a dh'innis è,
Uam le ſgairt ſunntach braìs,
Suas do Ghaiſg cuirıdh mi,
Soraidh uam air an uair,
Mu m bi' luaigh tuilidh air,
A dh'ìnſe Mac'cullach,
E bhì gu furanach treun,
Mun d'thig cabar an fhèigh ſam mùllach dheth.

ORAN do'n Earla Thuathach Triath Chlann Choinnich.

Air fonn, Theid mi lem dheoin dhuchais Mhic'-Leoid.

I.

Do Bhràthain nan ſteud, 's cathair mo cheum,
M'-aigheir do'n treud chalg-bhiorach ;
Suaimhneas an fhèigh, fuaſgailt gu feum ;
Mac'Coinnich nan ſgeith balla-bhreachdach ;
Slàn iomradh dhuit fhein, ſith dha do cheum,
Siobhart on d'theid t-ainmeachadh ;
Bi'dh ceathairn le sùnt le àidheir is muirn,
A' caitheamh do chùirt, ana-barraich.

II.

Gheibhte gu leoir, pailt mu do bhòrd,
Deoch do gach sèort a dh'àinmichein ;
Fìon as portar as beoir, rum as brandaidh re òl ;
A chuireadh fir òg, air meana-mhaineachd ;
Bu toilintinn do Dhiuc, tachairt a' d' chuirt,
Gheibhte luchd ciuil èanachaineach ;
N'am cromadh do'n Ghrèin, a' teannacha theud,
'S bhiodh farum aig beus dèarbhta dhoibh.

III.

Gheibhte ann ad' choir, tlachd air gach sèol,
Gun airce gnn léon searbh-fhocal,
Bhiodh do ghillean gu tèom, as miol-choin air èill,
Gu fireadh feadh bhèinn is garbhlaichean ;
Nam tearnadh dhoibh fhèin, gu àros an fheigh,
Ga 'm b' abhaiſt bhi'n ſleibh garbh-gleannaihh ;
Sgionan tana 's iad geur, gu fionnadh gan reir,
Thighinn dàchaidh tròm-cheum's èallachan orr ;

IV.

Ach na'm bithinn gu dàn, am *fhìli* na'm *thàrd*,
'S m'iomartais, làn ſeanachaidheachd ; [os n àird,
Dubh a's peann ann am làimh. cuir do bhuaighean
Cha'n innſinn ach pàirt ainmeig dhiu,
B'e ſud m'àigheir 's mo run, bhi g'aithris do chliu,
Chaidh fad ann an ùil ghàrbh-chriochaibh ;
Slionar beannachd as ùr, tha'n taice ri d'chull,
'S do ghlioc'as 's gach cuis dearhhta dhuinn.

V.

Mìn ſochdrach ri tuath, gu'n di toirt do dhaoin'
Làidir macanta' cruaigh feara-ghramail; [uaiſle
A chumadh ceartas ri d'thaobh, 's cha bu ghlacaireachd cùil,
Sann leat nach bu diuil cealgaireachd;
Cha 'n è dile nam bruach, tha co fionalt 'a d'ghruCeann a'n cìnntich an gluais àragamaid; [aidh,
Ach uiſgè 'n fhìor fhuaran ùr, tighinn na thi o na ghrunnt,
T fhuil rìoghail 'a d' ghnùis dhealbh-mhaiſich;

VI.

T fhuil rìoghail gun ſpot, gallan dìreach on ſtochd,
Triath Shìobhaird mor-neart'ar armailteach;
A theas gu dileas le tlachd leis na righribh a bh'achd,
Gus na dh'ìbir ceann-taic nan leanmhuinneach;
Sa chum an tìr gun bhi glact', iomadh blìadhna le gleachd,
'S luchd na caſagan dait, cha dheargadh orr';
Luaigh is fùdar gun airc, gunna gleuſta 's lann ghlas,
Os-cionn fheile nam pleat neo-ainmeigeach.

VII.

Leam is duilich r'a luaidh, *Còirneal Uilleam* nach buan,
'S àir *Hambarſtoun* buaigh gu meanaichein;

Agus Coinneach nam buagh, tha air uilein 'sa chuan,
On reachd urramach uaſal mheara-chleaſach ;
Mile beannachd don ti, nach d' fhag aitreàmh gun ni,
Leam is taitneach gur cinnt an ſeanachas è ;
Sa chuir thugainn gu tuath, ceannard ceann-ſgeulach ſluaigh,
Ann an ionad na ghluais air fairge uainn.

VIII.

'S mor t onair 's do chliu, ann an *Lunnuin* ſa *chuirt*,
Do thuigs ann an cùil cha n fholaiche tu ;
Dàna miſneachail ciuin, 's tu a thagradh gach cùis,
Sa ſheaſadh air taobh nan Albannach ;
Do d' chinneadh mar chrùn, ad'chul-taic, 's ad' cheann-iul,
Slionmhor meangan glan ùr a dh'-fhairde tu ;
Slion'ar gille deas òg, bhiodh ad' iomairt le'n deoin :
'Nuair a thogta da chroc air gèala-bhrataich.

IX.

Bu cruaidh ſhortan gun taing, do'n ti a dh'obadh do chall,
Sa liuthad gaſan gun fheall a champa leat ;
Bu lion'ar fleaſgach neo-fhann, nach coidleadh le ſrann,
'S Iarla Shiobhard an ſpairnn ain-neartaich ;
Dh'èireadh ſud le mo rùn, fir Chinn-tail air do'chùl,

'Stric a choifin ſud clìu nàimhdean doibh :
Clann-Linnein nam buagh ſtric a dh'ioman iad
Sud na ſir a tha cruaidh ceann-ſgeulach. [ſluagh,

X.

Nam tional do chuirt, 's uaiſlean do dhùch ;
A ſheaſadh gu dlù calmadail ;
Miſneachail treun muiſgaideach gleuſt,
Seaſmhach fo' ſgèith thargaideach ;
Fir *Leobhais* gu leur, dh'eireadh leat fhein,
Len lannadh cruaidh geur ceanna-bheairteach ;
Bhiodh miltean diu ànn, ſioda ri cràn,
'S dileas a chlann chèanna-chrocach.

XI.

Clann Mhurchaidh nan corc, dh'èireadh iad leat,
'S cha chuireadh a gheilt àmaladh orr ;
Fiùrana gaſt ùrar nan neart,
Dùſgach 's cha chaiſg seanachas iad ;
Nam taraing nam pìc, ealamh gu ſtri,
Ghearradh iad cìnn 's èarbalan ;
'S tlachd ri do thaobh, 's taic rid' chùl,
Slioc *Ruaraidh* nan tùr *Fàrbairneach*.

XII.

Iarla Chròmbail o Leòid. 's fòirmeil le ſheoid,
Foirſidh 'san toir ſhonna-bhuilleach ;
'An eireachdas ſlòigh, ealanta ſeoilt ;
'S ceannardach cròc loma-ruiſgeach ;
'Nam taraing gu feum, ceannſuighte treun,

Fearail gun lèig bhuaileadh iad;
'S bhiodh naimhdean nan rèis. dol as uapa fhèin,
'S iad nan càbhaig nan diaigh luath-chenmach.

XIII.

Clann Mhic'-Rath air do ſgà, ghabhadh do phàint,
Nach athadh gu bràth 's càlg orra,
Fiughantach deas, ciuin. nach leig leis,
Siubhlach gu teas ain-meineach:
'Nuair ſhìneadh iad cròſt. chite gun toirt,
Cinn ann air dhroch charbhaireachd:
'S bhiodh nàimhdean fo'm bonn. gun anam nan
Le mire nan sònn tàrbh-bhuilleach. [com

XIV.

Clann *Dòmhnuil* an fhraoich, 's leor ri do thaobh,
'S *Leodaich* mar aom fearg orra,
'An *Aſain* o thuath. 's pailt do dhaoin' uaiſle,
'S Catuich cha ghluais cèarbach leat;
Tòiſich nam mac', 's òrdail air feachd,
Strol agus cat èarbullach,
'S Clann-Chatan nam pìc, ſgaiteach gu ſtrì;
A bheireadh gu cìs dèarganaich.

XV.

Mac' Shiomaidh on àird, bithidh, n iomardais,
'S fir leis nach gnà leànabai'eachd; [chàich.
Am Fìne nach tais, nach pilleadh air ais,
Frioſealaich ghaſt 's àinmeil iad;
Thig Siaſailich bràis, òirn a frath-ghlais,

Onair le tlachd, dhearbain aſd ;
Nam ſpealadh do phiob, 's caraide fìllt
Mac Chailein on tir Earra-ghaelich.

XVI.

Clann Leathainn nam buagh, ghleidheadh leat
A ſgathadh le tuar sèalg orra, [ſluagh
Len cuilbheire gleuſt, 's lom-lanna geur,
A ghearradh le treun ſheara-bhuillen ;
'S chite nan dèigh, cuirp air droch ghrèidh ;
Nan cutan air feur gairſinneach,
'An cunnart cha d'thèid, mail' air an ceum,
'S gaiſgich o Bhrèid-Albainn iad.

XVII.

Dh'eireadh iad leat, miltean air feachd,
Chualas 's gach bachd àinmeil thu ;
Slìon'ar do néart èidear *Ile* nam mart,
'S caoil rònach nan ſtachd gàrbh-chreagach,
Se ghiorraich mo ſgeul, m'aiteas dhuit fèin,
Rachainn th' air ſgèith fàirge leat,
Thair connain nan ſtèill, ſoraidh uam fheìn,
Do Brathain nam pìos àirgiodach.

LUINNEAG do Dhuic Earr-Ghae'al,

Air fonn, Nuair a bha mi aig an t sèiſean.

LUINNEAG.

Thogainn fònn neo-thròm le h-aiteas,
Air an Duic da n iùl na ſtac-bheann,
D'am bu chlìu bhi dlù fo'bhrat.
Le luchd nam breachdan uallach,

I.

CAIMBEULACH deas tèoma fearail,
Irioſal ſpèiſeil gun ſgainner,
O dhùchas nan ſtuchd 's nam bealach,
'S dh'fhàg ſud fallain cruaidh è.
Thogainn, &c.

II.

Tha è rìoghail, dìreach, gallant,
Fiughantach, cùirteil, gun ſgallais,
'S dholain fhein deoch ſlaint Mhic Chailein,
Dh'ùiſge glan an fhuarain.

III.

Fear nach tais 'an caiſmeachd ghlèadhrach,
'S buan a choir air Inearaora',
'Slìonar bean a's duine a's màighdean,
Dh'fhoineachdas an t-uaſal.

IV.

'Slionar treun-fhear tèoma tapaidh,
Eadar Ceann-tir a's loch-airceig,
Earra-ghaelich nach faoin an caitein,
A dheanadh brais leis gluaſad.

V.

Caimbeulaich nan geur-lann fùileach,
Fir gun ſga 'an gabhadh cunnart,
Chit' air feur nan dèigh ſa chumaſg,
Cuirp nach b'urradh gluaſad.

VI.

'S mor a mheas aig uaiſlean dìleas,
'S Còirnenl ann an Geaird an Rìgh è,
Sàr chomandair foinneamh fìr ghaſt,
'S cèann air mhìltean ſluaigh è :

VII.

S fhada ſhiubhail cliu Mhic Chailein,
Meaſg dhùchan 'an iul ſan aineol,
Slionar laoch bu bhèara tarraing,
'Nuair ſgaladh an fhuaimeid.

VIII.

'S mo ghèibh è mo dhùrachd sàbhailt,
Clìu a's onair dhà 's buaidh larach,
Sluagh gan toirt a dh'ionnſaidh blàruibh,
Tharraing pairt do'n bhuannachd.

IX.

Ga be bheireadh tàir le tàilceis,
Do Mhac Chailein nan ſluagh gaſta,
Chìte ſiunn fo' chrànn ri ſpadadh,
Chlaigeanan bh'arr ghuaillibh,

X.

Struagh nach miſe dhiongadh. naoi'near,
'S ſheaſainn lèis mar ſheaſadh aon fhear,
'N àile 's fhàda chluinte glaodh,
'Nuair theannadh ſaoidh ri cruaidh chath.

XI.

'S on a thà ſinn ſa'n tigh thàirnne,
Olamaid deoch ſlàint nan càirdean,
'S Mac an Dùic cha dean ſinn fhàgail,
Sud air ſlaint an uaſail.

Mairearad Mholach mhìn.

Air fonn, Dùnnacha le ghunna goirid.

AN LUINNEAG.

Mo rùn Mairearad mhìn mhòlach,
'S mo rùn Màirearad mhòlach mhìn,
Mo rùn, &c.
Slionar guille th'air a ti.

I.

SLIONAR gille tapaidh bàrra-ghaft,
Eadar Dealganros na frì,
'S ceann Loch nis nam bradan tarra-gheal,
Tha gun imcheift air a ti.
Mo rùn, &c,

II.

'N àile chumainn trot ri naoi'near,
Ged' a dh'aomadh iad gu ſtrì
'S cha leag mì gu bràth le duin' ì,
On a dh' fhas i molach mìn.

III.

Struagh nach eil ſinn ann ſa n àiridh,
Air ar fàgail ann leinn fhin,
'S chumadh ì on fhuachd mi ſàbhailt,
On a dh' fhàs i molach mìn.

IV.

Ge d' a ghèibhinn tàirgſe bhàin-tighearn,
'S neo-ar-thaing a bheirinn di,
'S mòr gum b'fhèarrr leam Nic an Leanntrais,
Tha na th'ànn dhi molach min.

V.

Buaidhean mo chruinneig cha lèir dhomh,
An cuir an gèil cha dean mi 'n ins,
Thug nàduir dhi tuigſe rèaſan,
Agus cèill na beuſan fìllt.

VI.

'S i air a ſgeudacha le h-àilteachd,
Sa càirdeas mar ghràn air pill,
Seimh, fallain ùr 's cumaite dh'fhàs i,
O mullach gu sàil a buinn.

VII.

Leam a b'ait a bhi ga pògadh,
Beul on d'thig an t-orain binn,
Gruaidh mar dhearcaic ſuil is mòthair,
'S mor mo bhòſt a glòir a cinn.

VIII.

Bannſa leam a bhi ga h-èiſdeachd,
Na ſmèorach ſa chèiten ſhìl,
Na cèol file nam binn theudan,
'S na tha chèol 'an Eirinn chrìdh.

IX.

Do Chuileodair gu'n d'thig gàiſgich,
Gillean tapaidh as gach tir,
'S bi'dh gach fear an gàall air fuireach,
Marri Màirearad mholach mhìn.

X.

Dheanainn cur a's ar is buain dhi,
'S dheanainn cruach gun chiorram dhì,
'S bhèirinn ſiothann o uchd fuar-bheann,
'S bhèirinn ruaig air cuantaibh ſgì.

XI.

Shìubhlain la 's ſhìubhlain òi'che,
Is ghleidhinn sàibhreis dhi gun dì,
'S on is caomh leam Nic-an-leanntrais,
'S caomh le Nic-an-leanntrais mì.

XII.

Bheirinn greis air mire 's mànnran,
'S grèis air tàladh mo chuid fheìn,
'S grèis air briodalachd ri mànnfachd,
Tha mo ghràdhfa molach mìn.

XIII.

'S bheirinn grèis air òran àithris,
'S grèis 'an tabhairneachd nam pìos,
'S cha bhiodh càmpar orm na mùlad,
Marri Màirearad mholach mhìn.

ORAN do dh'ſhear nan Earrachd.

Air fonn, Jain Caimbeil a Bhanc,

I.

DEOCH ſlàint fear nan *Earrachd,*
'S ì bu mhàth leam mun cuairt,
Màidſeir Ailein an t-uaſal irioſal,
O thir nam fear gaſta,
Na fìor Abracha chuannt,
Bheireadh ſgairt ſan toir chruaidh ſa philleadh i;
Slionar treun laoch, mor ſpèiſeil,
Gun bheud cumadh orr;
Nach gabh fìamh ri dol sìos,
Ann an dìan ſhùlaſgadh,

Eadar bràigh Loch-airceig,
'S bun Lochabar nam bò,
A dh'èireadh leat le n ceart deoin ſa chumadh riut.

II.

'An America thuathach,
Bu mhòr buaghail do cheum,
('S dh'fhag ſud mioſail thu fèin aig Lunnanaich :)
'S ge d' chuir iàd tigh pùnnt ort,
'S màth a chuimhnich thu leum,
Leat am prioſan cha b'èibhinn fùireach ann :
Bannſa leat dol fo'bheirt,
Ann an gleachd bhuilleachail,
'S cuilbheir rèidh gu grad fheum,
Gath o bheul chuireadh è.
Nam taraing nan ſlachdan,
Gràdh cas b'e do mhìann,
'S Do d'naimhdean bu lìonar buille uait.

III.

Ann an ònair do dhùcha,
Bu chlìu leat bhi ànn,
A' rùſgadh nan lánn ſan iomairt ud ;
Gan gearradh le dùrachd,
Feoil ur cha bu ghann,
Bhiodh ſmùiſernich ànn 'nuair mhiradh tu,
Bu lionar corp, air an lot,
'S iad air droch ìnniſeachd,
'S ſir gu leoir air an leon.

'S iad gun treoir pìlleadh uait,
'S tu a ſguabadh gu mion,
'S cha b'e do char fuigheal beum,
'An clìar tharaing nan ceud gu mire-chath.

IV.

A *Mhàidſeir* Ailein mo dhùrachd,
Gun ruig gu cùl-thaobh do ſgeith,
Clìu is ònair 's mor ſpèis do chinnidh dhuit;
Slionar neach a tha dlù dhuit,
Do thìr dhùchaſaich fèin,
A tha gu h-ait air ſon ſgeul do chinneachdainn,
Tha t-uaiſle pailt le tuar cheart,
Suairceas, tlachd, èireachdais,
Iular fàſg gun ra-ſpars,
Cruaidh neo-thais, èalanta,
'S beag an t-ioghn' thu bhi lodal,
'S mor do chòir air gun tàing,
'S gun bhuaint thu on dròing nach cèileinſe.

V.

Nior mheala miſe mo chòta,
Mar math leam bèo thu fhir threun,
'S mòr phàilteas dhuit fhèin gun uireaſbhui,'
Gallan dìreach gun dochair,
O'n dèagh ſtoc nach eil brèin,
Dh'fhàs doſrach lan gheugan ùrramach;
Na Camſhronaich cholgal,
'S iad garbh cullaideach,

Cruaidh fo'n armachd neo-chearbach,
Fir chalm churanta,
Dìleas cruaidh calla-ghaft',
Brifg ainemeineach, lànn-deas,
Sgaiteach fan deann-chath fùileadach.

VI.

Slionar fruth prìofal,
A tha dèiridh mu d'ghruaidh,
O fhior uifge 'n fhuarain chàithreimich;
O phreas chul na dìge,
Cha d'rinn do fhinnfire trìall,
O chìrein loch *Iall* a charuich iad,
Tha do ghibhtean co-tric,
Ann a meafg àinichean,
Stuama, ciuin, gun bheum cuil,
Seas-mhach cùl-bharanntach,
Fiughantach mèr-chuifeach,
Dòchas deagh chèill,
'S èirdheargach bèas do leannainfe.

VII.

Clan-Leathainn on Drèollain,
Le mìann còmhraig nan fpuac,
Gur dìleas da uair an fpionnadh dhuit;
'S bu chinnteach do choirfe,
Nan d'thigeadh fòir-neart ort cruaidh,
Sliochd tighe don dual na Drìomannan;
Mo chèolraidh fteach, gàbhail tlachd,

Le geur-bheachd ìoghantach,
Air uaiſl' do theach, dualchais ceart,
'S uaill o d' ſheachd ginealaich,
Tha mo ſmuainte co tàiris,
Ri grìan a dealradh roimh chèo,
'S beir mo ſhòraidh le cèol do Lùnnan uam.

RANN o chainnt Chaiptein Mhic Gui'ne ann an Coire-bhruach a Srath Eireann air dha Oran nan Caorach a chliunntein.

Is iomalaideach an ſaoghal cruaidh,
Is intinnen an t-ſluaigh gu beachd,
'S aonranachd a faigheinn buaigh,
Far a minig 'n do ghluais feachd.
Cha d'thug mi do na Caoraich fuath,
'S fhada uam 's cha bu choir dhomh,
'S iad lamh dheas chùmail na tuath,

Caoraich nan cruach-bheann gun chron.
'S biadh a's eadach iad gun ghò,
Ni fuachd fhògradh 's nach lèon gean,
Solas maraon, chuireas faoilt air feoil,
Tha 'm buaighean marbh a's beò mar ſin.
B'ait leam am faicinn air ſlìabh,
'S nèo-chiontach an trìall ſa ghlèann,
Ann ſna fri'bh a dh'orduich *Dia*,
B'e mhi chial mar biodh iad ànn.
Ach ſolc am mathas air leam 's gur faoin,
Bhi treigſinn dhaoin' air ſon am prodhait,
Sa ghiorrad ſa ſheaſadh iad ſuas,
Ri uchd ſuathais, nan cruaidh throd.
Cha'n fhaic'ear 'm fhearann na 'm fhonn,
Foth threudan na bhonn-lair achd,
'S cha chuir mi Caoraich gu bràth,
Ann a 'n àite nam fear gaſt.
Fhad ſa mhàireas beò nàduir[illegible]a' m' chlìabh,
'S fèin bheuſan le geur bheachd,
Cha'n fhuilling mo chridh na'm fheoil,
Domh daoin' fhogairt le dò-bheart.

ORAN do dh'Uilleam Mac Ille-bhraigh

Air fonn, Hò 's fhada tighinn thu.

AN LUINNEAG.

Gruaimein cha 'n fhuiling sinn,
Oir 's bruaidhleanach duilich é,
'S fuar è neo fhuraſtach,
'S gur è 'n tuireadh leis 's a's ànns.

I.

THA mo ſmuain a' breithneacha',
Gu faoilte chuir nam b'àithne dhi,
Tha aſcaoin caoin a's greannach orr',
Slèir dhi thair bearradh nam bèann.
Gruaimein, &c.

II.

Thair linge dhù-ghorm ghaireanach,
Thoir ſios do Dhulmachgearraidh uam,
'S mèalta ann am bharail mi,
Mar eil mo charaid ann gun tàing.

III.

Uilleam òg cha mhiſte leam,
Gur Bràigheach è le m'fhìoſracha',
Se dh'fhag bhur càirdeas meiteilteach,
Na fèigh bhi ſgiotach ann ſa ghlèann.

IV.

Gille sìobhalt miſneachail,
Cruaidh glan dìleas mèaſarradh,
'S ged' thug am freaſdal ìbhteag as,
Chuir nàduir gibhtean ann na chèann.

V.

A meaſg nan ſteud gur toirteil è
Gun cuir è greim 's cha dòchuinn è,
Ged chuir an sèiſein dòchair air,
'S nach d'chuir e'n dròchaid air an àllt.

VI.

'S gleuſt air pìob is figheill è,
Gu ceol thoirt do na h-ìngheanan,
Le fheadan teoma sìothanach,
Chuireadh è lighich gu ſtall.

VII.

Nan tarlamaid ſna Taibhreinibh,
Bhiodh fhiughantas gun fhalach air,

Gu ſunntach. criodhail, cathrannach,
Dh'òlamaid ſearrag do'n dram.

VIII.

Bhiodh cèol na's leoir neo-uireaſach,
'S bhiodh roinn le càinnt ga chumadh leinn,
'S ge b'e thèir nach burradh dhuinn,
Air làmh mo bhuithinn tha iad mèallt.

IX.

Tha'n ſaoghal ſo co iongantach,
'S gur mairg a bhiodh ga chruinneacha',
Cha dean ſinn umhlachd tuillidh dha,
'S nach eil ionad againn ànn.

X.

Lion an ſtòpa fhàthaſt dhuinn,
'S gu 'n òlamaid gu h aidheireach,
'Se dh'fhag co faoin an ràthad duinn,
Nach d'fhuair ſinn mnàthan na clànn.

XI.

'Slionar bròinein acarach,
A' tionail ſtòir gu taiſgeideach,
Thig fir nan dèigh gun achdarrachd,
Se 'n uaill 'san tlachd a chuir ſan dràm.

XII.

A dhaoine thugaibh 'n aire dhomh,
'S na deanaibh ſgaoileadh cabhagach,
Mu'm fàs bhur pòchda fàlamh dheth,
Uam am balaoch le chuid càinnt.

Cha bhi ſinn ri caomhnadh riobach,
Caomhnaidh riobach, caomhnadh riobach,
Cha bhi ſinn ri caomhnadh riobach,
'S math a chuideachd lèinn an dràm.

Beannachadh Bàird do dh'fhear Choire-mhonaidh.

Moch di-mairt ſmi g'amhrac uam,
Gur beag mo ghruaim 's gur mor mo thlachd,
Gu Coire-mhonaidh mo luaigh,
Thoir ſoraidh uam mun d'thèid mi ſteach,
Gu cèann uigh nam Bàrd,
Nach fhaic a Ghàilic air leath chas,
'Sa chumas ſeaſmhach i gu bràth,
Ged' theireadh cach gu'n d'theid i as.

RANN do'n chnu a chaidh a ghibht a 'n ionnſaidh Marcus Fhunntainn,

A CHNU nach d'fhas rìamh am Breatan,
Tha lèithìd tearc air feadh nan gàrbh-chrioch,
Le tàmailt cha ſgain 's cha ſrachd i,
'S i air a cuir le cearcail àirgid,
Gibht' phrìoſail gun lèon do'n òg Marcus,
Gòrdanach mor-neartar àrmail.
Tha ònair an Dùic 'sa chùl-taice,
O thràigh gu tràigh 'na bhailtean àinmeil.

ORAN leis an Ughdair air dha bhi g'amhrac air caileagan Lunnainn agus a ſmuainteachadh air caileagan an Taobh tuath.

Air ſonn, 'S bochd a nuaidheachd 's gur cruaidh,
Tha agam ri luaigh an dràſt.

I.

A DH' Alba gu tuath,
Thoir an t-sòraidh ſo uam gun dàil,
Far am fàighte na sùinn,
Air am biodh an aoigh gun tàir,
Far am fàighte na ſeoid,
'Sa chlann nighean is bòi'che bàrr',
A lionadh cridhe gill òg,
Bheireadh bruighinn a's còmhradh dhà.

II.

B'e ſud m'àighear 's mo mhìann,
Bhi gan tàthaich gu dìan fo' ſgàil,
'S na fàighinn mo rùn,
Gun a ſuidhinn air culthaobh chàich,
'S ged' a gheibhinn a trì,
Cha bu lughaid mo ſhìth a dhà,
'S math a dh'fhoghnadh a h aon,
'S mor a ghàbhainn ſa chaochla' ràdh.

III.

'Nam dhomh faicinn air fèill,
Air banais air fèiſd le fàilt,
Gun lionadh iad fèin,
Mo chridhe le h eibhneas gràidh,
'S iad nan uigheam mar gheugan,
Uile gu lèir fo' bhlàth:
'Sa 'n inntin mar lòng,
Air bharraibh nan tònn a' ſnàmh.

IV.

'San cridhe nan còm,
Na ſhuigh 'n co-f hònn ri 'n càil,
'S b'e aigheir gach tè,
Gum faigheadh i ſpèis th'air chàch,
'S b'e 'n durachd gu lèir,
Mar tha fios agaibh fèin mar thà,
Gu mealladh i thù,
Le ſealla' a sùilean tla.

V.

B'iad ſud ſuilean na maiſe,
Fo' mhaladh nan roſg bu rèidh,
Sann leamſa gum b'ait.
Bhi daonnan fo' thaic an ſgèith,
Bhiodh Gaelic gu pailt,
Gun fhàillige blas nam beul,
Sa mhaidin gu moch,
Gum b'fhònnar leam guth gach tè.

VI.

'Naile 's mis tha fo' ghruaim,
'S mi fada o thuath gu deas,
Ann an Lunnain nan cleòc,
Gheibh mi iomadach ſeorta cleas,
'S mo chuimhne gu buan,
Air na dh'fhag mi gu tuath, mo cheiſt,
Air na rìbhinnean ſuairc,
Chuireadh m'fhuil ann an gluaſad teas.

VII.

B'annſa bhi ann ſa ghlèann,
A ſiubhal nam bèann 's nan ſtuc,
Nan Saſgan air chàl',
Far nach fhaic mi mo ghràdh le ìul,
Tha na maighdeanan sìobhalt,
Uile co mìn 's co ciuin,
Ach b'e 'n aigheir 's a mìann,
Mo chuir aun an lion gu dèint.

VIII.

Sann an Uapaing a thà,
Na caileagan dàna faiſg,
Tha iad uile lan càirdeas,
Cridheachan blà tais,
Ach mo gheibh iad fo'n ſgèith thu,
'S cinnteaçh mun d'thèid thu as,
Gum pàigh thu do chèilidh,
'S tairnidh iad teud man ſeach.

IX.

Ach ma mhaireas mo ſhlàint,
'S gum faigh mi gu bràth dol uatha,
Cha'n fhuiling mi tàir,
Do na caileagan tha gu tuath,
Ged' theireadh iad pàirt,
Cha neil iad nan tràillean fuar.
'S thar ſtuathanna' àrd
Thoir mo ſhòraidh gun dail thuchd uam.

ORAN do na Caoraich Mhoire.

Air fonn, Dibhiſt do chreidi' an t-ſagairt,
Thainig fada fada nuas,
'S bheirinn mo mhionnan le creideas,
Gur iad a ghiod mo chuid uam.

I.

SMOR mo mhulad is mèiſlean,
Mu mhoch-thra 's mi g'èiridh ſuas,
Gum bheil m'ìnntin air a ceuſadh,
'S cha neil feum dhomh bhi ga luaigh,
'S mi bhi g'àmhrac air na ſpeuruibh,
Chi mi 'èir na maidin uam,
Chi mi muir a's tir le chèile,
San dealt air an fheur mun cuairt.

II.

Chi mi cnuic, a's fluichd a's flèibhtean,
'S cha lughdaich iad fhèin mo ghruaim,
'S chi mi dol a mach nan treudan,
'S loingeas bhrèid-gheal air a chuan,
Chi mi Gaidheil 's iad nan èiginn,
'S iad a g'èiridh fuas fo'n chuail,
'S chi mi daoine gar fior thrèigfinn,
'S uach 'eil fpèis dhoibh fan Taobh tuath.

III.

Se dh'fhag mulad air m'ìnntin,
Sa chuir mì-ghean orm le gruaim,
Na daoin' uaifle bhi co mìothur,
'S gun chuir iad na h ìflean uath,
'S gun chuir iad air falbh na daoine,
Gus na Caoraich a thoirt fuas,
'S ged' a tha ìad pailt do dh'aodach,
Tha'n cuid fearainn faoin gun tuath.

IV.

'S bochd a' naigheachd ri èifteachd,
'S tha fios agaibh fèin gur cruaidh,
Sliochd nan curaidhein treun-mhor,
Dan robh fpèis a bhi gun luaigh,
Stric a chuala mi fhìn,
Aig mo fhinnfire iomadh uair,
A luighad gaifgeach gaft deagh chlì,
A bha 's na lìnnibh dh'ìmich uainn.

V.

Se fath mo mhulad ri ìnnſe,
Far an cluinnte pìob le fuaim,
E bhi 'n diugh gun chèol gun daoine,
'S meilich chaorach air gach bruaich,
Thrèig iad fearalas gàiſge,
'S tha'n cridheachan farſuing fuar,
'S gnr è ceaird 's mo th'achda,
Bhi cuir a's do'n mhadradh ruagh.

VI.

Slan iomradh do na h uaiſlean,
Da 'm bhèil ſuairceas agus gràdh,
'S nach do dhealuich ri'n cuid daoine,
Gu caoraich a chuir na'n àit',
Bi'dh iad achd a nam a chruadail,
Gun guallain a chuir ri ſpàirn,
'S annſa leò fuaim na muſgaid,
Na tri' ſichead mult air blàir.

VII.

'S cinnteach miſe da-rireadh,
Nan èireadh ſtrì ſan Taobh tuath,
A chuid diu a lean an sìnnſir,
Bhiodh iad cinnteach len cuid ſluaigh,
'S 'nuair thèid a bhratach a ſgaoileadh,
Le Ciobair maol an da chluais,
Ann a'n aite phraſgain dhaoine,
'Se bhios achda Caoraich uainn.

VIII.

Ach nan eireadh oirn le ain-neart,
Ar naimhdean a dh'iarrui' còir,
San Taobh tuath bha daoine treubhach,
Dheanadh èiridh le Righ Deors',
Ach a nis chaidh iad a dhe'-laimh,
'S chuir an èiginn iad o 'n ſeol,
'S 'nuair a thig è dh'iarrui' daoine,
Gheibh è Caoraich ann gu leor.

IX.

Rinn ar miſneach ar trèigſinn,
Sinn gu leir mar dhamh àn ceo,
'S cha'n fhaic'eir ſinn nar 'n èididh,
Le breachdan a 'n fhèilidh òirn,
Gur è 's tric a bhios mun cuairt duinn,
Caſagan luaight' do'n chlò,
'S chaidh Ghaèlic a's an fhaſan,
Aig buithinn nan ad 's na clèoc.

X.

Ach na bithinn na'm Diùce,
Am cheanas am chùl air ſluagh,
Am' cheann ſine ſa'n dùthaich.
'S lann thana ri'm thaobh an truaill,
Fhad ſa mhaireadh am faobhar,
Cha leiginu le Caoraich buaigh,
B'annſa farum fir ghleuſta,
'Nam tarraing nan geur lann cruaidh.

XI.

Nan racha' m'ordugh a chumail,
Bhiodh dòchas a chumant ſuas,
Dh'innſinn ſgeoil ann an Lunnain,
Chuireadh sèol air mullach cuain,
'S ged' a thà mi ri cumadh,
Se'n ſnàth a ni chumail fuaight',
'S mithich ſgur do mo Ghàilic,
Mun œoiſinn mo chàirdeas fuath.

ORAN do'n eididh Ghae'leach.

Air fonn, Throit mo bhean 'sgun throit i rìum.

AN LUINNEAG.

Se féile phreasach tlachd mo rùn,
'S osan nach ruig faisg do'n ghlùn,
'S còta breachd na'm basan dlù,
'S banaid dhù-ghorm thogarrach.

I.

B'ANNSA leam am fèile cuaich,
Na casag do 'n èadach luaight',
'S brigis nan cèanngluichean cruaidh,
Gur e'n droch-uair a thogainn dhi.
Se féile &c.

II.

Tha mo rùn do'n eididh las,
Cuach an fhèili nan dlu bhas,
Shiubhlain leis 's na flèibhten cas,
'S rachainn brais air cbair leis.

III.

Ge'd s tharlainn ann fa bhèinn,
Fad na feachduinn 's mi leam fèin,
Fuachd na h oidch' cha dean dhomh beud,
Tha'm breachdan fhèin co caidridheach.

IV.

B'e 'n èididh las-bheannach a 'n aoigh,
Gu mifneach a chuir ann 's na faoigh,
Ri uchd fuathais nan cruaidh fhuim,
A leigeadh cùing 'sa thogadh i.

V.

Shiubhlain leis gu cuilm a's fèill.
'S rachainn do'n chlachan leis fhèin,
Tlachd nan. gruagach 's uaill nan fteud,
'S è deas gu feum nan togradh è.

VI.

'S ealamh eatrom è fa ghlèann,
'S cuilbheir rèidh fo' fgè gnn mhèang,
A dh'fhagadh Udlaich ceir-gheal fann,
A bheireadh frànn fa leagadh è.

VII.

Os-cionn breachdan fmath thig fgìa',
'S claidheamh ceanna-bheartach gun ghìamh,

'S air crios achlais dag fo' dhìon,
Ri uchd sìon cha'n agadh i,

VIII.

'S math thig biodag air gun tàir,
Sgian is forc am fochair dhà,
Cul-tiugh, clais-fhliofach caolbharr',
'S cnumh chinn charraichde ghrad-bhuilleach.

IX.

Do'n fhèile fgiobalt tha mo ghràdh,
Dealg nar guaillibh fuas gun fhèall,
Crios ga ghlafadh las neo-thèann,
'S bi'dh è gach am gu baganta.

X.

Sann leam bu taitneach è bhi nàird,
Nam dhomh tachairt ri mo ghràdh,
B'fhearr leam feachdain dheth na dhà,
Do'n bhrigìs ghrannda rag-fheallach.

XI.

'S caomh a'n èididh 'm breachdan ùr,
Sann air fèin a dh'eireadh cliu,
Mar fin 's buaigh larach ann 's gach cùis,
Se dheanadh turn gun eagal air.

XII.

Nam do ghaifgich dol air feum,
Gsidheil ghaft gu ftrachdadh bhèin,
Fìob ga fpealladh anail rèidh,
A chuireadh eud is fadadh ionnt.

XIII.

B'e ſud caiſmeachd àrd mo rùn,
Cronan gàireach bàrr gach ciuil,
Brais phuirt mheara leanadh dlù,
Clìath gu lùthar grad-mhearach.

XIV.

'Nuair a ghlacht ſan achlais ì,
Beus bu taitnich chunna mì,
Siunſair pailt-thollach gnn dì,
'S i os a cìonn gu fad-chrannach.

XV.

Si 's boiche dreach 'sa 's tlachdmhor ſnuagh,
Tatrach, ſgairteil, brais phuirt luath,
Muineal cròm gu ochd nam buagh,
Chluinnte ſuaim 'nuair ragadh i.

XVI.

A ri bu ruithleumnach na meoir,
Dànnſa brais mun ſeach gun leoin,
Is iad air chrith le mire gleois,
Chluinnte ſtrol gu ſlapanach.

XVII.

Bheireadh i air ais gu fònn.
An cridhe dh,fhàs gu turſach tròm,
'S chuireadh i ſpiorad 's gach sònn.
Gu dol air lònn gu ſpadaireachd.

XVIII.

Fhuair i 'n t-urram thar gach ceòl,
Cuiridh i mìſneach ſan fheoil,

Togaidh i gu aird nan neoil,
Inntin ſhoeid gu baitealach.

Se fèile phreaſach tlachd mo rùn,
'S oſan nach ruig faiſg do'n ghlùn,
'S còta breachd na'm baſan dlù,
'S bonaid dhù-ghorm thogarrach.

Beannacha' Baird do' fhear Chluaini'.

Cha b' ioghna' ge d' theiginn gad t-fhaicinn,
Fhir Chluaini' nam piob 's nam bratach,
Ceannard direach clann Chatan,
Thug thu dhachaidh 'n dualchuis.

ORAN do Chaiptein Shau' 'an Dal-bheirt am Baid-eanach.

Air fonn, Duchas Mhic-Leoid.

I.

'S MI fad ann am thàmh, ragaich mo chàil,
'S maigne air fàs uaimhreach,
'S mo ſmuaintean a ſteach, gluaſad gu beachd,
Luſganach brais ruanach ;
'S doigh leam gun dàil, ſealltain le fàilt,
'S tarruinn air ſgà t uaiſle,
Chuir neart ann am chrè, aiteas gun bhreug,
Beachd air gach ſgeul a chualas.

II.

Cha'n fhaca mi rìamh, 's taitniche fìamh,
Neart ann an gniomh fonruicht.
Le Seumas mo rùn, dh'eireadh gach tùrn,
Eatrom 'an tus comhfhtri :
Ceannard air cheud, gaifgeil gun bheud,
* Sabhaich an dream lodal.
A ghluais on t-fhar ftoc, uafal gun lochd,
Dufaich a chleachd mòrachd.

III.

As t-òige bha clìu, mòr ann a t'ìul,
'Sleoir gu bu chùis dhearbht' è,
A' d' fheachd bliadhna deug, b'acuinneach dian,
Do bheachd man do chrian Alba :
Ann fan *Eaglais Bhreic* b' inntiaeach leat,
† Gluafad air feachd gharbh-chrioch,
Ghìulan thu 'm brat rìoghail a fteach,
'Nuair fhìn na fir ghafta chalma.

* After M'Duff Thain of Fife got King Malcom the third reftored, and with his own hands killed the Ufurper M'Beath; Shaw M'Duff, lawful fon to the faid Thain, was made Governor of the north fide of the Grampians, his place of refidence being the C ftle of Inverneſs, from whom the name of Shaw originated.

† Before the battle of Falkirk, the Royal Standard being refpectfully efcorted to the regiment where our young hero was an officer; the honour of carrying it was by the Colonel propofed to be conferred on the oldeft Captain of the regiment, who feemed to decline it; upon which our young officer looking at the Captain with a fmile of deriſion, which attracted the Colonel's attention, was aſked, if HE would think it his honour to carry it in the field of battle; to which he replied, that he would look upon it as the higheſt honour that could be conferred upon him, were he to die under it.

IV.

Ann an onair do dhùch', b' ealamh do thùrn,
Tarruing air chul namhaid ;
Ri aghaidh nan sònn, gearradh gum bònn,
'S sarum aig trom lamhach ;
O ghlas-lann mo ruin, sad agus smuid,
'S osnuich aig, smuis chnaimhean.
Mar thonnan a chuan, spealladh gu cruaidh,
'S cha ghabhadh tu uatha gun phàidh.

V.

Chuir am freasdal 'a d' chèann, gibhtean nach gànn,
'S misneach 'an àm cruadail,
Bha do thlachd air gach seol, 'an ceartas san còir,
'S tu sheasadh le d' dheoin suas ris,
Ann am Bàideanach 's tric, fhuaradh tu glic,
Bheireadh tu mios air tuath-cheathairnn,
Aobhair nam bochd sheasamh gun lochd,
Do thoilinntin 's do shocair bhuan è.

VI.

'S tu òg ann a t-aoigh, fhuair thu mar mhnaoi',
Oigh nach ro aon taobh suarach,
Mìn sarasta ciuin, tarais gun diumb,
Carthannach caomh stuaime,
Bha taitneas na gnuis chairdeach le ìul,
'S fàilte le rùn suairce,
Inntineach àrd, fior-mhaiseach àilt,
Dìleas 's i lan buadhan.

VII.

A teaghlach na mais, fhuair thu i mach,
'S cha chualas dhoibh droch thuair'fgeul',
A gheug a bha glan, ùrar gun fmal,
Thriall i o Ailean-chuaiche,
Am fuil 's ann am feoil, bu dileas da pòir,
Foirbeifich mhòr uaimhreach,
'S clann *Fhiunnla* bhraigh bhàrr, nach diobradh fan
An ftoc as an d'fhas 's on bhuaint i. [fpàirnn,

VIII.

Ciod è 'n fta ni è dhiunn pramh air a cùl.
'S gun d'fholaich an ùir uainn i,
'An *Cill-Ribhinn* na ftuath, fint ris a chuan,
Tha i ìofal ri glaodh cha ghluais i,
Bha iad cinnteach gu leoir, miltean fo'bhròn,
Sgìos ann an feòl uamhar;
Mo bheannachd na dèigh 's nach maireann i fèin,
'S le cabhaig cha trèig mo ghruaim mi.

IX.

Ann an àite do ghaoil, fhuair thu bean chaomh,
Uafal a thaobh nàduir,
Do *Ghranntuich* Shra-fpè 's buaghail an treud,
Siobhalta' treun far-ghaft;
Do ftoc *Thighearna Ghrànnt*, bhuaint i gun tàing,
'S Ròfuich an dròing àrda:
'S gur car i dà uair, 'an rioghalachd bhuan,
Do *Dhiuc Gordan* nan fluagh àraidh.

NATIONAL LIBRARY

X.

Chaill thu 's bu bheud, ibht as do ſgeith,
Sa niſe tha te'èile fas ann,
Chaidh do lot air do chùl 's bochd mar bha chùis,
Bu doſgainneach ciuirt do ſhlàinte:
Se *Màiri*, thoirt uait, a thanaich do ghruaidh,
'S nach maireann i buan lamh ruit,
Ach 's i Mairearad le ſpeis, thug èigh air do cheill,
'Sa leigheis do chrèachdan cràiteach.

XI.

Tha do chèile fan am, teoma gun fheall,
Feumail an cèann d'fhàrdaich,
Tha tuigs' agus cèill, tlachd le deagh bheus,
Taiſgte fo' ſgèith do ghraidhſe,
Thug nàduir dhi beachd, tàlanda ceart,
Foighidneach, paiſt, pàirteach,
Truacanta ciuin, dualchuas mo rùin,
Dalrachanaidh àr àlainn.

XII.

Mo runſa gu bràth, dlu rìut 's gach àit,
'S gach cuis mar a b'aill, buaigh leat,
'S tu a ſheaſadh a choir cheart le do dheoin,
'Smachdail 'an tus tuaſaid:
Fearail gun fheall, ceannas air fànn,
'S cathrannach lan truas thu:
Tha beannachdan chàich fallainn 'a d'dhàil,
Is bheir am freaſdal os n aird duais dhuit.

Cumha 'n Taobh Tuath.

Air fonn, Gur muladach tha mì 's mo leannan air fas rium an gruaim.

(Compoſed in the year 1783.)

I.

'Smi g'amharc le dìcheal,
Gum bheil mulad air m'ìnntin as pràmh,
'S mi bhi ſealtainn mun cuairt domh,
'S mi faicinn an tuath air an t-ſnàmh,
Ma tha cuid diu ni bhuannachd,
Tha cuid èile nach buannaich an tràigh,
Gu'm bheil mòran diu briſeadh,
'S cha 'n ioghna leam idir mar thà.

II.

Cha 'n ioghna leam idir,
Gar an deanadh iad pioſach na ſtà,
On la dh'inntrin an ſaoghal,
Cha robh 'm fearann co daor 's tha i 'n dràſt,
Tha 'n Taobh tuath air a leadairt,
O dh'ìnntrin an greada ſo thà,
Thug iad uath an cuid daoine,
'S iad na 's mo ann an ſaothair gach là.

III.

'S iad ni 's mo ann an ſaothair,
'S na h uaiſlean a daorach a mhàil,
Dh'fhalbh truas o na daoine,
'S tha fuaralachd taomadh na h àit,
Cha ſheas facal duin' uaſail,
'S dona' 'n tèiſt tha ri luaigh orra 'n dràſt,
Sann tha firinn as ceartas,
Na lìnn ſo 'an ibhtean nan geadh.

IV.

Firinn is ceartas,
Chaidh iad clì o cheann fhada ſan àite,
Tha ſannt agus mìorun,
Co pailt s nach d'theid di air gu brath,
Dh'fhalbh gaol o gach duine,
'S bochd a ghaoir th'aig a chumant gach là,
Tha na h uaiſlean gan ſpileadh,
'S iad ga mhùn ann an Lunnain an àigh.

V.

Siomadh fear a chaidh Lùnnain,
Sa chaith a chuid uile gun ftà,
'Nuair a thigeadh iad dhachaidh,
Gun cuireadh iad sàchd air a mhàg,
'S iad co sànntach gu tarraing.
Ri coin a bhiodh tamall gun trà,
Sa chuid a dh'fhuirich aig bàile,
Tha iad co lùbach 's co carach ri càch.

VI.

Tha iad co lùbach 's co carach,
S' aobhair cùram don talamh an dràft,
Gum bheil breitheanais Dhè cirn,
Ge b'e b'urrainn a leubhadh le dàn,
Tha mi faicinn 'sa lèirfin,
Luchd fheafamh na clèire dol càm,
'S iad 'an aghaidh a cheile,
Gam bu choir a bhi teumadh le gràdh.

VII.

Chuir gràdh ruinn a chùlthaobh,
'S tha uaiflean ar dùcha co croft,
Iad a' caitheamh co ftrò'ail,
Na tha milleadh 'sa lèonadh nam bochd,
A' toirt uath an cuid ftòrais,
Gar an cur iad dheth mòran mun feach,
'S air a mhend 's gan cruinnich iad fhein deth,
Cha bhi beannachd Mhic Dhè ann nam pachd.

VIII.

Cha bhi beanneachd Mhic Dhè ann,
'S cha dean è bonn feuma le tlachd,
Aig a mheud ſa tha ſhaothair,
Ga thional aig daoine fo'n t-ſachd,
Cha toir iad an dèirce,
Do na bochdan ged' thèid iad a ſteach,
'S aobhair mulad ri èiſteachd,
Na tha agam ri leubhadh d'an lochd.

IX.

'Solc an naigheachd da rìreadh,
Tha air uaiſlean na tìre ſo nis,
Chuir iad bac' air an t-sìonach,
'S mar fheairde ſinn ſhein è cha mhiſt,
Mo bhios gun air mo ghiùlan,
Their iad uile gar dìu'lannach mis,
'S fìu' coileach nan ſtuchd-bheann,
Cha'n fheud mi mo ſhùil a chuir ris.

X.

Cha'n fheud ſinn bhi ſpòrſail,
Tha ſmachd aig Righ Dèors oirn gu lèir,
Chuir è achdachan mòr oirn,
'S è gam meudachadh òirn gach rè,
Tha è fuilteach 's cha dheoin leis,
'S è toirt daoine gach lò uainn gu fheum,
'S è toirt uainn ar cuid ſtòrais,
'S è ga chaitheamh ri gòrraich 's bu bheud.

XI.

'S è ga chaitheamh ri gòrraich,
'S lèir a bhuil ſan roinn Eorap'gu lèir,
Ri America còmh-ſtri,
'S nach fhaigh è ri bheo iad da rèir,
On tha ceartas a's còir achd,
Tha 'm freaſdal cuir lèo ann 's gach ceum,
Agus chum è iad dìleas,
O na cheud la dh'ìnntrin an ſtreup.

XII.

Ach a nis on a ghèill è,
'S gun d'rinn iad an reite an aird,
Mo dhoigh nach miſte finn fhèin è,
'S gun leaſaich è fhein ſinn nar càll,
Aìg bocad na dùchadh,
Siomadh neach a chuir cùl ris an àit,
Tha'm peice min air a mhìonaid,
Ficheid ſgillein ſa trì ſan tigh gheaird.

XIII.

Siomadh neach tha mun cuairt duinn,
Air an glacadh le cruadal ſa nàm,
Agus neach tha air faoin-tra,
Bha ſa bharail nach aomadh iad ànn,
Chuir a bhliadhnas iad ſuarach,
'S cha 'n urrainn iad gluaſad ach màll,
'S iad a ceannach am beò-ſhlaint,
'S aid air acras an còmhnaidh na chèann.

XIV.

Cha 'n ìoghna ſinne bhi falamh,
Sa liughad uair bha ſinn a gearan gun ſhath,
'Nuair bha pailteis mun cuairt diunn,
Gun robh ſinn ro uaimhreach air fàs,
Chuir a bhliadhna ſo cruaidh,
Ris gach neach nach do bhuannaich am bàrr,
'S chuir i ſachd air an guaillibh.
Chumas cudthrom mun cuairt doibh gu bràth.

XV.

Cha neil feum ann ſa ghearan,
Sann is còir dhuinn bhi toilicht a ghnà,
Leis na bhuilicheas Dià oirn,
O n is è am fear riaghlaidh is àird,
Sann is docha ſinn direadh,
Ge do tha ſinn co ìoſal air làr,
'S ge d' robh ſinn air ar bualadh,
'Sè a chèanglas ſinn ſuas ann an gràdh.

XVI.

Ach nam falbhadh a chabhag 's,
Ge do tha ſinn co falamh ſa thà,
'Nuair thig bàr as an talamh,
Tha mi 'n dùil nach bi ghainne gar cradh,
Ga cruaidh oirn an t-earrach,
Tha na h uaiſlean gun ghainne nan dàil,
Cha bhi cuimhn' air mu nollaig,
Tha mi'n dùil gum bi chomaidh ni 's fèarr.

XVII.

Ach mo dh'èireas ſinn idir,
'S mo thèid ſinn air phiſeach gu bràth,
Bidh ſinn treun ann am miſneach,
'S thèid na ceudan a thiotadh air sàil,
Bidh ar 'n uaiſlean gun chùram,
San cuid fearainn gun sùgh 's è fàs,
'S mas a fìor na thuirt miſe,
Gum bi bìadh aig na big a ni tàmh.

XVIII.

Cha 'n ìoghna ſinn bhi gun ſtoras,
Sa liughad ni a tha 'n tòir oirn gach la,
Cha bhi coinneamh na còmhail,
Nach bi caitheamh gu leòr air an ſgà,
Ge bi àigheir na sòlas,
Na mulad no bron bhis nan dàil,
Gach ti chluinneas an t-òran,
Bithidh iad uile ag òl mo dheoch ſlàint.

XIX.

'Smithich dhuinne bhi gluaſad,
Fhad 's tha beagan mun cuart do ar làmh,
Mun tobhair iad uainn è,
'S mum bi bhochdainn an dual do ar clànn,
'S olc air mhath ler cuid uaiſlean,
Gheibh ſinn fhathaſt laimh 'n uachdar gun tàing
'S theid ſinn an nùnn air na cuaintibh,
Do dh'America ſhuairce ſo thàll.

MAR bu mhath leam bean mhath.

MAR thri nithe bu mhath leam bean mhath,
Mar Mhac-talla, 's clag-baile, a's feileachag nach
caruich 'an cath;
'S mar na tri nithe fin fhein cha 'n iarruin bean
mhath,
Bhi bearr-theangach, glochd-ardach, lom narach
gun rath.

Mar fheileachaig 's còir do bhean ro chòir a bhith,
An comhnui fuireach le deagh thoil a fligh,
Ach mar an t-feileachag cha 'n iarramaid i bhith,
Gu cuid a thoirt daonnan air a druim gun dragh.

'S coir do bhean bhi ealamh, mar mhac-talla bheànn
'Nuair labharar ria gun teagamh, freagradh thoirt
fan àm,

Ach air ſeol eile, mar mhachd-talla cha choir dhi,
Am facal mu dheireadh a bhi aic an còmhnui.

Mar Chlag-Baile 's coir do bhean bhi glic,
Riaghailteach 'na teaghlach le mor iochd,
Ach mar Chlag baile, cha choir dhi bhi air chìnnt,
Co labhair 's gun cluinn am Baile gloir a cìnn.

A Mhisg.

'S fhearr a mhiſg na bhi gun lethſgeul',
'S am feaſt cha choiſinn i cliù,
'S tric a bhios è air a lea-taobh,
Am fear a bhios 'na freaſdal dlu.

ORAN Comh-ſtri eadar mi fhein 's mo leannan.

Air foun, Tha mi am chadal 's na duiſgidh mì.

I.

BHA mi air banais am baile ro araidh,
'S chunna' mi cuideachd ro ſhìobhalt ann,
Daoine ro chinneadail ſhireadh ſa phàidhe,
Sa chuireadh iorram ri cheile a's rànn,
Bha aigheir is ceòl is òl is mire,
'S mun ſeach mun a bhòrd deoch mhòr do 'n fhilidh,
'S 'nuair thraigheadh an còrn, bha sèol air tuillidh
Bha ſud ann ſan ionad bu bhòiche frànn.

II.

Bha iad gu h iomairteach, mireagach, gàireach,
Cridheachan àrd, deagh labhairt nan cèann,
Gu furanach, freaſtalach, ſeaſmhach mar b'àbhaiſt,
Deas air an lar, bu fhreagarach dàmhs' ;
Gn luth-chleaſach gleuſt, gun bheud a leanadh,
Mun ſeach air a chèile leum ſa mhalairt,
Ceol fìle ri 'n cluais, meoir luagh puirt mheara,
'S 'nuair rachadh nan cabhaig gum b'èibhinn leam.

III.

Sè chuir mi gu lea-trom's ma bheachd ann a gluaſad,
Dh' amhraic mi gruagach thait'neach ghrìnn,
'S rinn i mo mhealladh 'nuair tharraing mi ſuas ria,
'S dh'fhag ſud gu gruamach farranach mì,
Rinn *Cupid* le ſraonadh m'aomadh thairis,
'S thug fras do na ghaol air ſlaoid mo bharail,
Se ni nach do ſhaoil leam gaol a thabhairt,
'S far am bi caìleag cha taobhaich mì.

IV.

'Nuair bhruithinn mi càirdeach, le tàir thug i beum dhomh,
'S thuirt i le sèiſt nach robh mi ach òg,
'S gun robh mi co cealgach ri balgair na eiginn.
'Sgun d'thug mi ſpeis do thuileadh ſa chòir,
Thuirt *Seonaid* ſan uair fan uam gu h ealamh,

Cha'n fhuiling mi fein, luchd bhreug bhi mairium,
Chuala mi'n de ort fgeul' nach toigh leam,
Gum bheil do chuid * cloinne cuir curam ort.

V.

A *Sheonaid* a ghaoil nā bi fmaoineachadh bhreugan,
Tha mi air chinnte co fhingilt riut fèin,
Gun tigh air a bhonn, 's mi gnn lonn air an d' tfheid è,
Ge d' tha mo mhifneach co meinmneach treun,
Mun d'thugainn gu brath dhuit, fath bhi aireach,
Gun fiubhlainn gach taobh air 'm ìul is air 'maineol,
'S gun gleidhinn duit lònn gu leor is earras,
'S gun feafainn mar bharant air chùl do fgè'.

VI.

Co fad fa's beò mi cha deonaich mi èacoir,
Fear thoirt o'thè'eile 's coma co dhìu,
On tha thu ga aicheadh 's mi àraidh do bheufan,
'S gum bheil do chèile feal air do chùl,
Do theanga co mìn, air ti mo mheallaidh,
Le farum do bheoil, mor fgleò ga labhairt,
Do chridhe fan fhaoill is tu toinnt mar charraig,
'S gun toir mi mo ghealfadh nach pos mi thu.

VII.

Bheir mi comhairle chàirdeach an drafta's na trèig i,

* Dh'innis fear eile dhi gun re mi pofta.

Na creid droch ſgeula am feaſt air mo chùl,
Bean cha do phos mi is cha'd' dhèonaich mi fein è,
Ged' tha luchd bhreug a' folach mo chliù,
Ged' bhithinſe lòm gun fhònn gun fhèarann,
Mo Mhaireas mo ſhlàint cha 'n fhàillnich t-àran,
Bheirinn oirp' ri fuachd air chuantan fallan,
'S cha deanan do mhealladh na faodamaid.

VIII.

Thainig gart air mo chaileig, is gheallaich a gruaidhen,
'S coſlas an fhuathais dheallraich na cli,
Dh' fhuaſgail a teangaidh ſam breamas ga gluaſad,
'S bhirich a cluais gu teannadh ri ſtrì,
Fuirich air tais air dheagh grad leagadh mi,
Fras do na ghloir a's geura fhreagarais,
Cloidheamh mo bheoil cha lèon an t-eagal è,
'S balaoch co beadaidh cha treoraich mì

IX.

Gur mo is garbh leam co ſearbh 's tha do chomhradh,
'S miſe bhi 'n comhnui' taraiſeach dhuìt,
Bha mì ſan earbſa gun dearbha, tu còir dhomh,
'S gur è do bhòicheid chuir mi fo' luchd,
On rinn thu mo thrèigſinn, 's fheadar dealacha',
'S òiſnich mo chlèibh a' g' eiridh thairis orm,
Mo chridhe ſan uair mar fhuathais mara,
'S na ſmuaintean bha tairis aig leumartaich.

x.

Ged' tha mi ga d' t-àicheadh na fàgadh ſud griaim ort,
Comhairle uamſa gheibh thu air ais,
Mar thuirt an ſeann ràite's robh araidh ſan uairs' è.
Tha iaſg ann ſa chuan co math 's thainig as,
Cuir do lion ann an ordudh ſeolt gun aineol,
Mar mharaiche deonach choir na mara,
'S mo gheibh thu fo'd' ſgoit i, treoraich call dhi,
'S bheir mi mo ghealladh nach diult i thu.

I love, I ſerve,
One whom I much regard,
Yet for my love,
Diſdain is my reward.

Tha mo ghaol 's ma ſherbhis buan,
Don neach do'm mor ma thlachd,
'S air ſon mo ghaol ſe fhuair mi,
Fuath mar dhuais air ais.

ORAN Sugraidh agus combairl do ghillean oga air eagal agus gum faod iad a bhi air am mealladh fo' thuinn.

LUINNEAG.

O thu tha mi fhéin fo' ghruaman,
'S cha 'n ioghna' dhomh gluasad duilich,
'S na h uile fleasgach tha san dùthaich,
A cuir sùrd dhoibh fhein air crùinneag.

I.

'S FHEARR leam fhein bhi buain na mòine.
Ann am aònar ann sa mhuna,
Na bhi air banais a Bhorlum,
Chuireadh i mo bhròn an truimeid.
O thu, &c.

II.

'Sann air a bhanais th'ann ſa Bhòrlum,
A tha ſpòrs 's cha 'n ann ſa mhuna,
A h uile fear 'sa leannan lamh ris,
Ag òl air an ſlàint le uram.

III.

Gheibh iad uiſgebeath nam pìob ann,
'S cha 'n fhaigh mis ach cìob ſa mhuna,
'S cha neil ni ann a ni ſtà dhomh,
Ach an làgan tha ſa chuman.

IV.

Gum bheil banais ann ſgach àite,
Is iad co nàdurach gu mire,
'S tha na caileagan co sàighte,
'S nach eil ſtà dhomh dol gan ſireadh.

V.

Cha neil Breabadair na tàileir,
Nach fhaìgheadh a dhà le furan,
'S cha 'n fhaigh mi h aon ni mo thàladh,
'S fhada ſhàraich iad mo mhulad.

VI.

Struagh nach mis' a tha ſna h Innſein,
Far an robh mi fhèin an uraidh,
'S geibhinn caileag laoghach bhòigheach,
'S i co geal ri mòinteach monai.

VII.

Gheibhinn caileag laoghach ghrèannar,
Agus a ceann mar an duileaſg,

Sa bragad co geal ri ròcas,
Fo' dearg bheul o'm bòiche thig iorram.

VIII.

Cha 'n iarradh i bheag a dh'èadach,
'S cha bhiodh ſaothair ann na cumail,
Sa chaoidh cha chuireadh i bròg an,
Air na ſpògan a bhiodh cuimeir.

IX.

Ge b'e dheanadh èiſteachd tra rium,
Dh'innſinſe dha pairt da chunnart,
Far an d'theid a chlach a charamh,
Sann is nàdurra' dhi fuireach.

X.

Cha bhi tigh ſeinnſe gun ſtòp ann,
Na banarach Bhò gun chuman,
Nollaig mhor cha bhi gun fheoil orr',
'S bean le deoin cha bhi gun duine.

XI.

Cha bhi duine glic gun èolas,
Nà giomanach còir gun ghunna,
'S cha bhi amadan gun ghòrraich,
'S cha bhi leanabh òg gun churrachd.

XII.

Bithidh gillean òga gun sùilean,
'S b'e n t-ùmaidh nach deanadh mire,
'S bithidh duine gun mhiſneach nèonach,
'S bi'dh cailleach fo'bhròn a' tuireadh.

XIII.

Far am bi cearcan bi'dh gràchdan,
'S bithidh mnathan ri ràſan cumant,
'S bi'dh cuir ſna caileagan òga,
'S cha bhi duine bèo gun chunnart.

XIV.

Tha mhuir a lionadh 'sa tràghadh,
'S tha na feigh 'an àird a mhunaidh,
Cha bhi duine miſgeach nàrach,
'S bi'dh colla gun cheann gun iomairt :

XV.

'S mar bi thu ſichdeir as toige,
Gu còmhna' na coiſe tinne,
'Nuair thig an aoiſe le clòchda,
Bi'dh cuip ann na dòrn gu t-ioman.

XVI.

Bheirinn comhairle le durachd,
Do ghillean na dùch-ſa uile,
Gun bhi cabhagach gu pòſadh,
'S gun bhi gòrach ann na iomairt :

XVII.

'S mo tharlas tu 's i 'an uaigneas,
'S gun d'thìg buaireadh air do ſpiorad,
'S daor a phàigheis tu do chèili,
Mo dh'èireis tu air a mullach :

XIX.

Cha neil Mineſteir na Eildeir,
Nach bi air do dheigh gun fhuireach,

'S ge do ruigeadh iad do lèine,
Paidhe tu na theid a ſhireadh :

XX.

No dhol a dh' ionnſaidh na clèire,
Le tè dhiu ſann leam bu duilich,
'S fhearr leam fhein bhi buain na mòine,
Ann am aonar ann fa mhunadh.

Muiler Masach.

'Nuair chaidh 'n corn a lionadh 's 'nuair ſhin a chagair,
Dh'fhalbh am muiler màſach a mach le graide,
'S coineal 'na làmh chumail ſlan a chlaigin,
'S nam biodh i na thòin, bhiodh an ceòl na b'fhaide.

ORAN do'n Tàileir 's do na h ofanan.

Air fonn, Fa'il uil h o ro Thomais cha bheag orm thu.

I.

'SMULADACH a 'tà mi,
'S mi-chàilear gun acras mi,
'S le feinealachd mo naduir,
Cha dàna dhomh ceartachadh,
Mo fmuaintibh bhi ga'm fhàgail,
Gach là dol air feacharan,
'S co-luath fa chluinneas càch è,
'S è ni iad gàire fochaideach.

II.

'S miſe th'air mo bhuāireadh,
Se 'm bruaidhlein 's fhaſa dhomh,
Bheir na gillean ùpadh,
Ge'n taobh ſan dol ſeachad dhomh,
Na caileagan ga'm fhagail,
San Taileir a' fochaid orm,
'S na rinn è orm do èacoir,
Gun dean mi ſgeula farſuing dheth.

III.

Thoir fios do bhail' Mhìc ſhìom uam,
Oir sìnidh mi'n toiſeach ann,
Far am bheil an Tàileir,
Rinn gràndа na h oſanan,
'Nuair thèid iad an airde,
Gum bi iad crandaidh pachdanach,
Agus car mun cuairt ionnt
'S mi-chuannta, neo-ſhochdrach iad.

IV.

Cha bhi mi g'ìnnſe an dràſta,
Do chàch mar tha na h'oſanan,
'S mor a fhuair mi chàineadh,
'Nuair chuir mi 'n àirde toiſeach iad,
'S cha lugha fhuair an Tàileir,
A ghearr co mhi-choltach iad,
'S tha iad lionar ann ſan àite,
Toirt tàir do na h oſanan.

V.

B'e fud an cadadh dàicheil,
Ge'd chuir an Tàileir cratan air,
'S le mheid fa ghabh è thàmailt,
Gun d'fhàs è cho chrapanach,
Bha cuid dheth mar an fgàrlaid,
'S bha cuid mar bhàr na lafair dheth,
'S a nife ris a ghrèin,
'S gann is leur dhomh na bafan ann.

VI.

'S mor a rinn è dhè-laimh,
Dhomh fèin, is chuir è cratan orm,
'Nuair thug mi as a chèil iad,
'S na brèiden, a ftrachdadh dhiu,
Se Jain Gobha thàinig,
Sa thug le fàilt na achlais iad,
'S gar barail leam fa chùis ud,
Gun mhùin è tighinn dachaidh orr'.

VII.

Se Jain Gobha a's Seumas,
A rinn an èacoir fhaicfinneach,
Diar-daoin cho moch fa dh'èirich
Iad fhein as an leapuichean,
* Bhris iad air an òrdudh,
Chuir Deòrfa a Safgan duinn,

* Sann air la trafgaidh rinn an taileir no h ofaran

Ge d' thainig ſgeula an tir ſo,
Le aithn an Righ gun traiſgeadh iad.

VIII.

Ach thoir mo ſhoraidh 'n Lèibhis,
Mun d'thèid mi ni 's fhaiſge dhoibh,
Gu Deorſa Ròs an t-Eildeir,
Oir 's gille feumail tapaidh è,
'S math leam air mo chùl è,
Gu cunntas thoirt ſeachad da,
'S gun cuir e thun na clèir iad,
'S gum faigh iad fhèin ann achaſan.

IX.

'S mar dean iad miſe 'n àird,
Ann ſa chàll nach do choiſinn mi,
Le paithir chuir nan àite,
Their cách gum be'n dochair è,
Theid mi feadh na tìre,
Leam fhèin is bheir mi pochda leam,
'S bi'dh naigheachd ùr 's gach àit achd,
Air Tàileir nan oſanan.

ORAN don Luing is do dh'fhear obair a chuain.

Air fonn, Piobaireachd.

SEONAID.

I.

URLAR.

'S CUIMREIGEACH mo ſgeula,
'S gur dòchaſach,
'S iomlaideach mun d'theid i.
An ordudh dhomh ;
Sud a b'ait leam fèin,
Long fo'bbrat air ghleus,
Air cuan farſaing reidh,
A meaſg mòr thonna ;

Si bu taitneach ceum,
Fuathaſach gu leum,
'S gluaſadach
'Nuair dh'eireadh an ordaig orr' :
Muir ag at mu brèinn,
'S darach gaſt gun fhòill,
Mu craitich
A' daingeacha' còt orra.

II.

URLAR.

'Nuair rachadh 'na h èididh,
Gun leòn orra,
Gheibhte fir èatrom,
Ga còmhdachadh,
'S iad gu h ealamh teum,
Mun ſeach air a cheil ;
A teannachadh bhrèiden,
Le còrcraich ;
Gu fulangach treun,
Cullaideach gun bheud,
Urram gach deagh bheus,
Aig na h ògannaich ;
Seolta fearail geur,
Eanchuinneach dhiu fein,
Gun uireaſbhuidh fòghlum,
'S bu choir dhoibh ſud.

III.

URRLAR.

'Nuair rachadh fo'fhèilidh,
Nan fgeod-eadach,
Bu ftatail i fhein,
Le cuid mòr-bhreiden ;
Greis a'n ilfe fleibh,
'S Greis a'n airde beinn,
'S greis a bhiodh i proinnte,
Le mor Shrullach ;
Chluinnte farum raoichd,
Aig mo *Shèonaid*,
Ri anail na ftroichd,
Mhealladh boc-bheinneach ;
Si bu bhinne sèis,
Nam dhi tarruing rèidh,
'S mor mo thlachd dhi fhein,
O tha 'm eòlas orr'.

IV.

SIUBHAL.

Nam gluafad o challa,
Le darach gun leòn air,
Air uachdar na mara,
Gum b' fharumach *Seònaid*,
Suaicheantach callar,
Sa cluan ris a'n ain-iochd,

'S i caoin air deagh tharraing,
Gu gearradh na mòr thonn ;
Gu cupallach, uchdarach,
Luchdaideach, ſonruicht ;
Gu muinealach, cuirealach,
Urramach, ſeolta,
Gu luth-chleaſach ealamh,
Gun tucha na h anail,
'S i dubailt mu beanna',
Gun ain-fhocal còmhradh.

V.

SIUBHAL.

'S i fad-cheumach. grad-lèumach,
B'aſtarach *Sèònaid*,
Gu ſlapanach, glac-ſhiubhlach,
Sgaiteach roimh mhor ghaoth,
Gu mìſneachail, cliſgeideach,
Dripeil ſa'n iteig,
'S i daonnan a briſeadh,
Air ſitrich na dòlainn :
'S neo-achdarnach, tatarach,
Statail gun mhorcuis,
Air cirein nan at'-mheall,
Gum b'acuinneach *Sèònaid* :
Tre' fhuathas gun charann,
A' gluaſad gu h ealamh,

Sa guaillen am fallach,
Far nach fhaithnich an iòn i.

VI.

SIUBHAL.

Bu truagh leat a faicinn,
A gleachdadh am foirneart.
Cha b'ioghna' ge d' mheathadh,
An craicion fan fheoil dhi,
Gach tonn rachadh feachad,
Bheir fleall air a craitich,
'S bu trom an cuid fgailcean,
Na h achlais an còmhnaidh :
Air a fgiurfa' gun ath-truas,
San ceartas fa chòir aic',
Cha do thoill i droch fhacal,
'S cha 'n fhacas a gòrraich ;
San a bhios i ri acain,
Mar fhaighdeir air faiche,
Theid a ruith gu mi-cheart,
Tre na flatan gun dòbheirt.

VII.

URLAR.

Bu treun air uifge buan i,
'Nuair fheòladh i,
Na gnuis cha'n fhaighte gruaimein,
Ach, moralachd ;

Caomhail, carant, ſtuaim,
'N aonach geal a chuan,
Dh'aomadh i mun cuairt,
Mar biodh foir-neart orr';
Croinn don ghiubhas bhuan,
Dileas, fallain, cruaidh,
'S lionmhorachd a buaighein,
Cha 'n eòl domh iad ;
Glan gun fheachda' cùil,
Os-cionn darach ùr,
Subailt gallan cùraidh,
'S è mor-ſpionnach.

VIII.

URLAR.

Na ſlatan le deagh chli,
Air an ordachadh,
Tarſuing ri na ſiantanan,
Dolainneach ;
Gaoth ga'm ſiapadh sìos,
Ri croinn fhada dhìon,
Sa h acuinn a dioſgail,
Le mor fhullaſg :
'S fulangach deas dian,
Croinn fhada neo-chrion,
Na gallanan biothach,
Bu bòiche leat ;

Dearg don ghiubhas chri',
Calbhar nach gabh ſgios,
San onfhas,
Mar dibir na corduhh iad.

IX.

SIUBHAL.

'Nuair ſhineas an tartraich,
'S na glachdanaibh mora,
Bi'dh ſliom air a craitich,
Sa h acuinn fo' ronais ;
'Nuair dh'eireas i muiteil,
Bi'dh ſgè air a truſgan,
Se dh'fheumas i tuiteim,
Ri uchd nan tonn lòdail ;
Bithidh fairge ga crupadh,
'S ga druiteadh ma cèſa,
'S i fiaradh na mara',
'S ga gearradh le mòr-neart,
Bi'dh ceann ann am fàlach,
Le garbh thonna màra,
'S 'nuair dhireas i 'm beàlach,
Cha n aithnichear leòn orr'.

X.

SIUBHAL.

Stoirm coſlach garbh còpach,
'S trom oſnuich 's na ſpeuraibh,

'S nèoil ſhiubhlach gan ſgiurſadh,
Lan dubhlachd nan eugais,
'S gaoth ghreannach ga ſtranna'.
Air fairge ghlas ghleannach,
'S i bòchdadh tuinn mhara,
'Na meallanaibh beacach,
Bi'dh fairge ghlas-thonnach,
Mothar, lonnach ri gèiſgeil,
'S ard uiſgeachan bronnach,
Cop-mhollach aig èiridh,
Re luaſgan neo-fhuraſtach,
Gluaſadach, fulaſgach,
'S bruaidhleneach, ſiubhlaideach,
Muir tre chèile ;

XI.

SIUBHAL.

Manntal garbh caitencach,
Stapanach cìar-dhubh,
'S i tonn-ghorm tar-la dainn,
Tiubh lapanach làrgalt,
'S i 'g at' na garbh-bhea naibh,
Gu cnochdanach rangach,
Ri roitlich a's ſtrannail,
Le anail na fiarbhailt :
Fuathas nam fad-thonn,
Sa mhaidin bu leur dhuinn,

Dubh-ghlafach, trom-lapach,
Garbh-ghartach, sèideach,
Gu mafganach, rat-mheallach,
Glac-fhilteach, flap-thonnach,
Strachd-ropach, clais-fhinnteach,
Rochd-fheallach, liath-dhubh.

XII.

URLAR.

Gach bachd dhi air a lionadh,
Gu teudanach;
Bu phailt a cuid ftriana',
Gu geur-chuifeach;
Tre rathanna mìn,
Buill ga'n draogha' dion,
'S cheangailt gu daingean dileas,
A Gleus tharraing,
Slionar tobha caol,
Ploc is rathann maol,
Crocht' air gach taobh dhi,
Mar dh'fheumadh i,
O Stairn mo balla chit',
Sa fior ghoile liont',
Gu crann a's doile direadh,
Na fèin thoifeach.

XIII.

URLAR.

Chuirt i air gach aon achd,
A b'èibheinn leinn,
Le neart air a taobh,
Gu grad-leumanach ;
Chuirt i air a taobh,
Sa ſlios ris a ghaoth,
'S fir beachdail,
'S iad daonnan re ſpeuradrachd ;
Bu gheur-ſheallach ſuil,
Fear chumail na ſtiuir,
'S fear eile toirt uil,
D'a cuid ceumanna',
Sheaſamaid gu dlu,
Gun ghaiſeadh re tùrn,
'S cha bhiodh radhad cùil,
Air an trèigeamaid.

XIV.

SIUBHAL.

Bhiodh ſurd air na gillean,
Nan iomartas còmhladh,
Le dicheall gun mhilleadh,
Gu grinne na ſeola',
Bhiodh eadach ga tharaing,
Le taoduibh air bheannaibh.

Ga ſgaoile re crannuibh,
'S bhiodh deannadh air *Sèonaid ;*
'S iad truſgant nan èididh,
'S iad eatrom an comhnaidh,
Gu direadh nan cranna',
'S gu ceangal na corcraich ;
Gu cap-mhollach, breac-leineach.
Fad thruſach, gartanach,
Seachaideach, ſtoiceineach,
Bucallach, brogach.

XV.

SIUBHAL.

'S iad gaiſgeil gu cruadal,
Fir chuannta mar b'àbhaiſt,
Cha'n fhaca's cha chuala mi,
Sluagh a thug bàrr orr'.
Fir-obair nan cuaintean,
Tha cunnart doibh buailteach,
'S cha 'n obadh iad gſuàſad,
Air ſtuathana sàileach,
Nam fuathas a teanna',
Gur cabhagach càileir,
A togail ſa ſeagail,
Gun eagail gun ſgà orr :
Bhiodh fuaim aig an fheadan,
Sa chuanaird ga fhreagairt,

'S bi'dh croinn nan ſeol beaga',
Gan leagail on àirde.

XVI.

SIUBHAL.

Nuair theid i fo' bhreidein,
'S gaoth geur air a ſgeoit orr',
'S i b'aſtaraich eatrom,
Na *Eelten Bhèinn Dorain*,
Bhiodh *Caoilte* 's *Cuth Chulain*,
Maraon air an uilean,
'S rì h aonach cha b'urainn,
Iad cumail air mòintich ;
Fhuair i uram air luaith's,
Tha mor uaiſle na pòiren,
Muir chaiteanach bhuan,
Sè bu bual di o h òige,
Nam taraing gu rèidh,
Air muir gharanach ſhleiteach,
Cha mailleig i ceum,
Do na cheile bh'aig *Mòrag*.

XVII.

URLAR.

Smor tha bhuaidhen grinn,
Air mo *Sheonaid*,
'S e marcachd air lìng',
A chuan mhoir-bheul,

A nam dhi tighinn gu tìr,
Sa h achdair a chuir dhi,
Bi'dh gaifgich gu h inntineach,
Ceol-mhor,
'S bi'dh furd air leagadh phìos,
Cuir air falbh an fgìos,
'S pòg do chaileag mhìn,
Se bu deònach ;
Deoch flainte na tha uath',
Sior da cha chuir mun cuairt,
'S cha dhi-chuimhnich,
Na h uaiflean ud *Seònaid*.

XVIII.

AN CRUNLUATH.

Be fuaitheantas mo chaileagfa,
Dubh is geal le chèile,
Ri crann geal direach gallanach,
Air èarr mo chaileag fpèifeil ;
Suaimhneas rioghail Breatanach,
Aig fir nach diobradh feafadh leis,
'Nuair dheanadh gaoth dearafan air,
Bhiodh confhadh cas-ghradh geur orr',
Gu b innfgeanach beò-fhearalach,
A 'gioilachadh re chèile,
Bhiodh croinn is fiuil gan teannacha',
'Nuair chite an fgal a' g èiridh,

Luch bèirt is treun a charaicheas,
A dh'faothuicheadh ma balluibh i,
'S 'nuair, rach'an sèid ud thairis orr',
Gum b'fharaft i fo'bhrèidein.

XIX.

CRUNLUATH.

Fir ftiuire leathann leadara',
An t-eagal cha bu deoin leo,
San fuil air fuaradh bi-dheanta',
Cuir mifneach fa'n fhear fgoide,
'Nuair thig i 's gair an as-caoin aic,
Na fraochan caoingheal fadanach,
Cha toir è oirleach fafadh dhi,
O curfa ceart cha fhròin i,
Bi'dh gàir mu guaillen thoifich aic,
'S i copadh na fad glè-gheal,
Ma h arluinn chluinnte 'g ofnuich i,
'S bidh rotall as a diaigh dhi.
Bi'dh fmuis, is fmais gu h aindeonach,
'S gach aifeinn, glun, is ceangal di,
Cha bhi tairn, na lann, na barroinn,
Ann fan darach nach toir èibh aft.
Gur luthar deas na maraichen,
'Nuair theannas iad ri cor-ghleus,
O grunnt thig uifg' le h ealamhachd,
O h uirlinn glanaidh feoid i;

Mar cunntar e mar amaideachd,
Chuala mi mar ſhean-fhacal,
Gun ſtoladh i, 's gun ſgiureadh i,
Na b urainn i ach poſadh.

B'FHHARR leam dol an cuil le caileag,
Na dol a throt ri ſgùirſar caillich,
Teangaidh bheumnach, gheur is i tana,
Is pòinſean na beul mar ghath n'aithreach.

ORAN do Ghillean Mhaoi'linn.

Air fonn, Chunnaic mi'n damh donn 's na h eil-
dean,
Direadh a bhealuich le chèile.

LUINNEAG.

'Naile tha mo run don phàirte,
Gillean Mhaoi'linn caomh luchd Gailic,
'Nàile tha mo ruin don pairti'.

I.

SUD na fleafgaich nach 'eïl mìothur,
Trian don tlachd cha dean mi ìnnfe,
Criodhail, fgairteil, tatrach, cìnnteach,
'S iad nan linneigeadh don Ghàelic.
'Nàile tha mo, &c. &c.

II.

Bannſa leam bhi ann a Maoi'linn,
Ma ri Gillean criodhail, gaolach,
Na bhi'n *Saſgan* ma ri daoine,
Far nach d'fhoghlum iad a Ghàelic.

III.

Bannſa leam a bhi mun cuairt doibh,
Na bhi 'm *Peairt* a meaſg nan uaiſlean,
Sud a bheairt nach dean mi ſuas,
Bhi gamhrac guanagan nan ſràiden ;

IV.

Sud na Gillean a tha ſeaſgar,
Thogadh fonn neo-throm mu fheaſgar.
San tigh òſta ſtoip gan leagadh,
Air ath-leaſacha na Gàelic.

V.

'Nam doibh cruinneacha' ri chèile,
Leam a b'ait e bhi ga'n èiſdeachd.
Ceol bu bhinne leam na Chèiteag,
'Nam dhoibh fhein a bhi's tigh thàirne.

VI.

Slionar ùmaidh th'air a mhachair.
Chuireas mùig orr' ſan dol ſeachad,
'S ceò dùint air grunnt an aigne,
O nach d'altrom iad a Gáelic.

VII.

Bi'dh mi 'g innſe an cliu le teaſtais,
Ann 's gach àite 'n dean mi ſeaſadh,

'S on a tha iad fhèin co freaſdlach,
'S math leam fèin gun eaſuibh ſlan iad.

VIII.

Bi'dh mi gluaſad uatha gun airteil,
'S cha nann ſgi tha mi do 'n cnacas,
Cha d'theid mi air thi na machrach,
Bheir mi ſgriob do Lagan-rata'.

ORAN do dh' Uilleam Lòban agus do'n tinneas Chritheanach.

Air fonn, 'Nuair a bha mi aig an t-ſeiſein.

LUINNEAG.

A bhean an tigh thoir leat an dràma,
'S f iceam bota' agus glòine,
'S cha bhi cuimhn' againn ai gòinn,
Agus àinnis cha bhua: ſi n.

I.

FHAD ſa mhaireas dhomſa ſtòras,
Agus airgiod ann am phòca,
'S fhad ſa d'fhanas mi gun phòſadh,
Bi'dh mi'n còmhnaidh uaibhreach.
A bhean, &c. &c.

II.

Am fear a's mo a ni a ſhaothair,
'Si's mo a ghleideas do'n t-ſaoghal,
Thig fear eile ni a ſgaoileadh,
'S cha bhi caonadh uair air.

III.

Thoir ſoraidh uam gu Uilleam Lòban,
On is gille cridheil còir è,
Nan tarladh è mun a ſtop rium,
Chòrdadh sìnn mun cuairt da.

IV.

Thoir mo ſhoraidh 'n ionnſaidh Bhàird,
Th'ann am braigh bhaile 'n Fhèarna,
Fear is minig a ghabh fàth,
Air tàladh ris nan gruagach.

V.

Am fear is tric a bha gam frèaſdal,
Is cha b'e mhiann bhi as a 'n èaſbhuí,
'S air a mheud 's gan dean è chlèaſachd,
Cha toir sèiſein luaigh air.

VI.

'S iomadh tè rinn feum do dh'Uilleam,
Eadar Duneadain is Lunnain
Far an d'fhuair è céil' a dhunach,
Dh'fhag i muineal cruaidh air.

VII.

'S iomadh ceum a rinn è 'n àſtar,
Eadar Albainn agus Sàſgan,

Agus àit an deach è sèachad
Mun do ghlac è gruamag.

VIII.

Sud an cèile nach ro sòchdrach,
Chuir i è fhèin o chòſnadh,
'S on a dh'èirich dha bhi sòchrach,
Tocharadh cha d'fhuair è.

IX.

Sud an ceile nach ro grèannar,
Thug è dhachaidh thun a ghèamhraidh,
'Nuair a ſhineadh i air drandan,
Thigeadh grèann an fhuachd air.

X.

Cha chuala ſinne leithid a chèilidh,
Sa thug Uilleam th'ar Duneadainn,
'Nuair a ſhineadh è air gleus,
'Si ſhein a bhiodh an uachdar.

XI.

Bidh è air chrith cho luagh re duileig,
'Nuair a ſhìneas i air tuire,
Chuir i nial an aoig air Uilleam,
Solc am buill' a fhuair è.

XII.

Gur cruaidh fhortan a bha'n dàn da,
'Nuair a ghabh è ceiſt air gràineig,
Dh'fhag i dh'uireas'aidh air ſlàint' e,
'S dh'fhag i bàn a ghruaidhean.

XIII.

Chail e mhiſneach 's dh'fhàs è dubhach,
Agus dh'fhag i è fo' chumha,
Thug i dheth an direadh bruthaich,
'S thug i 'n fiubhal luath dheth.

XIV.

Fhuair è i gun fhios da chairdean,
'S cha tuigeadh i facal Gàilic,
Struagh a rìgh nach d'rinn é fàgail,
Air taobh thall dhruim-uachdair.

XV.

B'e bhann-faſganach gun nair i,
'S fhada lean i è air fhaileadh,
'S duilich leam nach d'fhuair i bàs,
Mun d'thug é nall gu tuath i.

XVI.

Cha 'n 'eil feum bhi g'innſe nàduir,
Si's dona th'ann ſan àite,
Ach a nis on rinn i fhágail,
Tha è làidir uaibhreach.

XVII.

'S math leam fhein gun d'fhalbh i rithiſt,
'S mor a chaomhainn i dhomh bhruithinn,
Cha d'rug i dha mac na nighean,
Ge d' chritheadh i luath air.

XVIII.

'S ge do bhiodh i na bànntraich,
Cha bu mhath leam i bhi teann orm,

Tha i coltach ris a ghèamhradh,
Tha i crànntaidh fuarail.

XIX.

Fhuair è nise cuibhtes breunag,
Olc air mhath le mhuinnter chèile,
Sa Shasgan cha d'theid è fhèin,
Gu t'eile thoirt am fuadach.

XX.

Nuair a thig an fheill-màrtainn,
Bithidh è criodhail mar a b'àbhaist,
Ghuidhinn fhein gum biodh i bàght',
'S guidhidh càch an-uair dhi.

XXI.

Lion am botal dhuinn le fàilte,
Ach gu 'n òl sinn a dheoch slàinte,
'S na biodh curam ort a paigh,
Ge bu chàrt da-uair è.

ORAN do theaghlach Choire-mhonaidh.

Air fonn, " Wat ye wha I met yeſtre'en."

I.

'NAILE 's miſe th'air mo ſheòl,
'S Gar mor ma chòir air criodhalas,
'Slionar neach a bhiodh do m' chàil,
Nach tar a bhi cuir bruithinn air,
'S mi bhi ſmuaineacha' gach là,
Gum bheil mo chairdean fritheailteach,
'S ge do bhithinn 's ann ſa chèo,
Se Coire-mhonaidh 's dlighe dhoibh.

II.

'An Coire-mhonaidh b'e mo rùn,
Bhi ann an cùil am ſhuigh ann,
Far an cluinein fuaim am beoil,
'Nuair thòiſicheadh a bhuithinn ud,

Bu toil-inntineach an ceol,
'S bu mhor an sòlas cridhe dhomh,
A bhi ga'n amharc mun na bhòrd,
'S na h òrainean gan fuidheacha',

III.

Bu bhinne leam na fuaim nan teud,
An guth bu mhilfe bruithinn ac,
'S iad is grinne theid air feòl.
Nan fmeorach le cuid ribheidean,
'S bi'dh gach focal mar is còir,
A' tighinn gu'm beoil on criodhachan,
Le nàduir thaitneach phailt gu leoir,
San dochas mar bu chuidhe dhoibh.

IV.

'S 'nuair theid Alaftar air ghleus,
Gur tearc am beul ni aithris air,
'S b'e toilinntin Thighearna Ghrannt,
'Nuair dheanta an rann a gabhail da,
Cha'n 'eil ann an deas nan tuath,
Na chuireadh duan na laighe ris,
'S mor a thlachd am measg daoin' maifi',
'S geur-bheachdail cruaigh gu labhairt è.

V.

Agus *Fear Tagraidh* mo ghraidh.
Gun cuir mi fàilte fhathaift air,
'S o chaidh è *Dhuneadain* uainn,
Gur beag mo ghruaim on la fin,

Cha'n 'eil Granntach ſan taobh tuath,
Co fada ſhuas ſa chathair ris,
'S fhearr leam fhein na mile *crun*,
Gun d'fhuair è tus an rodhaid orr.

VI.

Sa h-uile h aon dhiu b'e mo mhiann,
Bhi dionach ann nan ath-eadach,
Sa chuid diu nach 'eil ſan tir,
Toilinntin ann nan la dhoibh,
San deoch ſlainte mun a bhòrd,
Gum bheil na ſleoir a gabhais i,
Sa h uile h aon nach dean a h òl,
Gun tuit an t-ſron gun athadh dhiubh.

VII.

Do Choire-mhonai' ſoraidh uam,
Mun d'theid mi ſuas a rithiſt ann,
Gu *Miſs Sine* coiſinn cliu,
'S bu mor a chuirt domh bruithinn ria',
Dheanainn gnothach air a cùl,
'S cha bhiodh an turn ud mi-thapaidh,
Sa deoch ſlainte le mo dheoin,
Gur miſe dh'olaidh criodhail i.

VIII.

'S cinnteach mi ged dheanainn pàirt,
Le dan a chuir 'an uigheam dhoibh,
Trian do 'm buaigein 's don is lèir,
Dhomh fèin gad dheanainn bruithinn air,

Struagh nach mife th'ann am *Bhàrd,*
'S nàduir gam fhìor fhrithealadh,
'S dh'innfin beagan do mo chàil,
Sa 'm pochda' chaich cha bhithinn-fa.

IX.

An teaghlach rioghail, fior-ghlan, àilt',
Gu fgiamhach, pàirteach, aoidheachail,
Gu miofail teifteil, feafmhach ard,
Gu luthar, làider, uigheamail,
Gu furdail, muirneach, cuirteil tlà,
Gu h iochdmhor, gràdhach, fuigheachail,
Gu faoilteach, caomhail, caoin ri càch,
Gu fugach, làn, caomh-chridheachail.

X.

'S iad fuilbhear' ait, làn tlachd gun ghruaim,
Gu foirmeil, buaghail, aigeantach,
Gu fgairteil, macant' mar bu dual,
Gu taitneach, fuairc, neo-abarach ;
Gu ceolmhor, òlar, feòlta, buan,
Gu fearail cruaidh, gun raigeantachd :
Gu tuigfeach, glic, lan meas an uaifl',
Gu bruidhneach ftuaim gun bhabarachd.

XI.

Cha b'ioghna' ge d' a bheirinn fpèis,
Don dream a threig an atharfachd,
Ceann uigh phiobaran is *Bhàird,*
'S nach fhaic a Ghàilic fhathabach,

Bha i roimh fo 'na tràill,
'S cha rachadh fâilt' a ghabhail di,
Ach tha i nise fas fo' bhlàth,
'S i meangach lan neo-authaltach.

XII.

Ge b'e dheanaidh riu ftrì,
Na chuireadh mi-ghean rathaid orr',
Air a mheud s gam biodh dhiu am,
Gun d'thugadh *Ghranntaich* tabhaich dhiu,
'S Coire-mhonaidh ann an fpàirn,
Cha bhiodh mo dhèann co athaifeach,
So liuthaid curaidh treun gun fhèall,
A ruifgeadh lànn an la fin.

XIII.

'Slionar fine fan taobh tuath,
A bhiodh an cruadal catha leò;
A fheafadh leo'm bog fan cruaidh,
Ged' bhiodh am fuachd fam padhadh orr',
'S foth bhreachdan an fheile' chuaich,
Gu'm biodh an fluagh co aitheireach,
Gu h eatrom, tapaidh, fgairteil luath,
Sè las mun cuairt dam meadhonaibh.

XIV.

'Nam dhoibh cruinneachadh gu lèir,
Gu laider treun neo-athaifeach,
Bu bheag 'm fharmad ris an dreàm,
A bheireadh beum mi-chathair dhoibh,

Bu lionar colainn ann gun cheann,
'Nuair bheireadh Granntaich la dhoibh,
Piob ga ſpealadh frol ri cràn,
'Nam tarraing lànn gu ſgathaireachd.

XV.

'S truagh nach miſe dhiongadh triuir,
'S gun rachaiun dlùth 's cha b'ionghantach.
Le gunna Glaichd 's lann glas rim thaobh,
'S biodag ùr gun ſitheadh innt,
'S fhad ſa mhaireadn dhomſa lùs,
'S luaidh 's fùdar chitheanach,
'S paithir chrochdan ri mo cheann,
Cha rachainn càm ſan t-ſlighe ſin.

XVI.

A bheann an tigh thoir leat an ſtop,
C'ar ſon nach ol ſinn fhathaſt i.
Air ſlaint' Alaſtair roimh chach,
A choiſinn gradh gach ceathairneach,
Seumas og mo runſa dha,
Nach d'thugadh tàir 's nach gabhadh i,
'S mor thoilinntin do gu brath,
Oir 's mac' an aite an athair e.

AISLING a chunna Mac'Cullach an oidhche Mun deach a'n ath na teine, agus a chainnt a bha Eatorra, air a chuir ſios ann an deagh riaghailt, agus a bhron ſhein ga chuir 'an ceill. A chaoi air ſon na dh'eug do theaghlach Dhun-machd-glais, agus a' moladh na dh'ſhuirich.

I.

OIDHCHE dhomh 'a mi 'm ſhuan am chadal,
Smuaintean truagh a' gluaſad m'aigne,
Mo chridh' air feòl mar neoil na maidin,
'S mi air fonn mar long nach ſtadadh.

II.

Chunnachdas bruadar, ſtruagh mar thachair,
Theirig m'aoibhneas dhomh a's m'aiteis,
Air faicinn uam, o bhruach mo leabach,
Seann duine liath triall air bata.

III.

Gun ro m'inntin fhèin lan farrain,
'S thuirt e ris nach tiòm dhuit tarraing,
Sgeula do chreich feadh a bhaile,
Sluagh na tìre, ſior gu d'fharraid.

IV.

Thuirt mi fhèin le mi-ghean taluich,
A bhoduich fiubhail uam le cabhaig,
Mun dean mi mar dhuais do d'fhanaid,
Le iaran fuar do chluais a ghearradh.

V.

Mhic' Cullach bith ſiobhalt tairis,
Fag a chluais 's na luaigh am faillein,
'S bi ann an fith 's gun ſin mi m' anail,
'S gun dean mì mo ſhìnnſir aithnicht.

VI.

Do ſhinnſir cha'n fhiach leam fharraid,
Bheir mi ſtuaimein dhuit ſa mhaluidh,
'S nam biodh m'fhiachlan trian co fallain,
Rachainn ſios 'ſgun ſpionainn t-eanach.

VII.

Mhic'Cullach cuir ſrian ri d'theangaidh,
Seol mun cuairt mun buail thu thairis,
Dod' a ſhinnſir dhiong mi caraid,
Ann ſan tìr ri linn do ſhean-athar.

VIII.

'S mo bha thu ann ri linn mo ſhean-athar,
Feuch an inns thu d' thir 's do ſhloinneadh,

'S mu tha thu dìleas do Mhac'Coinnich,
Theid mi fhein le pios a d' choinneamh.

IX.

Tha mi dileas do na h uile,
Gan cumail o chall 's o chunnart,
'S gur è m'ainm fan t-fheanachas chumannt.
Freafdail, sìth, taobh mìn is molach.

X.

Thuirt freaftal rium cuir geaird air t-onair,
On tha farmad aig an dorus,
'S è gach là air fàth do dholaidh,
Bi fo' t-airm neo-chearbach ullamh.

XI.

Eirich tog do bhat' 's do chòta,
'S amhairc gu geur-bheachail còmhnard,
An àth na lafais 's as don Eorna,
'S dhibir m'aifling a's thachd mo chòmhradh.

XII.

Nam dhomh dufga' ann fa mhaidin,
'G amhrac uam o bruach mo leabach,
Chlifg mi luath 's nach d'fhuair mi 'n aifling,
'S chuir am bruadar gruaim air maigne.

XIII.

Bu mhor mo bhròn a choir an fheafgar,
An àth na fmùid, gun duil ri teafairg,
'S naci' boll' Eorna is cor ga leafach,
Dol na cheò mar dhorduich freafdal.

XIV.

'S mairg nach biodh a ghnà fo' eagal,
'S feudaidh mise rà' gun teagaidh,
Cha chluinn cach sgal àrda m'fheadain,
O chaidh 'n àth na clàraibh beaga'.

XV.

'S muladach mì 'g innse m'fharrain,
'S fios mo bhròin gun leòn e caraid,
'S mo dha chroc, se choir am falach,
Mun toir luchd fuath iad uam a dh'aindeoin.

XVI.

'Struagh nach ro mi'n toll fo'n talamh,
Na air long air cuaintibh sallain,
Far nach cluinneadh càch mo ghearan,
Mo chridhe trom am chòm is smal air!

XVII.

Struagh nach eil mi fad' air m'aineol,
An Eilean o chàch, fàs gun fhearrann,
'S dh'fhagainn *Clèarag*, deurach galach,
'S mise 'g èisdeachd, sèitrich mara.

XVIII.

'S cha 'n iarrainn ceòl, ach bròn mar chaithrem,
'Sa chailleach òidhche gleadhruich math rium,
G' eisdeachd steadhruich mhucha mara,
'S bhiodh an ronn ri bròn le langan.

XIX.

'S dheanainn caoi', a chaoidh rim mhaireann,
'S le mo dheoin cha'n olainn drama,

'S mo ſmuaintein bà air ſgà Shrathnaarran,
An ro' mi'n tus, 's mi òg am' leanamh.

XX.

Thoir ſoraidh uamſa, ſuas le cabhaig,
Gu ruig an *Dun*, gu cuirt *Miſs Anna*,
Ceann na ceill', 's mi fein nach d-aithnich,
A dh'aindeoin fuathais, gruaim na maluìdh.

XXI.

Tha i ſuairc, is bu dual di'n earail,
On dream uaibhreach, uaſal, aithneal,
Braighich an *Dùin*, ſan cùl ri talamh,
'S mor mo ghruaim, 's nach buan dha'm fearaibh.

XXII.

Mo chridhe ſteach, mar chlach am moindich,
'S mi fo' ghruaim, 's nach buan an *Còirneal*,
'An *Dun-Mhac'glais*, tha aitreamh ſloghail,
'S chuir è tlachd air *Gaiſg* nam moine.

XXIII.

'S mis' tha faoin's nach fhaod mi talach,
Caoineadh na tha marbh ſan talamh,
'S na tha beò, tha'n dochas fallain,
'S iad a còmhnui' dhòmſa tairis.

XXIV.

Sud mo rùn, 's mo ſhuil ri caraid,
Oighr' an *Dùin* mo dhurachd mhath dha,
'S buan a chòir, 's tha'n òige ma' ris,
'S thug è 'n dualchais uath 's gur math leam.

XXV.

Bu dual da fèin bhi tèoma gramail,
Caomh ri tuath, 's ri uaiſlean fearail,
A' g'ol air fion, bu mhiann le ſhean-athair,
Ann an *Dùin* nam fìuran glana.

XXVI.

Buithinn mo rùin, o *Dhuin* nan gallan,
Struth na h uaiſl' mun gruaidhibh meallach,
Buithinn gun ſgà, gu bràth nach fannaich,
Len lanna geur fo'n ſgè bhric bhallaich.

XXVII.

'Nam dol a mach le feachd gu comhſtri,
A *Dùin Mac'glais*, le gaiſgich ſhonruicht',
Am muirn ſan tlachd, fo' bhrat nan *Toiſeach*,
Braighich ghaſt, ſan *Cat* ri mor-chrann.

XXIII.

Ga mor mo bhròn, thoir dhòmhs' am botal,
'S air Oighre 'n *Dùin*, cha chunnt mi coſlas,
A ſhlainte mun cuairt, ſuas an copan,
'S Braighich nan ſteud, 's treun na gaiſgich.

RANN air Tiom.

Ach gun reò' * Loch-nis le fuachd,
Sam bi'n cuan na thalamh treabh.
Ann Tiom a chaidh feachad uainn,
'S dualach dha nach d' thig è 'n fo.

Ge air bith mar chleachdas finne an Tiom.
Cha d'thig uair dheth ris air ais,
Tha e ruith 's cha ghabh è èis,
Mar ghrein 's na fpeuruibh fiubhal brais.

Ged' dheanadh finn uaill afainn f hèin,
Mar mhealladh finn an Tiom air falbh,
Thig uair eile a mheallar finn,
Ge d' tha Tiom a' fuireach balbh ;

* Lochnefs, and the river flowing thence into the fea, never freeze, even in the coldeft days of winter; both loch and river emit vapours.

Mas a codal dhuinn na duiſg,
Aigheir na ſugradh na ceòl,
Cha chum ſud aìr ais an Tiom,
'S cha d'thig air bonn ſgios na leòn ;

Ga mor leat òig-fhir do neart,
Cumaidh Tiòm riut gleachd gu bràth,
Gaiſgeach treun nach cumadh feachd,
Foſglaidh è an geat' don bhàs.

Gaiſgeach a bheir buaigh gu lèir,
Air a chruinne chè air fad.
'S è gun fhocal as a cheann,
Ruith na dheann 's cha dean è ſtad.

Gaiſgeach gu brath nach gabh ſgìos,
'S gheibh è air mìltean buaidh,
A's bheir e gach ni gu crioch,
Sa chaoi cha ſtrìochd è do'n t-ſhluagh.

Bheir e gu dòras a bhàis,
Gach neach a bha na bhitheas ann,
Se is ſine chunnacas riamh,
'S cha'n 'eil goiſtein liath 'na cheann ;

Cha d'fhailnich ſealladh a ſhùil,
Tha e 'n neart ſan lùs ſam feum,

Amharc air cha 'n fhaod an aois,
Se is fine nan aois fein.

Slionar neach a tha gach là,
A' fanaid air le tàir gun mhios,
Sa cheart co cinnteach fa tha 'm bàs ;
Ni e ni nach fhearr mar meas.

Fuilgidh e beum, 's cha chan e guth,
Is cha chluinner puth as a bheul,
Cha d'thoir è tair do neach fam bith,
'S e neo-chiontach a' ruigh na rèis.

Aillteach an duine cha'n fhiu,
Is gnuis na h oige mar am feur,
Sa dh'aindeoin tlachd ga'm bheil air ni,
Cuiridh Tiom doibh as gu lèir.

Ceart mar tha'n Tiom a' dol uainn,
Theid finne co luath o Thìom.
'S 'nuair a fhealladh finn air ais,
Chi finn e fad' os-ar-cinn.

Cha'n 'eil ball do'n chruinne che,
Ann 's nach eil e fein gu tiugh,
An Tiom a bh'againn an dè,
'S fhad' as è uainn fein an diugh.

Uime fin glacaidh cèil,
Seallaibh romhaibh fein 'an ann,
Agus fuafglaibh an Tiom,
Co fad' fa tha Tiom ann.

Comhairl Aràidh.

Comhairl bheirinn duit a dhuine,
Thu bhi buileach mu do fheanachas,
'S do theanga' a chuir fo' gheafan.
Air eagal 's gu 'm bi i cearbach ;
Ge bi leis am b'àill a chliu',
A cumail gu dlù gun fpot,
Cumadh e uaigneas ris fhèin,
Mun eirich dha beag-an-toirt :

Air fmuainnibh do chridhe, cuir fmachd,
Mun faigh do choimhearfnach beachd,

Mun can e na chridhe ſteach,
Gur amadan thu gach achd.
Mo bheir thu do ſhaorſainn gu lèir
Do d' choimhearſnach fèin do ghnà,
'S lughaìd do mhios air a chùl,
A mheud ſa thug thu do d' rùin da,

Ma dhinnis thu ſeanachas gun mhath,
'S gun leaduich è le droch bhreith,
Nan cumadh tu toſtach do bheul,
Dh'fheadadh tu fhein a chleth.
'S minig a chuala mi tric,
Mu amadan na mi-thoirt,
Gum biodh è an còmhnuidh glic,
Na'm biodh é 'n comhnuidh na thoſt.

ORAN do na bhàs.

I.

SMAIRG nach bitheadh fo' chùram,
Fhad's tha tiom agus uin againn da,
Agus aimfeir na h òige,
Mun d'thig mulad no bròn air ar fga,
Gum bheil eedal a pheacaidh,
Gar cumail a lea-taobh air gràs,
'S ge d' tha finn co uaibhreach,
Cha'n 'eil mionaid no uair na ar laimh.

II.

Faodaidh Sinne bhi cinnteach,
'S co tric fa chaidh innfe dhuinn mar tha.
Gum feumar leinn làbadh,
'Nuair theid roghann thoirt duinn o na Bhàs.

'S ge d' a tha finn gun churam,
Gur fheudar dhuinn cunntas thoirt dà,
'S mo ghleibhear finn èatrom,
'S mor ar mulad 's nach fhéadar leinn tamh.

III.

Ach fe barail an t-fhaoghail,
Gum faod iad dheth fhaotainn ni's fèarr;
Agus barail na h òige,
Gum bheil tìom an gu leoir, agus dàil,
Gè b'è fheallas fan t Sheapal,
Gheibh è uaigh ann a fhreagaras dhà,
'S cha'n 'eil fios co is cìnntich,
An neach a tha tinn na tha flan.

IV.

Ach na bio'maid co feaghach,
Agus feoltainn nar diaigh ri càch,
A liughad aon a chaidh romhainn,
A thoirt cunntais nan gnomhaichean da,
Na h uile linn a chaidh feachad,
Chaidh 'n ioman a 's teach leis a Bhàs,
'S faodai' finne bhi cinnteach,
Nach dh'fhag è finn fhèin ann ach-gearr.

V.

Bi air do gheard 's thoir an aire,
Nach cuir t-aineolas maill' air do chail,
'S na bi faoilfinn le doille,
Nach iomair thu coinneamh thoirt dà,

Ge d' racha' tu ge t-fholach,
Gu iochdar an talamh gun dàil,
Cha d'theid thu as a fhraodharc,
Ge d' a bheireadh tu oirp' na dhà.

VI.

Thoir an aire is bi feòlta,
'S na mealladh do chleòc thu gu bràth,
Bha na maighdeanan gòrach,
Ann am barail co mor fa bha càch,
Cha'n aithnight' air am bruithinn,
Co aca do'n dithis a b'fhearr,
'S 'nuair a thainig fear na bainnfe,
Cha robh ola nan lampachan do.

VII.

Na maighdeanan feaghach,
Nach ro' cinnte mu taghadh ach gearr,
'S iad a feitheamh fo' churam,
San cuid lampachan duinnte 's iad làn,
'S 'nuair a bhual e fan doras,
Bha iad ullamh gu folas thoirt dà,
Sa chuid nach robh glic dhiu,
Chà'n fhaodadh iad teachd air a fgà ;

VIII.

'S ionann fud's mar a dh'èireas.
Ma theid thu air chèili gun bhat,
Lan mulad is èiflean,
Agus t-ionracas fhein ort mar bhrat,

'Nuair a thig ort an gèamhradh,
Ni 'n reotha do chràmpa' ſan ſneachd,
'S 'nuair a theid thu ſan lèine,
Cha d'thig aitibh na grèin' ort a ſteach.

IX.

Ge d' ro eòlas an fhacail,
Agus còmhradh ro bhlat' ann ad cheann,
Cha dean è dhuit taice,
Mar bi ol' agad taiſgt' ann ad làmp,
'Nuair thig deachainn a bhàis ort,
'S tu gun toradh, gun bhlà' ort ach gann,
'S ma gheibhear gun ghràs thu,
Cha 'n 'eil neach a ni cairdeas dhiut ann.

X.

Uime ſin dean do dhicheall,
Gus am faigh thu do ſhìth dheanadh trà,
Fhad's tha gealladh air tròcair,
Ann an talamh nam beò's tu 'ad'ſhlaint,
On thainig am feaſgar,
Sa ghrein cha dean ſeaſamh na tamh,
'S mo theid i ort fotha.
Cha leir dhuit do ghnothach ach gèarr.

ORAN don LUING.

Air fonn, Tha mo run, le deagh iùl,
Do luchd giulan nam breachdan,

LUINNEAG.

'S beag mo ſhunt ris an lìunn,
Moran bùirn 's beagan bracha'
Bannſa leam caiſmeachd mo rùin,
Air cuan dùghorm le capul.

I.

GE d' a tha mi'n diugh gun ſpèis,
'S mi'n Duneadainn gun taice,
Stric a bha mi meaſg nan ſeoid,
Cluich' an òr air na cairtean.
'S beag mo ſhùnt, &c. &c.

Bha mi uair bha m' chaìrdean ann,
Dh'fhalbh an t-àm is chaidh è feachad,
Sa nis cha'n fhaic iad mi ſan ròd,
On tha mo phòca' ri acain.

III.

Ge d' a tha mi ann ſan àm,
Air ma chrampa' le aſtair,
'S minic thug mi greiſean gàrbh,
Air an fhàirge ga maſgadh.

IV.

Greis le beachd a deanadh ìul,
'S greis cuir ſiuil ann am paſga',
Greis air iomairt, 's greis air ſtiuir,
'S greis air chul nam buill-acuinn.

V.

Se mo ruin na fearadh gleuſt',
'S iad nach trèigeadh 'an caitean,
Chluinnte langan nam fear òg,
'S iad nach deonaiche gealtachd.

VI.

Tha'n cridheachan farſuing mòr,
Stric a dh'òl iad na bh'achda,
Damhſa is Inghinnen a's ceòl,
'Nuair bu choir dol gu 'n leapaidh.

VII.

Bi'dh iad gu fuireachar geur,
Nam don ghrein dol a chodal,

Ceileireach, luinneagach rèidh,
'Nam dhi èiridh ſa mhaidin.

VIII.

Si mo ruin an capal grìnn,
Rachadh lèinn ann ſan aſtair,
'S taobh an fhuaitheis os-a-cìnn,
'S muir ri ſlìom taobh a'n fhàſgadh.

IX.

Greis a bhiodh i fada ſhìos,
Ann an ìochdair nach fhaicht' i,
'S greis a bhiodh i 'n aird nam fri,
'S i cuir dhì air a leataobh.

X.

Si nach pilleadh gun chian-fà',
'S i neo-ſgàthach gu frachda',
A gearradh thoinn, le geur roinn,
'S cudthrom gaoith air na ſlatan.

XI.

'Nuair a chuirt i air a dòigh,
Sa cuid ſeoil ris na ſlatan,
Chuirt' a mach an t-eadach ſgeoid,
Sud a ſròin ris an as-caoin.

XII.

Bhiodh i turrapan gun tàmh,
'S chluinnte g'ànaich ſo'n t-ſhachd i,
'S bhiodh gach glun dhi dol fìllt',
'S chluinnte bi'd aig gach aiſinn.

XIII.

Chite mùir na tonnan àrd,
'S chluinnt' i gàirich gu farfuing,
'S bheireadh ronn ard nan fteàll,
Buille thròm ann na h achlais.

XIV.

Ann an afcaoineachd è chuain,
'S ann am fuathas na fraife,
Thugaidh faiceil air a ghaoth,
Fheara' gaoil cumaidh rag è.

XV.

Chluinnte farum aig an fhairg',
Molach garbh ann an ath-fith,
Beacach, rangach, torrach, fearbh,
'Strannach, anabharach, brais i.

XVI.

Buill bu treis don chorcraich ùr,
Croinn don ghiubhfaich bu daite,
Eididh cheanb' nach biodh meanbh,
'S chite geala-dhearg a bhrataich.

XVII.

A diaigh cogaidh thig an t-sìth,
San diaigh bìadh thig an t-ocras,
An diaigh na maidin thig an òidhch',
San diaigh òighre thig aitibh.

AOIRE do dh' Alaſtar Mac'antoiſich. Ann an Canntra'dun air ſon e bhi na dhroch olach.

Air ſonn, Fail illirinn o h ir,
'S na h uil ou ro i.

I.

ALASTAR mhor Mhic'antòiſich,
Cha d'theid do chomhradh air chùl,
Se dh'fhag duilich ſan àm mi,
Thu bhi'n *Canntra'* n *Dun*,
Am an ionad nan uaiſlean,
Air nach cualas mi-chliù',
'S chuir a chuibhle car tuathal,
'S tha annthlachd 'an uachdair cùis.

II.

Ga mor leat do bheirteas,
Cha toir thu leat è fo'n ùir,
'S beag a dh'aithniche tu * lea-chrun,
A chuir a leafacha' cùis,
Ge do chaidh mi chuir fáilt' ort,
Cha robh do chàirdeas ach mucht',
'S beag an t-ioghna fud leinne,
'S gur tu is gionaich nan cù.

III.

Cha'n 'eil luch ann an Daltlaich,
Nach d'theid do Channtra 'n Dun,
'S gheibh iad pailteas gun taing dhuit,
O n tha thu gann ri luchd ciuil,
'S ge d' a chuirt thu air fpartan,
Air fior bhraigh ‡ Eis nan fmuid,
Cha'n 'eil Fili na Bard,
Bheir fios gu brath thu gu ùir.

* When the Author was going about taking in fubfcriptions, coming to Cantry Down about dinner-time, he thought that he would not be allowed to go away hungry; but he foon found it otherwife: for when Mr M'Intofh came to the door, he not only denied him his fubfcription, but defired him to go away from his houfe.

† A cafcade, called Fall of Fires, where all the waters on the weft fide of Stratheric meet together, and, running through a narrow paffage, between rocks, from a conficerable height, form a cafcade, the waters of which, by the vaft height from which they fall, emit a continual fmoke. This natural phænomenon is fo very remarkable, that people from all parts of Britain come to view it.

IV.

Ach on a tha thu' ad' phiccar,
'S gun robh thu miothur don *Bhàrd*,
Cha'n 'eil † *ceolraidh* 'm *Parnasas*,
Nach bi bagradh do chàll,
'S mo gheibh *Neptune* air fairg' thu,
Ni e garbh i le ſtâirn,
Is cuiridh *Vulcan* na theine,
Cop-gheal deireadh gach ſteàll.

IV.

Ach na biodh tu air t-fhàgail,
Am braigh *Lochabar* nam beann,
Fo' bhinn do luchd mi-run,
Cha bhiodh tìom dhuit ach gann,
Cuid a dh'iarradh do ſhlìobadh,
Cuid do ſgrìobadh le àing,
'S do dheanadh mìn mar an cathadh,
Le dion chaitheamh nan lànn.

V.

Bu bheag an diubhail ged' fhaicinn,
Thu direadh a mach ri gleànn,
'S balg a cheaird, le chuid acfuinn,
Na phoca faic ort gu teann,
Srann do chleibh a toirt farum,
Ga'm freagra' mac'talla charn,
Sgùm ruagh mu do ghoilleas,
'S do dheireadh a gearradh bhram.

VI.

Struagh nach fhaicinn air fèill thu,
'S na ceudan ann air do thòir,
'S gu'n racha d' ruigh tre na † ſlatan,
'S gun cailleadh tu'n craicionn beò,
'S do dhruim a ſhuathadh le ſgait,
Ach gun cuireadh é ſgairt 'a d' t-ſheoit,
'S gun racha' na th'umad don' chat,
Le gaoir a mach air do ſhròin.

VII.

Ge d' bu bhàs duit mar chrioſtaidh,
Cha b ionan 's mar dh'iarruinn duit,
Ach eadar eachaibh do ſtiolladh,
As bhiodh farum aig triall do chuirp,
Do cheithreamh mionaich a ſpionadh,
Is minic a lìon le glut,
'S do cheann a ſpadadh do d' ghuaillibh,
Mar chluais do chuilean na muìc.

VIII.

Ach nam faighinn mo roghainn,
Dhuit a thaghainn droch àm,
Agus miltean cuir beachd,
Air olc a pheacaidh air cràn,

† A cuſtom formerly among the Romans for puniſhing offenders, called runing them through the rods. It was done thus: They made two files of 285 men each, facing one another, each with a rod in his hand, with a ſmall interval between them for the offender to run in, every one laying on as he paſſed along.

Bhi gad' fhaicinn air ſpiocaid,
'S do theangadh chiotach gun chàinnt,
Sgornan farſuing na faoille,
Dlù ri tòinneadh nam bàll.

IX.

Smairg a ſhaothraich as t-òig' ort,
A ſgamhain òlaich gun mheas,
'S diombach miſe do d' chàirdean,
Nach d'rinn do charadh ni's meas
O nach d'thug iad na sùilean,
A ceann ùmaidh gun iochd,
Struagh nach d'rinn iad do bhàthadh,
Am mèn do mhathair gun fhios.

X.

Ceann glogach is farſuing,
Air amhaich fhada'n eich ùiſg,
Oſcionn collainn a mhadaidh,
Soic fhada na mùic,
Sanntach, goileamach, mìothur,
Teanga' mhìn ſam bheil ruichd,
Cridhe cealgach gun chùram,
Tric lium agus leat.

XI.

Reotha a's cranntachd gad' bhualadh,
'S onfhadh cuain duit gach là,
Ach gum fas thu co uamhorr',
'S nach fuiling ſluagh thu gu bràth;

'S gu'm bi do chairdean am ſuath 's tu,
'S gun dean iad t-fhuadach on ſgà,
'S nach fhaigh thu furtachd ſan t-ſhaoghal,
Mar d'thig an t-aog ann ad dhàil.

XII.

Alaſtair chonnaich chraoſaich,
Air nach taobhaich an dealt',
Cha bhithinſe toilicht',
Ge d' thilgte 'n coir thu nan glaichd,
'S ge d' a chuireadh an Donas,
An toll tor' thu le ſgailc,
O nach rachadh do phronnadh,
Mar chraoibh chonnaidh le bat'.

XIII.

Struagh nach fhaicinn air ſgeir thu,
Agus ſeilein 'ad' chluais,
Agus luch ann 'ad' t' achlais,
A' cuir a h-athchuinge ſuas,
Gun cuireadh iad clach.
Ann do chraois farſuing gun bhuaigh,
'S gun d'thigeadh an fheannaig,
Gu barr na teanga' thoirt uait.

XIV.

Bu bheag bu mhiſte do dhùthaich,
Ge d' a ſhiubhhla' tu as,
Agus imeachd air fairge,
Air tuinn gharbh nan ſteall brais,

Air long gun iomairt gun daoine,
Gun ſtiuir, gun eadach, gun ſlat,
Chor 's nach fhaicte gu bràth diot,
Ach do thâchran air ais.

XV.

Ach nam faicinn thu marcachd,
Air ſeann chapal 's i lòm,
Gun ſrian, gun diolaid, gun * chas ròp',
'S i dol a Shaſgan 'na ſteàll,
'S a'n † èill-bhuinn ann na caſan,
A cuir a h aigne air fònn.
Gu dhol mìle le breunan,
Sios fo' èiridh nan tònn.

XVI.

Slionar neach a bhiodh èibhinn,
Na'm b'è 's gun èireadh ſud dhuit,
Gun togadh na ‡ sìthchean,
As an tìr thu nan uchd ;
Cuid ge d' ſgathadh le dùrachd,
'S cuid ge d' ſgiurſadh le cuip.
'S do thilgeil'an Eirinn
Air chùl greine am bun cnuic.

* Stirrups made of hair, which the ancient Caledonians uſed when riding.

† The fairies,—imaginary beings.

‡ Juſt as if a perſon put his feet on a hot coal at the fire-ſide he would jump and dance as long as his ſole kept the heat.

XVII.

Sgrios an t-ſneachda roimh aitibh,
Air do chratuich gach lò,
Ach gu'm fas thu ad' ſgallpan,
'S gum fal am falt diot is tu beò,
'S gaoth an iar an droch fhaſga',
Dhol eadair do chnaicinn 's t-fheoil,
Ach gun cuir thu punt *Tombaca*,
Na ſmuid a mach air do thoin.

Comhairle do ghill' òg air dha a bhith gle ghorrach, agus a toir moran toirt do na Caileagan, agus le sin fhuair e ainm a bhi na Dhròbhar.

Air fonn, Cabar Feigh.

I.

Ach a nise o'n a thèig sinn,
Le chèile bhi tairiseach,
Bheirinn comhairl' fheumail,
Dhuit fhein an san dealachadh;
Na toir do ruin gun rèasant,
Do thè dheth na Caileagan,
Oir 's duilich leam gun d'èist mi,
Droch sgeulachd air fearaigein;

Na bi co tric, a' dol na meafg,
Mar chraobh gun mheas, na caileagan,
Ge d' fhaoileadh tus, gun ro iad dhuit,
Co mìn ad t uchd ri bainne dhuit,
Nam fuidh fteach, le aoibhneas ait,
Ri cuir mun feach nan dramachan,
Bi'dh cuir nam cinn a' g èiridh,
'S gach tè dhiu ri fanaid ort.

II.

Tha na gillean òga,
Nan dochas co amaideach,
'S iad le'm barail ghorrach,
'An tòir air na caileagan,
Ach fhad fa bhios an fuilean,
Co duinnte, cha n aithnich iad,
'S cha 'n fhaic iad § Gloc-air-garadh,
Ged' tharladh i maille ris,
A chaoidh cha'n fhaic è,
Iad co ceart, mar gabh è beachd le ghloineachan,
'S mus e 's gun dearc è, mo 's faifg,
Gun d'thig a ghart, fan t-eanach dheth,
Mar bheathach bochd, a bhios gun toirt,
'Nuair theid a ghoirt a's t-earrach ann,

§ A clamorous vain woman, whofe cuftom was, when fhe faw any ftrangers paffing by, to get up on fome eminence, and call the hens from the corn, or cry to the herd to be careful, for no other reafon than that fhe might be taken notice of

'S ceart ionann 's mar ni ghòrruich,
Air dròbhar nan caileagan.

III.

Ge b'è chuireas dùil ionnt',
An dùrachd cha'n aithnich è,
Ge d' dheanadh i do phoga',
'S ge d' òladh i dram a leat,
'S ge d' ghealladh i le dòchas,
Gum pòsadh i 'nearar thu,
'Nuair thionnta' tu do chùl-thaobh,
Bi'dh 'n sùilean gan camadh riut ;
Mar sud their ise, ge d' tu 's glic',
Gun deanainn tric, nach aithnè dhuit,
'S ga mor do bheachd, cha rachainn leat,
Mar biodh do bheartas màile riut,
'S mar bhio' dhomh 'n leisg, a bhi am leis,
Cun deanainn reichd a's ceànnachd ort,
'S 'nuair bhios tu falamh chùinneadh,
Gum feuch mi cùl-thaobh bhaile dhuìt.

IV.

'S ge b'è ghabhas fàth orr',
Gu brath bi'dh air athrachas,
S mo dh'fheuchas i dha càirdeis,
Cha'n fheairde mo bharail dhi,
'S mo theid è mo is dàna,
Gun sàr i le fheaman è,

'S mo gheibh i è ſa ghàradh,
Cha tàr è dhol thairis air,
Bi'dh è co glic, ri duin' air mhiſg,
'S bi'dh cach ga mheas mar amadan,
'Nuair bhios è glachdt', mar ian 'an ſnap,
'S nach tar è chas a tharraing as,
Sa chaoi' le tlachd, cha'n fhaigh é las,
Mar bris è 'n acfuinn theannachaidh,
'S mo 's é 's nach cuir è 'm brèid orr',
'S ain-èibheinn ri mhàireann da.

ORAN do Mhac'Leoid na h Earadh air bhi dha tighinn dachaidh as na d-Innean a'n Ear.

Air fonn, Tha'n oidche nochd gle aonranach,
'S tha'n gèamhradh fada fuar.

I.

GUR mis' a tha gu faftalach,
O fhuair mi dhachaidh 'n fgeul',
Mac'Leoid a thighinn do Lunnain,
'S gur mor air urras fhèin,
Gu cliù'ar, trù'ar, onaireach,
Lan fonas ann 's gach ceum,
'S tha fios aig *Hyder Ally*,
Nach 'eil mis' a' aithris bhreug.

II.

Gur lionar ògan Urramach,
  Cruaidh curannta', deas treun,
A bha fo' bhròn 's iad muladach,
  'Nuair chual' iad uile 'n ſgeul',
'Nam ſeoladh o *Chalcuta* dhuit,
  Bu lionar guth a'd' dhèigh,
A' guidh ruigheachd sàbhailt,
  Do Mac'Leoid gu àite fhèin.

III.

Cha tar mi chuir 'an rannuibh,
  Na tha cheanaltas a'd' choir,
Gur buaghail, ſuairce tairis thu,
  'S tha eathrannachd a' d' t fheoil,
Do ghliocas tha ſinn ſiofarach,
  'S gum bheil do ghibhtean mor,
Sa 'n àm dol ſios roimh theine dhuit,
  Cha bhiodh tu 'n deireadh ſloigh.

IV.

Bu mhioſail thu 's na h Innſeachaibh,
  'Ad' cheannard dìleas ſluaigh,
Stric a chuir thu ſgaoileadh,
  Ann an luchd nan aodann duairc',
Bhiodh cunntas tana 'n Innſeanaich,
  'S bu ghile 'm bìan nan gual,
'S bu tric iad air droch càramh,
  Mar bha *Pharaodh* ſa mhuir ruaigh.

V.

Buaigh làrach do'n t-ſar *Chèirneal*,
Sud a dheoinichein da fèin,
'S tric a rinn è 'n ioman,
Le chuid gillean air an diaigh,
Bu lionar corp gun chlaigionn,
Agus ſpadag air an fheur,
'S gur fhada chluinnte caoṇnag,
An am ſgaoileadh nan dubh-bhèiſt,

VI.

Se'n *Reiſgneid* neo-eſleineach,
Do'm b èididh fèile cuaich,
A bh'aig Mac'Leoid na h Earadh,
Air nach biodh am freanas ſuar,
Fir ſgairteil, neartmhoir, sàr-bhuilleach,
Nam dol 'an gàbhadh cruaidh ;
'S chaidh cliu gu bord na *Pàrlamaid*,
Air gàidheil an taobh tuath.

VII.

'Nuair chualas ſgeula dhe chaidh ort,
Bha d' chàirdean ait gu lèir,
Siol Leoid a' g'òl mar ghabhadh iad,
'S tein' aigheir ris na ſlèibh,
Bu lionar cnoc na laſaruich,
'Nuair fhuaradh dachaidh 'n ſgeul',
Thu thighinn gu tir le fallaineachd,
A's cunnart mara ad dhèigh.

VIII.

Bha freaſdal *Dhia* mun cuart duit,
Ge do bhuachailleachd 's gach àm,
'S ge d' thoirt th'air gharbh-chuantaibh.
Air ſoitheach luath nan crann,
Tre mhuir ghorm ſhleachduich bhuaireaſaich,
'S ard-chnocach cuain gun cheann,
Garbh-thonnach ſteallach uaimhreach,
'S mor uabhaſach an gleann.

IX.

Siol *Tormaid* tha iad lionar,
'S gur neo-mhio-thlachd'ar am pòr,
'S bhiodh ſolas air an gniomh,
Nan rachadh mi-thlachd air *Mac' Leoid*,
'Nam toirt a mach na bratuich,
Cha bhiodh gealtachd air na ſeoid,
'S bhiodh lanna geura ſgaiteach orr',
'Gu gearradh chas a's dhòrn.

X.

'Nam gleuſadh do *Phiob* fheadanaich,
'N *Dun-bheagain* mar bu chòir,
Chluainnte fuaim mac'talla,
Ri toirt farum do na meòir,
Bhìodh fion aig t uaiſlean curamach,
Ga ſtiuradh mu do bhord,
'S bhiodh Baird ri dannachd dhuchaſach,
Air ſiùghantais *Mhic' Leoid*.

XI.

Slionar gill' is maighdeann,
Tha ge d' t' fhoighneachd 'an *fiol Leoid*,
Duin' a's bean tha aoibhneach,
'S gu'm bheil Mac' t òighre beò,
Mar gheug gun diu cha ghabhair è,
Ge d' tha è fhathaft òg,
'S gur dileas da le dai'neachas,
No fir don' loinn an croc.

XII.

Tormaid òg mo rùin da,
Bhi mar chrùn do chinne fèin,
'An àite 'n fhir nach duraigeadh,
A chul a chuir re feum,
Gha tar mi fein 's cha'n urrainn mi,
A chliu chuir uile 'an ceil,
'S è dh'fhag mo chuimhne dochiollach,
Gur luaighe deoch na fgeul.

ORAN do'n Trubhais fharfuing a chionn agus gu-chum i mi dh'eifidh buainichen, agus gun thrèig na Caileagan mi air a fga a thaobh as fgun d'fhuair i moran do dhroch ainm.

Air fonn, Brigis Mhic'Ruaraidh.

LUINNEAG.

Sguiridh mi mhire oir fuath leam è,
On a tha mi do dh'uireafbhui' buainichen,
Rinn na gruagaichean uile, mo threigfinn on uraidh,
'S cha bhi mi tuilleadh gam buachaileachd.

I.

SE 'n fgeul' tha fa bhaileis ;
Is fheudar dhomh aithris,

'S gum b'fheairde mi caraid gum fhuaracha' ;
Gur mis th'air mo fgaradh,
O thug iad uam *Anna*,
'S nach fhaigh mi caileag a bhuaineas dhomh,
Sguiridh mi mhire, &c. &c.

II.

Gur mis' th'air mo chràmpadh,
O mheadhon an t-sàmhraidh,
'S mo choimhearfnaich 's gann doibh gun cual iad è,
Tha na caileagan gann domh,
Ge d' tha mi am bhanntraich,
'S cha'n fhaigh mi fan am dhiu na bhuaineas dhomh.

III.

Gur mis' th' air mo laoghadh,
O thainig am foghar,
'S gu 'm bheil mi-fhoighidinn fuaighte rium ;
Ciod an fta dhomh bhi gearan,
Ge d' tha mi dhiu falamh,
'S nach fhaigh mì caileag a bhuaineas domh.

IV.

On a tha mi dhiu falamh,
'S nach bi iad rium tairis,
Thoir fios gu mo leannan mar cual i è ;
I ghleibhe fear eile,
O n' dhibir mo theine,
'S cuir fhec ann na h-adhairc mum fuaruich i'

V.

Mo ſmuaintibh gu lèir,
Tha mar ghathadh na grèine,
Mun ſeach air a chèile gun fhuaradh orr' ;
Do'm leabaidh 'nuair thèid mi,
Ni'n codal mo thrèigſinn,
'S 'nuair thig e bi'dh fèil aig na bruadaran.

VI.

'S mis tha fo' chùram,
O chuir iad an cùl rium,
Gun fhios nach e'n Triuſar a dh'fhuadaich iad ;
Tha i briſt ann ſna glùinean,
Air a caramh le clùdan.
'S cha ſhaoileadh tu rùin gum biodh gluaſad innt.

VII.

Ge d' a tha mi co faiſg orr',
Cha do ghabh mi ſar bheachd orr',
'S mo tha i mi-chleachdach cha chuala mi ;
Cha 'n 'eil ſios domh co as di,
Oir fhuair mi i 'n *Saſgan*,
Mar dalta do bhrigis mhic'Ruaraidh i.

VIII.

B' fhearr leam na na h urrad,
Gum fagainn i'n *Lunnain*,
Mun d'thug mi air thuras, gu tuath leam i,
Ge d' tha i co molach,
'S gum b'fheaird mi i umam,
Gun chum i mi db'u[illegible]ſbhui' bhuanaichean.

IX.

Ga iomadh ceum ſiubhlach,
A rinn mi ſan *truſar*,
O chuir mi air thus i mum chruachanan :
Cha d'fhuair i mi-chliu,
Ann am baile nan duthaich,
Gus an d'thainig mi taobh-ſo dhruim uachdair le.

X.

Ach na bithinnſe cinnteach,
Gu'm biodh i ri mi-ſta',
Gu geallanſa dhi nach biodh buannachd ann :
Cha'n 'eil Eildeir ſan talamh,
Nach rachadh na caramh.
'S bu chinnteach nach dealuiche Ruaraidh ria ;

XI.

Ga b'e dhinnis mar thà dhi,
Gun robh iad ga càineadh,
Cha'n 'eil i na ſlàinte o chual i è ;
Shrachd i le tàmailt,
'S tha toll ann ſa mhàs orr',
.S cha'n fhuirich i ſlàn ge d' a dh'fhuaighte i.

XII.

Ach a' nis on a ſhin i,
Cha'n fhan i ſan tir ſo,
On tha i fo' mi-chliu, aig gruagaichan,
'S theid i air Siubhal,
A mach ris a bhruthach,
'Nuair ni mi dhi luthaige tuaraſdail,

XIII.

On a ghabh i'n ra'-treuta,
'S gun d'rinn i mo thrèigsin,
Bithidh mise le'm fhèile, gu h-uasalach;
Cha'n 'eil caileag san àite,
Nach bi ga'm shior thàladh,
Ge d' tha iad an tra-sa co suarach orm.

XIV.

Theid i *Lunnain* mun tamh i,
Ma bhios i na slàinte,
'Nuair bheir mi dhi pàigh na turasdal;
Slan iomradh gu bràth dhi,
Ge d' tha i,ga'm fhaghail,
Sann aice tha nàduir nach b'fhuathach leam.

ORAN do ghillean agus Nigheanan a bha Cleachdadh a bhi tional cuideachd air la an Sabaid ; agus a bha cuir ri fearas-chuideachd, mi-araidh.

Air fonn, Tha mi fhein 's mo chuideachd,
Gabhail moran eagail.

LUINNEAG.

'S mise th'air mo threachla',
Leis na tha mi faicinn,
A mheud sa tha dhroch cleachdadh,
Aig no gillean againn,
Minister no Eildeir,
Cha chuir iad fmachd orr',
'S maighdeannan gun naire,
Bbi fas co pailt' duinn'.

I.

CLUALAS 's na h-uil' àite,
Mun chuideachd laoghach,

Bha oidhche na ſabaid,
A cuir ri treoghais,
Bha Tomas Mac'an-toſaich ann,
'S e na ghaodhar,
Agus gille 'n Eildeir,
'S be fhein am baoghair.

II.

Bha triuir as a phàirc ann,
'S bha dha dhiu firionn,
'S bha banarach bhò ann,
'An aite gille ;
'S nam faighinn fear ceairde,
Bhiodh co innealt,
Sa chuireadh cearcail màis uimpe,
Phàidhe ſinn è.

III.

Bha Tormaid nam bròg ann,
Gun dad a mheas dha,
'S cha'n fhèaird e ri bheò,
Bhi ſa chomhradh ghliogach ;
Cha do mheas e mar ſga,
'N ceathramh aithn' a bhriſeadh,
'S thig la bhios inntin,
A' g'innſe ſud da.

IV.

Air leam gur mor a nàire,
Do dh'athair cloinne,

Bhi oidhche na sàbaid,
Co ard an doille,
'S gum fagadh è phàiften,
Am bun an teine ;
'Nuair bu choir dha'n àrach.
'An ràidean eile.

V.

Bha Uil'eam Mac'phàill ann,
'S Mairarad ghreannach,
'S chaill i 'm beagan nàire,
Nach d'rinn i cheannach,
'S mo tha bheag an lathair dhi,
'S math ma bharail,
Nach fhiosarach cach,
Ciod an taobh a ghabh i.

VI.

Oidhche na sàbaid,
'An tigh ghobhainn ;
Ge d' bhiodh aige càraid,
Gun racha' 'm bleothann,
Bha caileagan làmh ris,
'S bha iad foghant,
'S ga b'è ghabhadh fath orra,
B'fheaird è cobhair.

VII.

Na cailean dubha ciar,
'S don' an triall bha aca,

Nach do ſmuainich riamh,
Gun deach iarriu' am baiſteadh ;
Ce b'e bhios an lathair,
Sa phairti fhaicinn,
Theid iad ſa phoit aoil,
'N d'theid a ghaoth tre 'n craicinn.

VIII.

'S beag orm beiſtein,
A bhios neo-bhanail.
Bi'dh iad nan 'neiſgein,
'S cha'n fhaigh iad leannan,
'Nuair chailles iad an t-uachdar,
Theid iad an tainead,
'S gur lughaid am pris è,
Ge b'è ni 'n ceànnach.

IX.

'S fada o chuala ſibh,
Mar ſhean fhocal,
An car a bhios ſan t-ſheana mhaide,
'S e air feachda,
Nach toir cumhachd dhaoine,
Le ſaothair as e,
'S 'nuair theid buille an tuaidh ann,
Gur ſuarach achd'e.

X.

Nam b'e 's gun èireadh dhomh,
Fiodh a cheannach,

Thaobhainn dhomh fèin,
Do'n chuid a b'fhallain ;
Ge d' a robh e caol,
Bi'dh e daor ri ghearradh,
'S ionan ſud 's mar dh'èireas,
Do dh'fhèil nan caileag.

XI.

Tha fios agaibh fhèin,
Ciod e 's ciall do'n aitim,
An fheoil a bhios 'na blionaich,
Cha'n fhaigh i marſant,
Cha cheannuich duin' uaſal i,
Gu toiit dachaidh,
Gheibh Mac'Rath dha fhein i,
'S be'm beud e thachairt.

XII.

An te gam bi ſtòras,
Ni ſleoir a's earras,
Gheibh i fear ri' phòſadh,
A dheoìn na dh'aindeoin,
'S mo bhìtheas an dan doibh,
Gum fas iad falamh,
Caillidh e ſpèis dhi,
On dh'eug a leannan.

XIII.

Bheirinn comhairl' dhìleas,
Ga b'è ni gabhail,

Do gach ſean a's òg,
A ni ſeol ri caileag,
Gun e thagha cèile,
Air feil na banais,
No idir ſan tigh òſta,
Nam òl' an liunna.

XIV.

Chunnaig a's chuala mi,
Agus dh'fharraich ;
Buntata co grinn
Sa bhiodh ann am baile,
'Nuair a chuirt an ſgian air,
'S 'nuair racha ghearradh,
Bhiodh a chridhe liontaidh,
'S da thrian mi-fhallain.

XV.

Innſidh mi ògannaich,
Dhuit mo bharail,
Mas a math leat pòſadh,
'S gur è their d'aire,
Fioſruich a nàduir,
Co math 's bu math dhuit,
Mun tuit thu gun èiridh,
Air bèiſt nan caileag.

XVI.

Na caileagan ſuairce ſo,
Tha air m'aire,

Se mo chomhairl' fein dhoibh,
Gun bhreug a labhairt,
Iad a ſheachna fèiſtein,
A's tighean aire,
Oir ſtric a fhuair tè dhiu ann,
Leum gun cheannach.

XVII.

Nam biodh tu air fèil,
'S gum faice tu ballan,
'S è briſt ann ſan èarrach,
Cha racha fharraid,
Mhilleadh è 'n fheil air,
'S cha racha' cheannach,
'S ionann ſud 's mar dh'èireas,
Ma theid do mhealladh.

XVIII.

Mo bhios ſibh air m' iarrtas,
Cha bhi ſibh fanaid,
'S cha bhi ſibh 'nar nàduir,
Ro àrd am barail,
Cha bhi ſibh ri breugan,
'S cha ghabh ſibh mealladh,
'S cha toir ſibh bhur rùn,
Do dh'fhear ùr no ſhean-fhear,

XIX.

On tha mi am bhanntraich,
A's mi gun leannan,

Gu'm bheil mi gu h-aonranach,
O chionn tamaill,
'S on nach fhaigh mi tè,
Bhios gun bheum gun ſgainner,
Bheir mi dail doibh'm bliadhn',
Agus trian do'n ath bhliadhn'.

Comhairle Mhath.

Dhuin' oig na dean uaill aſad fhein,
Air 's iomlaideach ceumnaibh do bheath,
Iadſa bha ma riut 's tu òg,
Slionar iad fo'n fhod an cleth.

Tha do thiom mar dhuin' air aſtair,
Cuir nah uigh le pairt, a's pairt,
Le ceum, a's ceum ga chuir ſeachad,
Gus an ruig e far a'n aill.

Mar ghrein a ſiubhail 's na ſpeuraibh,
Na reis tha cuibhle do bheath,
'S ma theid i fotha ort na t-eiſlean,
A chaoi' cha leir dhuit dol a ſtigh.

ORAN air Turas do'n taobh tuath, agus Mi-mholadh na banaraich a bha ann an Cumaraidh 'an ſtrath-chonainn.

Air ſonn, Agus h-o buail' an damh dubh
H-oi thàll, &c.

LUINNEAG.

Agus h-ò 's mi fò'liunn Dubh,
'S mi fo bhròn,
Agus h-ò 's mi fò' liunn dubh,
'S mi fo bhròn,
'S mi fo liunn dubh o na bhaile,
Ciod an ſta dhomh aithris dhò,
'Nuair ſhaoil leam bhi meaſg mo chairdean.
Gu'm b' iad ſud m naimhdean mòr.

I.

MILE marbhaiſg air an t-ſaoghal,
Tha caochlaideach dheth fhèin,

Smairg a chuireadh a dhùil ann,
'S nach cùm e ſinn on eug,
Fear dha'n toir e mòran,
'S fear a bhios ri beò am feum,
'S fear da'n toir e ſolus,
Gu dolaidh dheanadh dha fhèin.

II.

Cha ne mheud ſa chaith mi bhròġan,
A dh'fhag co brònach mi fhein,
'S cha ne mheud ſa chaith mi ſtòraſ,
A dh'fhag co brònach mi,
'S cha n e mheud ſa chaill mi chàirdean,
Na no dh'fhag mi ann ſa chill,
Ach a mheud ſa fhuair mi dh'ànradh,
Ann am meaſg mo chairdean fhèin.

III.

Cha'n ioghna miſe bhi duilich,
'S mulad a bhi ga'm chrâdh,
Mun deacha' mi o na baile,
San a bha mo bharail àrd,
Agus bha mi'n duil le miſneach,
Nach bu mhiſte mi gu brath,
A dhol a ſhealltainn mo luchd cinnidh,
'S nach b'ionan è 's bhi am thamh.

IV.

Sann dhomhs' a dh'eirich am breamaſ,
'Nuair chaidh mi dh'fhainich le ſpreigh,

B'fhearr leam na làr a's ſearrach,
Nach biodh mo chabag co dian,
An la chaidh mi o na baile,
Do Chuimearaidh bha mo thriall,
Chaidh mo chuir am laidh 'n garaid,
'S cha d'fhuair mi crioman don bhiad.

V.

'Nuair a chaidh mi thun a bhaile,
Far an d'fhan ſinn leis an ſprèigh,
Chaidh iad 'an ceann a chruidh bhainne,
'S iad a tighinn gu cala 'm òidhch',
Thanaig a bhanarach rapach,
'S leig i ſgairt as o bròinn,
'S cha robh cnoc no beann no creagan,
Nach d'thug freagra' as a dèigh.

VI.

Thainaig i mach gu h-aſcaoin,
'S i gun tlachd a rugadh riamh,
Dhiongadh è bara cartaidh,
'N rapas a tha air a bial,
Cha ro eadach air a coluinn,
Sann ri dolaidh bha i riamh.
Agus dh'iarr i oirn gu dana,
Au cuir an airde ris an t-ſliabh.

VII.

A chaile dhubh nach b'fhiach a moladh,
Cha d'thug mi dhi onair rìamh.

'Nuair a chaidh mi thun an dorais,
Sann di a bha'm boladh fiat,
'Nuair a fheall i air a lea'-taobh,
Bha i beachdacha' co dian,
'S gun robh fealladh co fada,
Sa chunnaic mi'n claigionn riamh.

VIII.

Claigionn fada na h-udlaich,
Air colainn is ufgaidh bian,
Cha'n 'eil 'an Conainn do dh'ur-uifg,
Na ghlanadh o ghrunnd a cliabh,
'S tha ma fuilean do thufdar,
Na bheathaiche dufan ian,
'S fheachainein i fa choile,
Ge d' robh i mo deireadh fial.

ORAN do ſgian a thar as a Dhul-mac-gearraidh, agus a chaidh mach ris a bheinn le uaibhreachas, agus a bha'm barail ſuireach ann a Strath-Eirean gus a'n ionſuicheadh i damhs',

I.

'S GRUAMACH muladach a tha mi,
O bha mi Srath-Eireann,
Se fhad' fa dh'fhuirich mi'n ſtigh thairne,
Dh'fhag mi tre cheile ;
Struagh nach miſe tha air sàil,
Na fada th'all 'an Eireann,
Sann is coltuich mi air fas,
Ri ſeann each bàn gun deudach.

II.

Ach on a chual iad ann ſgach àite,
H uile cail mar dh'eirich,
An ſgian a bha gearradh a chais',
Gun d'thug i'n airde bheinn orr',
'S na bha dh'fhianaiſean ſa'n àite,
Cha'n aicheadh mi fein iad,
Uilleam Mac'Ille-bhraigh,
Domhail Ban, ſan t-Eildeir.

III.

On nach d'thainig i dhachaidh,
Tha mi fada 'n deigh-laimh,
Chuir mi fios do Dhulmac'gearraidh,
Dh'fheuch an d'fhan i fhein ann,
'S mu ſe ſgun thachair am poſt ria,
'S coltach an ſgeul' e,
Gun d'thug è leis ann ſa mhalaid,
A 'n airde thair *Spèth* i.

IV.

Chuala mi o-chionn Seachduin,
'S bu taitneach leam fein e,
Gum fac iad ann ſan ſgoil dàmhs' i,
'S i an as a leine,
Ma ſe ſgun d'thig i fhathaſt dhachaidh,
Tha i gaſt gu ſgeulachd,
Bheir i naigheachd thun a bhaileas,
Air caileagan Shrath-Eireann,

V.

Soraidh's gu ma ſlan do dh'Uilleam,
Gur culaideach treun è,
Tha e ſuairce ſiobhalt tlachd-mhoir,
'S e na mhac' do'n Eildeir,
Ge d' a bha i o chionn ſeachduin,
Air ſeachran gun fhaoghtainn,
Thug è le focal a chlachar,
Dhachaidh as a bhèinn i.

VI.

Slan iomradh do na ghill',
Ann ſgach ionad a'n d'theid e,
Chuir a'n ſgian da'm ionnſaidh-dhachaidh,
'S nach do thagair èiric,
Tha e do'n fhuil rioghail ſtòilte,
'S mor a'n còir 'an *Eirinn*,
'S fo' bhrataich *Mhic'a'ntoiſich*,
Sud na ſeoid nach treigeadh.

VII.

Ach a'nis on a thainig i dhachaidh,
O chreagan Shrath-Eireann,
Tha i ann am prioſan glaiſte,
'S i glacta mar reubal,
Cha'n 'eil duin' a theid ga faicinn,
Nach toir ſeachad bheum dhi,
'S on a tha i air a crampadh,
Chaidh 'n damhſa roimh chèile.

VIII.

Thoir ſoraidh uam do dhulmac'gearraidh,
  Le cahhag thun an Eildeir,
Ach a'n innis e do dh'Uileam,
  Le furan mar dh'èirich,
Gun d'thanaig i mach air urras,
  'S nach dean i tuillidh èacoir,
'S mo dheoch ſlainte ni e òl,
  Ge d' bhiodh an ſtop air cheili.

ORAN do na brogan a chaidh Ghibhteadh do Uileam Loban.

Air fonn, A bhean leifich a'n ſtop dhuinn.

I.

'S FHADA chualas mun aſtair,
A mheaſg dhubh-ghall air machair,
Am fheil'micheil na martadh,
Thug mi ſgriob am ga faicinn,
'S ga bu ſgi mi tighinn dachaidh,
Rachainn fhein greis mu ſheach do'n tigh oſt'.
Rachainn fhein greis, &c. &c.

II.

'S ge d' a bha mi air 'm aineol,
Air fèil Iner-Narran,

A reic feadal 's gan ceannach,
Cha d'theìd mi ga aithris,
Bheir luchd fgeulachd a'n aire,
Do'n dh'èirich fan tarraing ud dhomhs'.
Do'n dh'èirich fan, &c.

III.

Fhuair mi acaid nach b'fheaird' mi,
Fuachd a ghlaca' ma'm àirnean,
Rinn a'n cratan ma fhàradh,
'S chuir è feachran mo fhlaint'orm,
'S fhada uam bhi ga aicheadh,
Fuachd mo chafan a dh'fhag mi gun treoir.

IV.

Bha mo bhrogan air fgaoileadh.
'S cha ro feòl air an caonadh,
Bha iad leointe le daorach,
On a dh'òladh iad daonnan,
As gach lòn agus caochan,
Ach an d'fhàs iad co èatrom,
'S nach feafadh a h aon diu' le 'n deoin.

V.

A tighinn dhachaidh dhomh 'm fheafgar,
Gan thachair rium fleafgach,
A'n tigh oft' bhaile *Chleaban*,
Chuir mi eòlas air beagan,
S cha robh 'n t-oganach bleideil,
Oir b'fhear ceaird è bha teifdeal gu leoir.

VI.

Oir b'fhear ceaird è bha barruight'.
'S math a dh'fhuaitheadh ſa gearradh,
Rinn domh brogan le cabhaig,
Gun a'm paidh a tharaing,
'S gu ma ſlàn da re mhairiònn,
Thug e àithn' doibh gun teanna' ri h òl.

VII.

'S ga b'è chluinneis mo dànachd,
Mun dean mi'n aineol nar fàgail,
Uilleam Loban th'air câch rium,
Tha mi fuireach mar b'àbhaiſt,
Ann ann braigh bhail' a'n fheàrna,
Far an d'fhuair mi fheìn m'àrach's mi òg.

VIII.

Do dhobhaich choileachaidh bhòidheach,
Far an gaoradh an ſmeòrach,
Thoir mo ſhoraidh gu Dòmhnal,
Tha do charraig nan *Tòiſeach*,
'An tigh 'n fhuaran a chòmhnaidh,
Nach d'chuir teaga's na bròga thoirt domhs.'

IX.

'S gu mo ſlan air an fhleaſgach,
'S buaigh làrach am feaſt air,
Ann ſgach ait' an ſan ſeas e,
Rinn e 'n aird' iad gu dleaſnach,

Mo fheil' martainn le teiſtneas,
'Thug iad ſlàinte dhomh's leaſacha treoir.

X.

Siomadh neach a tha'n tòir orr',
Sa bhios tric ann am chòmhradh,
Fad na ſeachduin,'s dì-dònaich,
Gabhail beachd air na bròga,
A fhuair miſe on *Tòiſeach*,
A *Strath*-h-*Eireann* na mhor bheann's na gleann.

XI.

Cha'n 'eil cron orra 'ſleir dhomh,
Tha iad uile co ſpèiſeil,
Uachdar chaiteanach ghrèihhte,
'S buinn ſhaſnach le chèil ionnt',
'S air mo chaſan 'nuair thèid iad,
Struagh do'n chlach da'm bean tè dhiu le'n ſroin.

XII.

Slionar òganach treubhach,
Theid am mach ris an *Lèibhis*,
Ga'm bheil earras a's feadal,
Os-cinn iſgeiden gle gheal,
'S math thig breachdan a'n fhèili',
Bheireadh pailteas dhomh 'n èiric na'm bròg.

XIII.

Slionar caileag ghlan bheuſach,
A bhios gu h iorramach bèacach,

Air banais 's air fèiltean,
A ghabh tlachd dhiom le ceutamh,
'S bì'dh farmaid gach tè dhiu,
Re mo chaileag 'nuair thèid finn a dh'òl.

XIV.

Am buaighean uile cha d'theid mi,
Ge d' a b'urainn mi fèin ann,
An cuir uile an cèil duibh,
Mun can cach rium gur breugan,
Tha mi'g airis co eudmhoir,
On nach b'àbhaiſt domh fèin bhi re ſglò

XV.

Ach thoir mo ſhoraidh gun èiridh,
A thigh a'n fhuaran *Shrath-h-Eireaun*,
Gu fear ceairde tha gleuſta,
Fhuair e urram th'air cheudan,
Rinn domh *fàbhair* 's cha dhè'-laimh,
Is àir a chàirdeas cha d'thèid mi chuir ſgeoil.

XVI.

'S è dh'fhuil rioghail a dh'èireadh
Gu dileas le cheile,
Clann-*Tòiſich* nan geur lann,
Slionar caraid nach treigeadh,
Ann an *Alba* na'm b'fheadar,
'S bhithinn fheìn leò'n eacoir nan còir.

XVII.

'S ga b'e chuireadh orr' cratan,
Rachadh tòireachd thoirt dachaidh,
Le fir òg chlann-Chatan,
Nach d'chuir dòibh ann an geallteachd,
'S nach diobradh a bhrataich,
